



H. M. 252 (1-2).






6.13.

Typo p. 30.

Presentation copy from the Editor

Bound with this to Bangson
"Barren Fig Tree"

Inverness 1824







Keep

To Mr. Hugh Fraser
with the Translator's best
respects John Rose



AN

CRANN FIGE NEO-THORACH;

NO

BINN AGUS LEIR-SGRIOS

AN

FHIR AIDMHEIL NEO-THARBHAICH:

A NOCHDADH

GUM FEUD LATHA NAN GRAS A DHOL SEACHAD AIR FADA
MU 'N CRIOCHNAICH A BHEATHA;

ACUS

NA COMHARAN LEIS AM FEUDAR A LEITHID SIN DO
CHREUTAIRIBH TRUAGH AITHNEACHADH.

LE IAIN BUINIAN.

MATA, iii. 10—Agus a nis a ta an tuadh air a còr ri freumh
nan crann; air an aobhar sin, ge b'e crann nach toir a mach
toradh math, gearrar e agus tìgear san teine e.

EADAR-THÈANGAICHTE GU GAELIC

LE SEUMAS FRISEAL,

Maighistir-sgoile do'n Chuideachd Urramach, a ta chum Eolas
Criosduidh a sgaoileadh air feadh Gaeltachd agus
Eileana na h-Alba.

INBHIRNIS:

DEALBH-BHUAILTE LE SEUMAS FRISEAL, AGUS R' AN REIC LEIS
NA LEABHAIR REICEADAIRAIBH.

1824.



DO 'N LEUGHADAIR.

A LEUGHADAIR SHUAIRCE,

Scriobh mi a' d' ionnsuidh san àm so, mu thimchioll a chroinn-fhìge neo-thorach, no ciod a tharlas do 'n fhear aidmheil a tha neo-tharbhach ann am fion-lios De.

Cha 'n urradh mi baralachadh gu cinnteach ciod an eugas do 'm bheil thusa, ach tha 'n cosamhlachd ag innse dhuit, gur eiginn sin a tha fasachadh an talmhainn bhì air a ghearradh sìos.

Tha 'm fear aidmheil neo-tharbhach, ni e mhàin 'na bhrosnachadh do Dhia, 'na cheap-tuislidh do 'n t-saoghal, agus 'na mhasladh do 'n diadhachd, ach 'na rib d'a anam fein mar an ceudna. "Ge d'eirich 'airde suas gus na neamhaibh, agus ge do ruig a cheann na neoil; mar 'aolach fein gu brath theid as da: their iadsan a chunnaic e, C'ait am bheil e?" Job, xx. 6, 7.

A nis tha iad a meas mar shubhachas sògh san là, ach ciod a ni iad 'n uair bheirear a mach an tuadh, 2 Phead. ii. 13, 14.

Tha 'chraobh shearg-mheasach air a meas 'na craoibh gum toradh, 'na craoibh a tha dà uair marbh, a dh' fheumas a bhì air a spionadh as a freumhaibh, Iudas 12. O thusa fhir fasaichidh an talmhainn, tha dùil aig Dia ri toradh; thig Dia gu h-aithghearr a dh' iarraidh toraidh.

Air an aobhar sin, is e mo chomhairle do luchd aidmheil, gu 'n d' thoir iad an aire: oir tha 'n crann-fige 'san fhion-lios, agus an dris anns a choille, le cheile air an ullachadh air son an teine.

Cha 'n 'eil aideachadh 'na sgàil a dh' fholaicheas o shùil De, ni mò chiùnicheas e bagradh dioghaltach a cheartais; àithnidh e' ghearradh sìos gu h-aithghearr.

'S iad an Eaglais agus aideachadh na h-aite is fearr do 'n neach a tha giùlan deagh thoradh, ach na h-aite is measa th'anns an t-saoghal do 'n neach a tha neo-tharbhach. Feumar a thilgeadh mar ni mi-naomh a mach o shliabh Dhe ; a thilgeadh thar balla 'n fhionlios, chum crionadh an sin, agus as sin tionailear e, agus loisgear e, Esec. xxviii. 16, Eoin, xv. 6. B'fhearr dhoibh gun eòlas a bhi aca air slighe na fireantachd ; agus ged nach biodh, rachadh an damnadh : ach is fearr dol a dh'ifrinn as eugmhais aideachadh, na fo ainm aideachaidh. Gheibh iad sin an dìteadh is mò, 2 Phead. ii. 21, Luc. xx. 47.

Ma 's fear aidmheil thu, leugh agus criothnuich, ma 's neach mi-naomh thu, dean an ni ceudna. " Oir ma 's ann air eiginn a thearnar am firean, c'ait an taisbean an duine mi-dhiadhaidh agus am peacach e fein ?" Fhir fasaichidh an talmhainn, cuimhnich an tuadh ; a chroinn-flhìge neo-thorach, bi air d'fhaicill o'n teine.

Ach cha chum mi thu ni 's faide mach as an leabhar. Gu 'n gabh Iosa Criosd, gàradair an fhionlios, curam dhiot, gu 'n cladhaich e mu d' thimchioll, agus gu 'n cur e aolach mu d' bhun, chum 's gu 'n giùlan thu toradh chum, 'n uair a thig Tighearn an fhionlios leis an tuadh a dh'iarraidh toraidh, no 'n uair a chuireas e bìnn an dìtidh an ceill air a chrann-flhìge neo-thorach, gu 'n d'theid thusa as o n' bhreitheanas sin. 'An sin theid fear fasaichidh an talmhainn chum na cruach chonnaidh, agus as sin chum an teine. BEANN-ACHD LEAT.

Gu robh gràs maille riusan uile a ta gràdhachadh ar Tighearn Iosa Criosd ann an treibhdhreas. Amen.

LAIN BUINIAN.

AN
CRANN FIGE NEO-THORACH.



LUCAS, xiii. 6, 7, 8, 9.

Bha aig duine àraidh crann-fige suidhichte 'na ghàradh fiona ; agus thainig e 'g iarraidh toraidh air agus cha d'fhuir e. An sin thubhairt e ris a' ghàradair, Feuch a ta mi ré thri bliadhna a' teachd a' dh'iarraidh toraidh air a chrann-fhìge so, agus cha'n 'eil mi faotainn a bheag ; gearr sìos e, c'ar son a ta e fàsachadh an talmhainn ? Agus fhreagair esan agus thubhairt e ris, A Thighearna, leag leis air a' bhliadhna so mar an ceudna, gus an cladhaich mi m'a thimchioll, agus gu 'n cuir mi aolach m'a bhun ; Agus ma ghiùlaineas e toradh, is math sin ; ach mar giulain, 'na dheigh sin gearraidh tu sìos e.

THA sinn a' leughadh an toiseach a chaibdeil so, mar a thainig cuid do na h-Iudhachaibh a dh'ionusuidh Iosa Criosd, a dh'innse dha mu an-ìochd Phontius Pilat ann am measgadh fuil nan Galileach maille r' an iobairtibh. Gniomh borb agus uamhasach. Oir le sin, cha 'n e mhain gu 'n d'fheuch e a naimhdeas an aghaidh cinneach nan Iudhach, ach mar an ceudna an aghaidh an aoraidh, agus gu h-àraidh an aghaidh an De. Gniomh, a deiream, cha 'n e mhain borb

ach uambasach. Oir air do 'n Tighearn Iosa 'bhi labhairt mu n' ghnìomh so, theagaisg e do na h-Iudhaich, a dh'easbhuidh aithreachas gum biodh iad uile air an sgrios air an doigh cheudna, eadhon le laimh agus dian-chorruich an Iompaire Romhanach. Agus nach mò bhiodh iad comasach air dol as o n' bhuile, na bha na h-ochd fir dheug sin air an do thuit tùr Shiloam agus a mharbhadh, Luc. xix. 42. Bha 'n fhaidheadarachd so air a coimhlionadh, air son cruais an cridhe agus an neo-aithreachas, ann an laithibh Thitus mac Bhespasian, mu thimchioll da fhichead bliadhna 'n deigh bàs Chrìosd. Aig an àm sin, bha na h-Iudhaich sin agus am baile air an cuartachadh air gach taobh, agus bha iadsan agus esan, chum ioghantas, gu truagh air an tilgeadh bun os cionn. Thug Dia dhoibh claidheamh agus gorta, plaigh agus fuil, air son am boire uambasach an aghaidh Mac a ghraidh; mar sin thainig an fhearg orra gus a chuid a's faide, 1 Tesal. ii. 16.

Nis, gu bhi toirt uatha 'n seann leithsgeul amaid-each, a bha ghnàth ullamh aca an aghaidh leithid sin a dh'fhaidheadarachd, agus a bhagrath breitheanais, tha 'n Tighearn Iosa a labhairt a chosamhlachd so, ams am bheil e gu cudthromach a nochdadh, nach dean e dìon sam bith dhoibh a bhi glaodhaich gur iad *Teampul an Tighearna*, agus clann Abraham, agus Eaglais De, &c. Mar gu 'n abradh e, Theagamh gu bheil sibhan dùil gu 'n cobhair sibh sibh fein an aghaidh m'fhaidheadarachd so, mu thimchioll ur tilgeadh thairis gu tur agus gu neo-sheachnuichte, leis a chòir a th'aigibh ann ur sochairibh o 'n taobh muigh. Ach treigidh iad sin uile sibh, or ciod i 'ur barail-sa, Bha aig duine àraidh crann-fige suidhichte na fhion lios, agus thainig e a 'g iarraidh toraidh air, agus cha d'

fhuair e bheag. 'S e so 'ur cor-sa. Tha fios agam gur e tìr nan Iudhach fion-lios Dhe; agus tha fios agam mar an ceudna gur croinn-flhìge sibhse. Ach feuch tha 'n ni àraidh a dh'casbhuidh oirbh, eadhon toradh, an ni ris an robh suil aige, agus air sgà na shuidhich e 'm fion-lios le craobhaibh. 'Nis air dha fhaicinn nach eil an toradh sin air fhaotainn 'n ur measg air sgà na shuidhich e 'm fion-lios so an tùs; ciod a tha fathast ri dbeanamh, ach ann an ceartas gu 'n toir e àithne 'ur gearradh sìos mar mhuinntir a ta fàsachadh an talmhainn, chum 's gu 'n suidhich e dha fein fion-lios eile. "An sin thuirt e ris a ghàradair, Feuch ré thrì bliadhna tha mi teachd a dh'iarraidh toraidh air a chrann-flhìge so, agus cha 'n 'eil mi faotuin a bheag, gearr sìos e, c'ar son a ta e fàsachadh an talmhainn?" Uime sin, is eiginn gur e so 'ur crìoch-sa, ged tha sibh air 'ur suidheachadh ann an gàradh Dhe, a chionn gu bheil 'ur cridheacha 's 'ur beatha gum toradh, is eiginn 'ur gearradh sìos, seadh, 'ur spìonadh as ur freumhaibh, agus 'ur tilgeadh a mach as an fhìon-lios.

Tha dà ni ann an cosamhlachdaibh ri thoirt fainear leis an dream a leughas.

An tùs, Na samhlachan dheth 'm bheilcar a' deanamh feum.

San dara aite, An teagasg, no na diomharachda, a th' air am filleadh anns na samhlachaibh sin.

Is iad na samhlachan a th' ann 'sa chosamhlachd so,

1. Duine àraidh.
2. Gàradh-fiona.
3. Crann-fige neo-thorach.
4. Gàradair.
5. Tri bliadhna.
6. Cladhachadh agus aolachadh, &c.

Tha an teagasg, no an diomharachd, a th' air fhilleadh anns na briathraibh so gu nochdadh dhuinne, Ciod a tha cosmhuil ri theachd deth fear-aidmheil foirmeil, no neo-tharbhach; oir,

1. Leis an duine anns a chosamhlachd, 's e th' air a chiallachadh Dia an t-Athair, Luc. xv. 11.

2. Leis a ghàradh-fiona, Eaglais Dhe, Isaiah, v.

3. Leis a chrann-fhige, Fear-aidmheil.

4. Leis a Ghàradair, an Tighearn Iosa.

5. Leis a chrann-fhìge bhi neo-thorach; am fear-aidmheil a bhi neo-tharbhach.

6. Leis na trì bliadhna do fhoighidin Dhe, gu 'n giulan e ré seal le luchd aidmheil gun toradh.

7. Tha a ghairm so do n' ghàradair a ghearradh sios, a nochdadh gu bheil ceartas ag eigheach a mach an aghaidh luchd aidmheil neo-tharbhach. Isa. liii. 12.

8. Tha eadar-ghuidhe a ghàradair a nochdadh, mar tha 'n Tighearn Iosa 'tighinn san eadargain, agus a glachdadh tuadh 'Athair, chum stad a chuir air, no aig a chuid as lugha dàil a chuir ann an gearradh sios crann-fige neo-thorach.

9. Tha 'n iarrtas a th' aig a ghàradair air a chrann-fhìge dheanamh torach, a nochdadh co neo-thoileach 's a tha e gu 'm biodh eadhon crann-fige neo-thorach a' fantuinn gun toradh agus dol a dhìth.

10. Tha a chladhachadh mu 'n cuairt air, agus aolachadh, a' nochdadh co deònach sa tha e bhi co'-chuir cobhar an t-soisgeul ris an fhear aidmheil neo-thorach so, chum nam feudadh e bhi gu 'n giulanadh e toradh.

11. Tha a bharrail gu 'm feud an crann-fige fantuinn fathasd gun toradh, a nochdadh gu bheil cuid do luchd aidmheil, an deigh do Chrìosd gach uile mheadhon a chleachdadh, a dh'fhanas neo-thorach. Mat. iii. 10.

12. Tha 'n rùnachadh an Iorg na barail sin a ghearradh sìos fa dheireadh, na roimh-innse chinnteach, cia neo-sheachnuichte agus sìorruidh 'sa bhios damhadh a lethid so a luchd aidmheil.

Chum an cosamhlachd so a ghabhail na earrainnean, agus labhairt ni 's mean ach gu ro aithghearr air gach roinn fa leth.

Bha aig duine àraidh crann-fige suidhichte 'na ghàradh fiona.—Dh' innis mi dhuibh gur e an duine th' air a chiallachadh, Dia an t-Athar, an cosamhlachd leis am bheil e gu tric air a chuir an ceill 's an Tiomnadh Nuadh. Uime sin, thugaibh fairear nach 'eil e na ni nuadh a bhi faotuinn croinn-flùge neo-thorach, luchd aidmheil neo-tharbhach, ann an Eaglais De, eadhon mar chi sibh crann neo-thorach, crann-fige neo-thorach, anns a ghàradh. Cha 'n 'eil toradh co furasda thoirt a mach ri coslas; is furasd do dhuine e fein eudachadh le coslas breagh anns an fheoil, cainnt a labhairt agus a' ràdh, Bi air do gharadh agus air do lionadh leis a chuid is fearr. Cha 'n 'eil na nithe sin, maille ri nithibh eile, duilich r' an deanamh; ach a bhi tarbhach, toradh a thoirt a mach do Dhia, cha 'n 'eil gach uile chraobh a deanamh so, cha 'n 'eil eadhon gach uile chraobh a ta na seasamh ann am fion-lios De. Tha na briathra sin mar an ceudna, Eoin, xv. 2 (Gach geug annansa nach 'eil a' giulan toradh, bheir e air falbh) a' dearbhadh an ni ceudna. Tha geugan ann an Crìosd, ann an corp diombar Chrìosd (ni is e 'Eaglais, a ghàradh fiona) nach 'eil a' giulan toraidh; uime sin tha lamh Dhe ga 'n toirt air falbh. Dh'amhaire mi air son dearcen, agus thug e mach dearcen fiadhaich, Isa v. Is e sin, cha d'thug e 'mach toradh air bith a bha taitneach do Dhia." A rìs, "Tha Israel 'na fhìonan fallaimh, tha e toir a

mach toradh dha fein," Hos. x. 1 ; tha e dh'easbhuidh toraidh do Dhia. Tha na nithe sin uile, maille ri iomadh ni eile, a' nochdadh dhuinn firinn an ni so, agus gu 'm feud Eaglais De a bhi air a fasachadh le craobhaibh fige neo-tharbhach le luchd aidmheil gun toradh.

Bha aige crann fige.—Ged tha iad ann an Eaglais De tha dh'easbhuidh toraidh, gidheadh, mar a thuir mi roimhe, a thaobh 'coslas, tha iad cosmhuil ris a a chuid eile do na crannaibh, cadhon coslach ri crann-fige. Cha bu darach, no seileach, no droighinn, no feara-dhris a bh' ann, ach crann-fige, Esec. xxxiii. 30. "Tha iad a suidhe ann ad lathair mar mo phobull-sa ; agus is toil leo eòlas a ghabhail air mo shlighibh, mar chinneach a ta cur an guionh fireantachd, agus nach do threig reachd an De ; tha iad a' fiosrachadh dhìomsa mu thimchioll reachda na fireantachd, agus is miann leo bhi teachd dlù do Dhia," Isa. lviii 2 ; agus gidheadh gun bhi annta ach luchd aidmheil gun toradh agus neo-tharbhach. Bha Iudas mar an ceudna 'na aon d' an da fhear dheug, bha e 'na dheisciobul, 'na Abstol, 'na shearmonaich, 'na fhear dreuchd, seadh, agus 'na neach, mar an ceudna, anns nach do chuir a h-aon do na h-aon-deug eile teagamh, ach ga chur air thoisich orra fein, gach aon a' glaodhaich a mach, "Am mise e? Am mise e?" Marc, xiv. 19. Cha 'n 'eil sinn a' leughadh gun robh aon diubh a cur Iudas an teagamh, gidheadh b'esan, 'an sealladh Chrìosd, an crann fige neo-thorach, an Diabhol, no 'm fear aidmheil neo-tharbhach, Eoin, vi. 70. Chaidh na h-oighean amaideach a mach⁴anns an t-saoghal, bha lochrain agus solus aca, agus dhuisgeadh iad maille ri càch ; seadh, bha 'dhanadas aca na chaidh a mach maille ri càch, 'n uair a rinneadh an glaodh 'sa

mheadhon oidhche, agus shaoil leo gu 'm b'urrainn iad amharc air Crìosd 'san aghaidh maille ri càch, 'n uair a shuidh e air caithir a' bheirtheanais, agus gidheadh cha robh iad ach amaideach, 'nan craobhaibh fige neo-thorach, eadhon 'nan luchd aidmheil neo-thorbhach, Mat. vii. 23. "Is iomadh iad (arsa Crìosd) a their riumsa san là ud, so agus sud," Luc. xiii. 26, agus a labhras mar an ceudna mu iomadh obair ionghantach; gidheadh, feuch cha 'n 'eil e faotainn ni air bith anna ach toradh na neo-fhireanteachd : bha iad gu leir 'nan luchd aidmheil neo-thorach.

Bha aige crann-fige suidhichte.—Mar an ceudna tha 'm focal so (suidhichte) sìneadh fada : tha e ciallachadh neach a bhi air a thoirt as an talamh 'san robh e fàs gu nadurach, no air a ghluasad as an aite 'san robh e aon uair a' fàs; neach a bha cosmhuil ri bhi air a ghairm, air a dhusgadh; agus cha 'n e a mhain sin, ach le laimh laidir air a ghiulan o 'n t-saoghal do 'n Eaglais, o mdur gu gràs, o pheacadh gu fìor dhiadhachd. "Thug thu fionain as an Eiphit; thilg thu mach na cinnich agus shuidhich thu i," Salm, lxxx. 8. Bha cuid do gheugaibh an fhionain so 'nan luchd aidmheil neo-thorach.

Uime sin is eiginn a cho'dhunadh gu bheil am fear aidmheil so (gidheadh a tha fantuinn gun toradh) a thaobh beachd agus breitheanas na h-Eaglais, gu ceart air a thoirt a steach innte; eadhon le bhi deanamh aidmheil air a chreidimh, air a pheacadh; agus le sgàil a dh' aithreachas agus a dh'ath-ghineamhuinn (mar so a ta braithre breige teachd a steach os iosal). Tha 'm focal sin suidhichte a ciallachadh nan nithe so uile; seadh ni 's faide, gu bheil an Eaglais riarichte leo, agus ag aontachadh gu 'm fanadh iad 'sa ghàradh, agus 'ga 'm meas fallain mar chàch. Ach 'an lathair

Dhe, an sealladh Dhe, is luchd aidmheil gun ghràs, agus craobhan fige gun toradh iad.

Uime sin, is aon ni a bhi ANNS *an Eaglais*, no anns an aideachadh, Esec. xviii. 10; agus is ni eile bhi DHETH *'n Eaglais*, agus a bhi d' an rioghachd sin a th' air ullachadh do na naomhaibh a tha da rìreadh mar sin. Air dhoigh eile, “an deigh a shuidheachadh an soirbhich e, nach searg e gu tur 'n uair a bheanas a' ghaoth an ear ris? crionaidh e anns na claisibh anns an d'fhàs e.”

*Bha aig crann-fige suidhichte 'na ghàradh fiona.—Ann a ghàradh fiona.—*Cha 'n 'eil eagal air cealgar-aibh le cridhibh broite a theachd an lathair Dhia ann an Sion. Uime sin tha na briathra so a' ciallachadh, gnè do dhànadas uamhasach agus do ladurnas chruaidhichte. Oir ciod an ann-dànadas is mò, agus ciod an ionnsuidh is eagalach, do dhuine tha dh'eusbhuidh gràis agus fìor eòlas Dhe, na domhlachadh a stigh (anns a chor sin) a dh'ionnsuidh Tigh no Eaglais Dhe: no bhi 'g aideachadh ainm Dhe, agus ag iarraidh gu 'm biodh ainm Dhe air a ghairm air? Oir an duine tha 'g aideachadh creidimh Iosa Crìosd, chuir an duine sin, mar gu 'm b'ann, ainm Dhe air fein, Dan. ix. 19; agus a ta e air a ghairm 's air a mheas a nis (ge be co neo-thorach 'sa ta e 'n lathair Dhia no dhaoine) an duine aig am bheil ri dheanamh ri Dia, an duine tha Dia 'g aideachadh, agus air son an seas e. Tha 'n duine-sa, deiream, le 'aideachadh a' ciallachadh so do na h-uile dh' an aithne e, gu bheil e 'na leithid sin a dh'fhear aidmheil. Daoine tha mhain ann an staid naduir, 's e tha mi ciallachadh, daoine nach d'fhuar fathas a mach imleachd dhiabh'luidh na ceilg, tha eagal orra sinuanachadh air so'dheanamh. “Agus cha robh chridh' aig a h-aon do chàch e fein

a cheangal riu, ach bha mòr mheas aig a 'phobull orra," Gniomh. v. 13. Agus gu cinnteach tha e cur diomadh air Dia. "Thug iad (ars' esan) daoine neo-thimchìolghheart' a steach 'na m' ionad naomh," Isa. i. 12. Agus a rìs, "An uair a thig sibh gu 'r taisbeanadh fein ann am lathair-sa, co dh'iarr so air 'ur laimh, mo chuirtean-sa 'shaltairt?" Iob, i. 6, agus ii. 1. Uime sin cha d'fhoghlum iad an dànachd sa o neach sam bith anns an t-saoghal, ach o 'n Diabhol, Mat xiii. 25, 36. Oir is esan na aonar (maille riu so a dheisciobul) a tha toirt ionnsuidh air iad fein a thaisbeanadh 'san Eaglais an lathair Dhia. "'S e 'n cogal clann an droch spioraid," eadhon na cealgairean, clann Shatan, sliochd nan nathraiche nimhe, nach urrainn dol as o dhìteadh ifrinn.

Bha aige crann-fige na ghàradh fiona.—Cha 'n 'eil e 'g ràdh, shuidhich e crann-fige, ach bha crann-fige ann an sin, bha aige na fhuair e crann-fige 'na ghàradh fiona. Cha 'n aidich an Dia mòr gur e 'n crann-fige neo-thorach, no 'm fear aidmheil gun toradh, obar-san, no craobh a thug esan a steach; a mhain tha 'm bonn teagaisg ag ràdh gu 'n robh aon aige ann an sin. Tha so g'le chosmhuil ri sin a th'ann am Mata, xv. 13, "Gach uile luibh nach do shuidhich m' Athair neamhaidhise, spionar a bhun e." Ann an so a rìs, tha luibhean ann a fhion-lios nach aidich Dia bhì dheth shuidheachadh-san. Agus tha e coslach ri bhì 'ciallachadh gu bheil moran dhiubh sin ann a fhion-lios. Gach uile luibh, no 'n luchd aidmheil sin uile a fhuair a stigh ann an comhthional nan naomh, no ann an aideachadh na diadhachd a dh'easbhuidh Dhe agus a ghràs, spionar a bun iad.

"Agus air dol a steach do 'n Rìgh a dh'fhaicinn nan aoidhean, chunnaic e an sin duine aig nach robh

truscan na bainnse uime, agus thuirt e ris, A charaid, cionnus a thainig thusa steach an so gun truscan na bainnse umad," Mat. xxii. 11, 12. An so tha aon co seolt' agus co cuilbheartach 's gun mheall e na h-aoidhean gu leir; fhuair e steach agus dh'fhan e 'san Eaglais, eadhon gus an d'thainig an Rìgh fein a steach a dh'fhaicinn nan aoidhean; ach cha d' rinn a chealg-aireachd feum sam bith dha. Cha do dhali e suilean an Rìgh, cha do chlaon e breitheanas an fhìrean. "A charaid, cionnus a thainig thu steach an so?" Rug sud air fa dheireadh, eadhon diultadh follaiseach: bhrath an Rìgh e fa chomhar na h-uile bha san lathair. "Cionnus a thainig thu steach an so?" Cha d'thug m' Athair-sa 'n so thu, cha d'thug mise an so thu, cha d'thug mo Spiorad-sa 'n so thu; cha 'n 'eil thu dheth suidheachadh an Athair neamhaidh. "Cionnus a thainig thu steach an so?"

"An ti nach d'theid a stigh tre 'n dorus do chrò nan caorach, ach a theid suas air sheol eile, is gaduiche agus fear-reubainn esan," Eoin, x. 1. Tha 'm bonn teagaisg so mar an ceudna làn shoillear mu n' chuis so; oir ged a fhuair am fear so steach do 'n Eaglais, gidheadh cha d'thainig e stigh air an dorus, fhuair e steach le streap; bhris e steach troimh na h-uinneagaibh, fhuair e ni-eiginn do sholus agus glòir soisgeul an Tighearn Iosa Crìosd ann a cheann; agus mar sin (an truaghan ladurna) bha do dhanadas aige na chrùnadh e fein a' measg na cloinne. Ach ciod a deir an Rìgh ris? Is e so a chomharadh, "Is gaduiche agus fear-reubainn esan." Faicibh-sa 'n so mar an ceudna, ma bhios iadsan uile air an aideachadh mar shuidheachadh Dhe, a gheibh a steach 'na Eaglais, no ann an aideachadh ainmsan.

Bha aige crann-fige.—Bha aige neach air nach robh truscan na bainns' uime, bha aige gaduiche 'na ghàr-adh, aig a bhanaid, agus ann a thigh. Streap iad so suas air sheòl eiginn eile. Tha iomadh rathad air faotainn a steach do Eaglais Dhe, agus aideachadh ainme, a bharr air dol a steach air an dorus.

1. Tha rathad nam breug agus na mealltarachd ann, agus air a bhearn so fhuair na Gibeonich a steach, Iosua, ix. 3, 9. 2. Air uairibh tha neo-fhireantachd ann am measg aodhairibh air sgà daimh fheolmhor, no leithid sin, agus air an tòll so fhuair Tobiah, namhad Dhe, a steach, Neh. xiii. 4. 3. Tha air uairibh dearmad agus moran mi-churam anns an Eaglais gu leir, agus is ann air an doigh sin a fhuair a inhuinntir neo-thimchioll-gheart' a steach, Esec. x'v. 7, 9. A rìs, cuid a dh'uairean, ciod air bhith co geur 's a ta faire na h-Eaglais, gidheadh tha aca so a leithid do chobhair o 'n Diabhol, 's gu meall siaid iad uile, agus mar sin gu 'm faigh iad a steach. Tha iad so do na gnè ghaduichean air an robh Pol a gearan, "braithre breige a ghoid a steach," Gal. ii. 3. Tha Iudas mar an ceudna ag eigheachd a mach mu 'n timchioll, Iudas, 4, "Dh'eulaigh dream àraidh a steach gun fhios" Seadh! an robh iad co iosal! Irioslachd thoileal a' deanamh dearmad air a chorp, ni h-ann an onoir sam bith, Col. ii. 18. Oh, ciod an coslas fein-aicheadh th' air cuid do 'n dream a dh'eul-aigheas a steach mar so, tha fathasd ri bhi air am meas (mar dh'aitn'ear iad) na 'n grainealachd do Israel, Lev. xi. 43.

"Ach ann an tigh mòr cha 'n e mhain gu bheil soithichean òir agus airgid, ach mar an ceudna soithiche fiodha agus creadha, agus cuid diubh chum onoir, agus cuid eile chum eas-onoir," 2 Tim. ii. 20.

Leis na briathraibh sin tha 'n t-Abstol cosmhuil ri bhì ciallachadh, gu 'n robh 's gu 'm bi a leithid sin a chraobhan fige, a leithid sin a luchd aidmheil aimrid anns an tigh, an deigh na 's urrainn na uile dhaoine dheanamh ; eadhon mar tha ann an tigh mòr soithichean chum eas-onoir, co math ri soitheachaibh chum onoir, soithichean fiodha agus creadha, co math ri soitheachaibh òir agus airgid. Mar sin ma ta is eigin luchd aidmheil fiodha bhì ann an tìghe Dhe, luchd aidmheil talmhaidh creadha bhì na fhion-lios. Tha na briathran sin a scriobhadh a chum nan Romhanach eagallach, Rom. ix. 21 ; ach tha iad so cosmhuil ri dhòl an taobh thall doibh. Cha 'n 'eil iad sin a' labhairt ach mu n' mhuinntir thilgte gu coitchionn, ach tha iad so a' labhairt umpa gu sonruichte. Cha 'n 'eil sin a' labhairt mu 'n cruadhachadh ach san rathad choitchionn, ach tha so a' labhairt gur eigin doibh bhì air an ceadachadh goid a steach do 'n Eaglais, chum iad fein a dheanamh freagarach ann an sin dh' an aite, dh' an aite fein, Gnìomh. i. 25, an t-aite th' air ullamhachadh d' an t-seorsa so a mhain. Mar thuirt an Tighearn Iosa roimhe so ris na Pharisich, "Gheibh iad sin an damnadh a's mo," Luc. xx. 47.

Fhir aidmheil guntoradh ! an d'thug thu famear nach d' aidich Dia a chraobh fhige so bhì dheth chuid fein, ach gu'n d'aicheadh e bhì dheth shuidheachadhsan, agus dhiubhsan a rinn e chuireadh chum a bhainnse. Nach 'eil thu faicinn gu bheil thu air do ghairm a' d' ghaduiche, agus a' d' fhear-reubainn, streap thu suas, no ghoid thu steach, air sheol eigin eile, 's cha 'n ann air an dorus ? Nach 'eil thu cluinntinn gu 'm bi luchd aidmheil fiodha agus creadha ann an tigh Dhe, agus nach dean aite air bith an gnothuch, gu iad so a dheanamh iomchuidh air son ifrinn, ach Tigh, agus Eaglais, agus

Fion-lios Dhe? A chroinn fhìge neo thoraich, a chriosduidh neo-tharbhaich, nach 'eil gaor ann do chluasaibh?

Agus thainig e dh' iarraidh toraidh air.—'N uair tha duine air faotainn aideachadh, agus air domhlachadh a steach chum Tigh agus Eaglais Dhe; cha 'n e cheist a nis, Am bheil beath' aige, am bheil bonn ceart aige, ach am bheil toradh air. “Thainig e dh' iarraidh toraidh air.” Cha 'n e cheist co thug a steach an so thu, co dhiu 's e Dia no 'n Diabhol, no glòir dhiomhan do chridhe fein, ach am bheil toradh ort? Am bheil thu toirt a mach toradh do Dhia? “Agus gach neach a tha 'g ainmeachadh ainm an Tighearn Iosa Crìosd, treigeadh e eucoir, 2 Tim. ii. 19. Cha 'n 'eil e 'g ràdh, agus gach neach aig am bheil gràs, no gach neach aig am bheil Spiorad Dhe; ach gach neach a tha 'g ainmeachadh ainm Chrìosd, treigeadh e eucoir. C'ar son a tha daoine buntainn ris an diadhachd? C'ar son a tha iad ga 'n gairm fein air ainm an Tighearn Iosa, mur 'eil gràs Dhe aca, mur 'eil Spiorad Chrìosd aca, Rom. viii. 9, Mat. xx. 4, 5. Uime sin tha duil aig Dia ri toradh, Ciod a ta iad a' deanamh 'san fhion-lios? Deanadh iad obair, no rachadh iad a mach; feumaidh am fion-lios luchd obair a bhi ann. “A mhic, imich dean obair an diugh a' m' ghàradh fiona,” Mat. xxi. 28. Air an aobhar sin, cha chum a bhi as eugmhais gràs, agus as eugmhais an Spiorad, Dia o theachd a dh'iarraidh toraidh. Agus thainig e 'g iarraidh toraidh air. Tha e 'g iarraidh an ni sin tha cosmhuil ri bhi air, Luc. viii. 8. Tha gach duine a th' ann am fionain, 's ann an tigh Dhe, 'gealltainn dha fein, 's a 'g aideachadh do mhuinntir eile, agus b' àill leis na h-uile ùhaoine bhi 'm barail gu bheil naduir neamhaidh ann. C'ar son, uime sin, nach iarradh Dia toradh?

Uime sin, air an sonsan aig am bheil ainm Crìos-
 dheidhean air am bheil eagal Dhe, agus gidheadh nach
 'eil a' deanamh puinc coguis dheth toradh a thoirt a
 mach dhasan; tha e'g ràdh riu sin, " Imichibh, dean-
 aibh seirbliis, gach duine d'a iodholaibh, agus mar an
 ceudna na dheigh so mar eisd sibh riumsa," Esec.
 xx. 39. A chraobh fhìge neo-thorach, am bheil thu
 'g cluinntinn? tha duil aig Dia ri toradh; tha Dia a
 gairm air son toraidh; seadh, thig Dia gu h-aithghear
 a dh'iarraidh toraidh air a chraobh fhìge neo-thorach
 so. An dara cuid, giulan toradh, no gabh a mach as
 an fhion lios (agus ged rachadh tu'mach, bidh do chor
 malluichte thar cainnt). Seadh, mar giulan thu toradh,
 no mar d'theid thu air falbh, bheir Dia 'ainm a mach
 as do bheul, Ier. xlv. 26. 'S àill leis toradh fhaot-
 uinn. Agus deiream ni 's faide, ged nach deanadh
 tu aon chuid diubh, gidheadh, thig Dia fathasd a dh'
 iarraidh toraidh ann an ceartas agus ann am fireantachd.
 Agus is diomhan dhuitsa bhi meas gu bheil so geur-
 theann. " Buanaidh e san aite nach do chuir e, agus
 tionalaidh e san ionad nach do sgaoil e," Mata, xxv.
 24. A chroinn-fhìge neo-thorach, am bheil thu
 'cluinntinn?

Ceisd, Ciod mar 'eil gràs aig duine?

Freagradh, Tha gràs aige do bhrìgh gu bheil aid-
 eachadh aige.

Agus thainig e dh' iarraidh toraidh air.—Uime sin
 cha 'n e Eaglais agus aideachadh, an t-ionad auns an
 feud luchd oibreachaidh na h-aingidheachd iad fein agus
 am peacanna fholach o Dhia. Shaol le cuid o shean
 a chionn 's gu 'm b'urrainn iad gladhach a mach,
 " Teampull an Tighearn, Teampull an Tighearn,"
 gu 'n robh iad uime sin air an saoradh, no gu 'n robh
 e air a cheadachadh dhoibh-san a bhi deanamh nan

grainealachda sin a bha iad a' cur an gnìomh; coslach ri cuid anns na laithibh so. Co, ars' iadsan, aig am bheil còir air na creutaraibh, mur 'eil e aig criosduidhean, mur 'eil e aig luchd aidmheil, mur 'eil e aig buill na h-Eaglais? Ier. viii. 4—8, &c. Agus o na chlo-dhùnadh so leigeal srian f'huasgailt do 'n aignidhean mi-riaghailteach an deigh ardan, fein-ghlòir, geò-carachd, gam beathachadh fein gun eagal, Iude 12; 'ga 'n salachadh fein le gnàthanaibh miann bhrosnuchaidh an la; ag imeachd le muinealaibh sìnte mach, broillichibh lomnochd, bad mullaich an gruaig air a chaisreag, cumaidheachd bheag-narach, ann an sgeadas riombach measgaichte le òr agus neamhnudaibh. Cha d'theid mi an so a rannsachadh an caithe-beatha, an giullan aig a bhaile, na 'n cùiltibh, agus na 'n tuill uaigneach: ach is cinnteach, nach 'eil aig muinntir a tha dheth leithid so do spiorad, 's dheth leithid so do chàil, ach geugan fallamb, geugan a tha dh'eusbhuidh an toraidh ris am bheil dùil aig Dia, agus a thig e dh'iarraidh.

A chroinn fhèige neo-thorach, cha 'n 'eil e air a cheaduchadh dhuit le t'aidmheil, no le Tighearn an fhion-lios dearcas sin Ghomorah a ghiulan: Cha mhò ni am fion-lios, no thu bhi air do theannachadh ann am measg nan craobh t'fholach o shealladh suile Dhe. Tha mòran a' deanamh cleachd dheth 'n cuid diadhachd, agus sgàil-meallaidh dheth Chrìosd, agus leis a sin a' folach an aingidheachd fein o dhaoinibh; "Ach is aithne do Dhia an cridheacha," Luc. xvi. 15, Iob, xiii. 27, Gnath. v. 21, agus xxi. 2; tha a chomharadh air bonnaibh an cos, agus e 'geur-amharc air an uile shlighibh. Agus mu dheireadh an uair tha 'n aingidheachd air a faotainn fuathach, an darnas cuid buailidh se iad le cruas cridhe, agus fagaidh e mar

sin iad, no duisgidh e iad gu toradh a thoirt a mach. 'S ann air son toraidh tha e sealltuinn, is e tha e 'g iarraidh agus ris am bheil dùil aig.

Ach an d'thig thu 'n lathair Dhe a pheacachadh! Mo thruaigh! a dhuine, 's e 'n Eaglais gàradh Dhe, agus is e Iosa Crìosd Abstol mòr agus Ard-Shagairt ar 'n aidmheil. Seada, an d'thig thu chum an Tìgh a th' air a ghairm air m'ainms! Eabh. iii. 1, Ier viii. 8, 9, 10; chum an ionad ams am bheil m'onair a' gabhail combnuidh! Salm, xxvi.; 1 Rìgh, ix. 3, anns am bheil mo shuilean agus mo chridhe gach là!— Ciod! an d'thig thu 'n sin a pheacachadh, a dh'fholach do pheacadh, agus a chuir sgàil air do pheacadh! “Tha gheuga mar lios phomgranat leis a mheas as taitnich,” Dàn Shol. iv. 13, 14, 15, agus vi. 11; agus gach uair a theid e do 'lios, 's ann a' gabhail beachd do thoradh a ghlinne, agus a dh'fhaicinn am bheil am fionain fo bhlàth, agus am bheil na pomgranait a' briseadh a mach 'S e 'n Eaglais an t-ionad ams am bheil toilinntinn Dhe, far am miann leis a bhà do ghnàth, agus a ta e 'n sin a là agus a dh'oidheche. A ta e 'n sin chum toradh iarraidh, chum toradh iarraidh air gach craobh anns a ghàradh. Uime sin bhis cinnteach, O thusa tha neo-thorach! gur eigin dha d' sbhligibh bhì fosgailt do shuilibh an Tìghearna. Is furasda caora dhubh a bheachdachadh 'am 'measg chaorach eile, chithear i leis a cheud sealladh do 'n t-suil; tha a mughadh dath an combnuidh 'ga bràth. Uime sin tha mi 'g ràdh, cha 'n aite an t'aglais agus aidmheil anns am feud luchd oibreachaidh na h-aingidheachd iad fein fhòlach o Dhia, tha sireadh air son toraidh “Tha m' fhiou-lios (arsa Dia) as leamsa fa m' chomhair,” Dàn. viii. 12.

Agus thainig e dh'iarraidh toraidh air, agus cha d'fhuair e bheag.—Eisd a chroim fhìge neo-thoraich. Tha bhì 'n còmhuidh gun toradh na chomharradh eagalach air gu 'n tig thu gu crìoch uamhasach, mar a ta co-chùnadh a chosamhlachd so feuchainn

Agus cha d'fhuair e bheag.— Ì bheag sam bith a bha gu taitneas Dhe. Oir 'n uair a deir e, “Thainig e 'g iarraidh toraidh air” 's e tha e ciallachadh, toradh freagarach do Dhia, Eabh vi. toradh taitneach, toradh math agus milis. Mo through! cha dean toradh sam bith an gnothuch—is aon nì droch thoradh agus a bhì neo-thorach. “Ge he crann nach toir a mach toradh math gearrar sìos e, agus tilgear san teine e,” Mat. iii. 10.

1. Tha toradh am measg luchd aidmheil a chrionas, agus nach tig gu bràth gu bhì abaich—toradh a th' air a ghonadh anns an fhàs, agus nach tig gu foirfeachd, agus tha so air a mheas na neo-thoradh. 'S e leithid so do thoradh a th' air an luchd aidmheil sin air am bheil mòran do bhlàthaibh breagh an toiseach, mòran do choslas aithreachais agus ath-leasachaidh— a thoisicheas ri urnuigh, ri rìnn chadh agus ri sgur do n' pheacadh le fireantachd, ach a stadas an sin fein, agus nach d'thoir a mach a chum foirfeachd. Tha toradh na muinntir so air crìonadh, air seargadh, 's air a gnonadh, agus mar sin cha toradh idir e.

2. Tha toradh cabhagach ann, còmhail ris an fheur air mullach an tig e, Salm cxxix. no ri sin a dh'fhugas suas air an otrach, a dh'eireas suas gu h-òrann 's gu brais le dìosaibh mòra, agus coslas breagh, agus gidheadh a dhearbhas mu dheireadh a bhì dh'ea-bhuidh eitein. Gheibhear an toradh so air an luchd aidmheil sin tha gu h-òrann air an dusgadh, air am mothachadh, agus an cor a' toir a leithid do bhuidh orra 's gu 'n

cuir iad troimh-cheile air an teaghlaich uile, air a cheam baile, no air a bhaile gu h-ionlan. Tha iad car samull ag eigheachd gu dian durachdach 's gu brònach dubhach; agus gidheadh cha 'n 'eil ann uile ach iogha no braise; cha 'n 'eil iad a' toirt a mach toradh le foighidin. Goirear dhuibh sin, an toradh cabhagach sin a bhios mar bhlàth seargach, Isa. xxviii. 4.

3. Tha toradh ann a tha graineil agus air am bheil droch bhlas, Ier. xxiv. ge b'e co fada sa bhios e fàs, Hos. ix. 16; tha 'n fhreumh air tiormachadh, air dhoigh 's nach urradh dhi gu lèoir do shùgh a thoirt a dh'ionnsuidh nan geug, chum an toradh abachadh. 'S iad so toraidhean an luchd aidmheil sin aig am bheil an cridhe air choigrich o'n Spiorad Naomh, aig am bheil an toradh a' fàs uath fein, Hos. x. 1, o'n comasaibh fein, o'n cumhachd fein, o'n gliocas fein; o'm buadhaibh nadrach, no o'm beusaibh modhanail. Tha iad sin, ged tha iad a' toirt a mach toradh, air an gairm na 'm fionn falamh, a chionn 's nach eil iad a' toirt a mach do Dhia. “Thiormaicheadh suas am freumh, cha ghiulan iad a bheag do thoradh, seadh, ge do bheireadh iad, gidheadh marbhaidh mise eadhon toradh gradhach am bronn.”

4. Tha toradh ann a tha fiadhaich. “Dh' amharc mi an tugadh e mach dearcana fiona, agus thug e mach dearcana fiadhain,” Isa. v. 4. Bheiream faineir, mar a ta craobhan agus luibhean ann a ta sàr mbaith, agus oirdheire, tur freagarrach air son an fhion-lios; mar sin tha 'n coslas ann mar an ceudna, ach tha iad fiadhaich agus neo-fhiuthail. Tha dearcana fiona agus dearcana fiadhaich ann: am fion fhionan agus am fionan fiadhaich; an t-ubhall agus an t-ubhall fiadhaich.— Nise, toradh na nithe fiadhaich sin, ge b'e mar thoil-

icheas iad a chloinne bheag gu bhi cluich leo, gidheadh cha 'n 'eil meas air bith aig a mhuintir ghlic agus chiallach orra. Mar an ceudna, tha ginealach do luchd aidmheil 'san t-saoghal, agus a dh'aindeon an aidmheil a tha fiadhaich a thaobh naduir; seadh, muinntir nach robh riamh air an gearradh o'n chrann ola fhiadhach, no riamh fhathasd air an suidheachadh 'san deagh chrann ola. 'Nise, cha 'n urradh dhoibh sin, ni sam bith a thoirt a mach ach dearcana ola fiadhaich, cha 'n urradh dhoibh toradh a thoirt a mach do Dhia. 'S ann mar sin tha iadsan uile a thoisich ri aideachadh, agus a dh'eulaigh a steach do 'n fhionlios as eug'ais ath-bhreith agus beannachd na h-ath-glhineamhuinn.

5. Tha toradh anabaich ann, "Eadhon mar a thilgeas craobh-fhìge a figean anabaich," Tais. vi. 13.—Toradh ann an an-àm, agus uime sin cha 'n 'eil e na thoradh taitneach do Dhia.

Tha dà sheorsa luchd aidmheil a tha buailteach do bhi toirt a mach toradh anabaich.

1. Iadsan a bheir a mach toradh ro luath.

2. Iadsan a bheir a mach toradh ro anmoch.

An tùs, Iadsan a bheir a mach toradh ro luath. Is muinntir iad sin a ghabhas am focal le gairdeachas; agus air ball m' am freumhaich iad, a dh'fhasas suas; ach do bhrìgh nach 'eil freumh aca, 'n uair a dh'eir-eas a ghrian, seargaidh iad as, agus mar sin gu truagh bàsaichidh iad gun toradh. Is iad sin an luchd aidmheil dearmadach faoin a ta saoil sinn nach bi ni air bith ach sìth an lorg an t-soisgeul, agus mar sin air ball ni iad gairdeachas ris a naigheachd gun bhi faicinn ro'laimh an àmhghar. Uime sin, 'n uair a thig an àmhghar, air dhoibhsan a bhi neo-àrmaichte, tha iad neo-chomasach air seasamh ni 's faide; bàsaichidh

agus seargaidh iad, 's cha d'thoir iad a mach toradh. "Èsan a fhuair an siol ann an aithibh clochach, is e sin an ti a chluinneas am focal, agus a ghabhas e air ball le gairdeachas; gidheadh, cha 'n 'eil freumh aige ann fein, ach fanuidh se ré tamuill; agus an uair a thig trioblaid no geur leanmhuinn air son an fhocail, air ball gheibh e oilbheum." Tha iomradh air a dheanadh ann an Isaiah, air cuid aig am bi am maise ghlòr-mhor mar bhlàth seargach, a chionn gur meas luath roimhe 'n t-sambradh e, Isa. xxviii. 4. Is toradh an-abuich iad so le cheile.

'S an dara àite, Tha iadsan mar an ceudna a toirt a mach toradh an-abuich, a dh'fhanas ach am bi àm an toraidh thairis. 'S àill le Dia a thoradh fhaotainn 'na aimsir; gabhaidh se e uathasan a bheir dha e na àm fein, Mat. xxi 41; tha bhi càll nan aimsir cunnartach, agus a bhi fantuinn gus an dunar an dorus cunnartach, Mat. xxv. 10, 11. Is lionmhor iad nach d'thig, gus an éirich tuil feirge Dhe, agus am bi i ro dho dhainn air an sonsan gu dol troimhe, "Gu cinnteach ann an tuil nan uisge mòra cha d'thig iad an fagus da," Salm xxxii 6. Is eagalach an déigh-làimh a bh' aig Esau: "Oir a ta fhios agaibh, 'n uair a b'àill leis an déigh sin am beamachadh a shealbhachadh, gu 'n do dhiultadh e; oir cha d'fhuair e àit aithreachas, ge do dh'iarr se e gu durachdach le deuraibh," Eabh. xii. 17. Mar sin thug clann Israel toraidhean an umhlachd do Dhia ro annoch: bha am "Feuch tha sinne an so," ro annoch, agus bha 'n "Theid sinn suas" ro annoch, Air. xiv. 40, 41, 42. "Mhionnaich an Tighearna roimhe nach sealbhaicheadh iad an tìr," rann 23. Tha iad sin uile a' toirt a mach toradh an-abuich. 'S e mi-shonas na h-uile bhios cailte gur ann ro annoch a ni iad na h-uile ni,

do 'n t-saoghal so 'chroinn fhège neo-thorach? Tha thu 'g aidmheil a bhi creidsinn ann an Criosd: An esan t'aoibhneas agus beatha t'anam? Seadh, ciod an co'choslas a th' agad ris, ri 'dhoilghiosaibh, agus ri 'fhulangasaibh? Ciod an coslas ris-san a dh'oibrich a dheoir, 'osnaiche, a dhortadh fola, agus a bhàsachadh anadsa? Am bheil thu 'g iulan ann do chorp bàsachadh an Tighearn Iosa? Agus am bheil beatha Iosa air a deanamh follaiseach ann do chorp bàsmhor-sa? — A chroinn-fhège neo-thorach, nochd dhomhsa do chreidimh le t'oibrich, Seum. ii. 18, agus iii. 13.— Nochd a deadh chaithe-beatha t'oibre fein le ciùineachd gliocais. Ciod an toradh, ciod an toradh, a chroinn fhège neo-thorach, ciod an tomhas do naomhachd cridhe? oir glanar an cridhe le creidimh, Gniom. xv. 9. Ciod an gràdh do 'n Tighearn Iosa? oir oibrichidh 'n creidimh tre ghràdh, Gal. v. 6.

'S an treas àite, 'i ha dùil aig Dia ri toradh freagarach do na meadhonaibh gràis fo 'm bheil thu, a reir an uisge tha teachd ort. Theagamh gu bheil thu air do shuidheachadh ann am fònn math ri taobh uisgeachan mòr: chum 's gu 'n d'thugadh tu mach geuga, agus gu 'n giulanadh tu toradh: chum 's gu biodh tu a' d'dheagh chraobh fhège. Uime sin, nach iarr e air son an toraidh, air son toraidh freagarach do na meadhonaibh? Tha dùil aig Dia ris, a chroinn fhège neo-thorach, agus gheibh se e mar an ceudna, ma bheannuicheas e gu bràth thu. “ Oir an talamh a dh'òlas a steach an t'uisge a tha teachd gu minic air, agus a bheir uaith luibheanna iomchuidh do 'n droing leis an saothraichear e, gheibh e beannachadh o Dhia: ach an talamh sin a bheir uaith droighionn agus drisean, tha e air chur air cùl, agus fagus do mhallachadh: d'an deireadh bhi air a losgadh,” Eabh. vi. 7, 8.

Anam neo-thorach! cia lion fras do ghràs, cia lion driùchd o neamh, cia lion uair a bha sruthain àdhmhor cathair Dhe a' ruith gu sèimh ri d' fbreunhaibh, chum 's gu 'n d' thugadh tu mach toradh? Na frasan agus na sruthain sin, agus na braoin a ta 'n crochadh ri d' gheugaibh, bheirear cunntas asd' uile, Col. iv. 5.— Agus nach d'thoir iad fianuis a' t'aghaidhse gu 'm bu chòir le ceartas do-losgadh, 2 Cor. viii. 5. Eisd agus criothnaich, O flair aidmheil gun toradh! Tha dùil aig Dia nan Neamh ri toradh freagarach do aideachadh an t-soisgeul, Gniomh. iv. 32. Tha ams an t-soisgeul maitheanas peacaidh, rioghachd neamh, agus beatha shiorruidh, 1 Cor. vi. 20. Ach ciod an toradh a tha t'aidmheil air a bhi creidsinn na nithe sin a' cur a mach ann do chridhe 's ann do bheatha? An d'thug thu thairis thu fein do 'n Tighearn? Agus an bheil thu gus na h-uile ni a th' agad ams an t-saoghal a chuir an geall air son ainme-san? Am bheil thu 'g imeachd mar aon a cheannaicheadh le luach, cadhon le fuil luachmhor Chrìosd?

'S a cheathramh àite, Tha dùil aig Dia ri toradh iomchuidh air a shon fein, toradh a ghlòraicheas Dia. Tha craobhan Dhe 'nan craobhaibh fireantachd, a shuidhich an Tighearn air sgàth a ghlòire, Isa. lxi. 3: toradh air an bheil blas neamhaidh, moran do leithid sin a thoradh: “Oir an so (a deir Chrìosd) tha m' Athairse air a ghlòrachadh, gu 'n d'thoir sibhse mòr-thoradh uaibh,” Eoin, xv. 8. Toradh dheth gach seorsa, nodha agus sean: Toraidhean an spioraid anns na h-uile maitheas, agus ceartas, agus firinn. Toradh fa chomhair an t-saoghail, toradh fa chomhair naoinh, toradh fa chomhair Dhe, toradh fa chomhair aingil.

O mo bhraithre, ciod a ghnè dhaoine bu chòir a bhi annainne a scriobh le ar laimh do 'n Tighearn,

chaithe-beatha gu bheil nàir ort air son do pheacaidh, Ier. xxxi. 19. Tha thu ag ràdh le t'aideachadh, Phill mi o na pheacadh, chuir mi cùl ris, agus tha mi air teachd gu bhì m' namhad do gach uile choslas uile, Gniomh. xxvi 18, 1 Tesal. v. 22. O! ach am bheil do chaithe-beath' a' cur an céill gur leithid sin do neach thu? Thoir an aire, fhir-aidmheil, air eagal gu 'n d'thoir do chaithe-beatha a bhreug do t'aideachadh. A rìs tha mi 'g ràdh, thoir an aire, oir thig Dia fein a dh'iarraidh toraidh. *Agus dh'iarr e toradh air.*

Tha cuid do luchd aidmheil 'n ur measg nach 'eil ach a mhain 'nan naomh fa chomhair dhaoine 'n uair a tha iad o na bhaile, ach a ta 'nan deamhnaibh 's 'nan nathraichibh nimhe aig a bhaile—'nan naomh ann an cainnt, ach 'nam peacachaibh ann an cridhe 's ann am beatha. Tha aca so aideachadh, ach tha iad a dh'easbhuidh an toraidh a ta iomchuidh do 'n aithreachas.

Am feudar a smuainteachadh, iadsan a ta cur dath orra fein gu 'n ghabh iad riamh aithreachas d' an àrdan; no iadsan a ta 'n dìon thoir air an t-saoghal so, gun ghabh iad riamh aithreachas d' an sannt, no iadsan a ta 'g imeachd le sùilbh mear, gun ghabh iad riamh aithreachas d' an anamiannaibh feòlmhor?— C'ait' am bheil toradh aithreachais na muinntir sin? Ni h-eadh, nach ann a tha iad a' cur an céill do 'n t-saoghal gun ghabh iad aithreachas d' an aideachadh? Tha 'n toradh a tha iad a' giùllan cosmhuil ris gu 'n ghabh. Tha 'n àrdan ag ràdh gun ghabh iad aithreachas d' an irioslachd: tha 'n sannt ag ràdh gu bheil iad sgèth do bhì 'g earbsa ri Dia: agus nach eil do ghnìomhra beagnarach a' cur an céill gur fuathach leat geamnuidheachd? C'ait' am bheil do thoradh a chroinn-fhìge neo-thorach? Cha 'n e aithreachas

bròn a mhàin, agus nàir air son peacaidh, ach “Pilleadh o na pheacadh gu Dia,” Eabh. vi. theirear ris, “Aithreachas o oibribh marbh.” Am bheil am bròn diadhaidh sin agadsa a dh’ oibricheas “Aithreachas chum slàinte do nach gabhar aithreachas gu bràth”? 2 Cor. vii. 10, 11. Cionnas a ta thu feuchainn do churam, agus do ghlanadh ort fein; do ro-dhiom an aghaidh a pheacaidh; t’eagal roimh oilbheum a thoirt; do dhian-thogradh gu bhi ’g imeachd maille ri Dia: t’eud air son ’ainme agus a ghlòire anns an t-saoghal: agus ciod an togradh dioghaltas a th’ann do chridhe an aghaidh gach smuain do eas-umhlachd?

Ach c’ait’ am bheil toradh an aithreachais so?— C’ait’ am bheil do throsgadh, t’fhaire, t’ùrnuighean an aghaidh fuighleach na truailleidheachd? C’ait’ am bheil t’annhainneachd mu ainm agus mu shlighibh Dhe? C’ait’ am bheil t’fhein-aicheadh agus t’inntinn thoilichte? Cionnas a ta thu feuchainn an lathair dhaoine gu ’n phill thu ann am firinn dh’ionnsuidh Dhia? “Na chuir thu cùl ri nithibh folaichte na h-easonoir, gun bhi a’ siubhail ann an ceilg”? 2 Cor. iv. 2. Am feudar leat thu fein a mholadh “Do choguis nan uile dhaoine ann an sealladh Dhe”?

S an dara àite, Tha dùil aig Dia ri toradh a bhios freagarach do ’n chreidimh sin tha thu ’g aidcachadh. Tha ’m fear aidmheil a fhuair a steach do fhion-lios Dhe a’ gabhail air gu bheil an creidimh aige, an creidimh ro naomh, creidimh muinntir thaghta Dhe. Ach c’àite, mo thruaighe! am bheil toradh do chreidimh-sa, ’chroinn fhìge neo-thorach? Bha creidimh nan Ròmh-anach iomraiteach air feadh an t-saoghail gu leir: agus dh’fhàs creidimh nan Tsalouianach gu h-anabarrach.

Tha thu ’g aidmheil a bhi creidsinn gu bheil cuibh-rionn agad ann an saoghal eile. Na leag thu ’thead

Gen. iv. 13, 14; a bhi mothachadh easbhuidh gràis, ro annoch, Luc. xiii. 25, 26; a bhi duilich air son peacaidh, ro annoch; a bhi bròn air son peacaidh, ro annoch; a bhi 'g iarraidh aithreachas, ro annoch; a bhi 'g iarraidh trocair, ro annoch; agus a bhi miannachadh dol do ghloir, ro annoch.

1. Mar so tha sibh a faicinn an toradh a ghonar anns an fhàs a sheargas, agus nach d'thig gu foirfeachd, cha toradh e, Luc. viii. 14.

2. An toradh cabhagach sin coslach ris an fheur air mullach an tìghe, Salm cxxix. 6, a sheargas mu 'n fàs e suas, cha toradh e, Ier. ii. 4.

3. An toradh a ta olc, agus dheth 'm bheil droch bhlas, cha toradh e, Ier. xxiv.

4. An toradh a ta fiadhaich, cha toradh e, Isa. v. 4.

5. An toradh nach eil 'na àm, a ta ro luath, no ro annoch, cha toradh e, Mat. xxv. 10.

Agus thainig e 'g iarraidh toraidh air agus cha d'fhuair e.—Cha dean ni air bith gnothuch ach toradh. “N uair a dhruid riu àm an toraidh, chuir e a sheirbhisich a dh'ionnsuidh na tuatha a dh'fhaotainn a thoraidh, Mat. xxi. 34.

Ceist, Ach ciod an toradh a tha Dia ag iarraidh?

Freagradh, Toradh math. “Gach uile chrann nach iomchair toradh math gearrar sios e,” Mat. vii. 19. A nis, mu 'n urradh an toradh a bhi math, feumaidh a chraobh a bhi math; oir cha dean deadh thoradh a chraobh math. “Ach bheir craobh mhath a mach deadh thoradh: An tional daoine figean do dhroighionn, no caoran fiona do 'n fhear-dhris,” Luc, vi. 44. Feumaidh duine a bhi math mu 'n comasach dha toradh math a thoirt a mach; feumaidh e fireantachd a bhi air a meas dha, a dh'fhirinnicheas e 'n fathair Dhe o mhalachd an lagh. Feumaidh firean-

tachd a bhì 's an anam, mu 'm bi e comasach air deadh thoradh a thoirt a mach: agus is ann uaith sin a deircar ri toradh a Chrìosduidh, "Toradh an Spioraid," Gal. v. 22, "Toradh na fireantachd a tha trid Iosa Crìosd," Phil. i. 11. Air an aobhar sin feumaidh air tùs an Spiorad a bhì 'n sin mu 'm bitoradh an Spioraid ann. Ach gu bhì labhairt nì 's mean ann am beagan do nìhibh gu aithghearr.

An tùs, Tha dùil aig Dia ri toradh a bhios freagarach agus iomchuidh do aithreachas, nì a ta thusa a' gabhail ort a bhì agad. Gach aon a ta 'san aideachadh, agus a dhoinblaich a steach do 'n fhion-lios, tha e gabhail air gu 'n d' rinn e aithreachas: nìs tha dùil aig Dia gu 'm bi toradh an aithreachais air fhaotuinn air gach anam dhiubh sin. "Air an aobhar sin thugaidh a mach toradh iomchuidh do 'n aithreachas," Mat. iii. 8, no freagarach dha t' aideachadh air teagasg an aithreachais. Thaobh 's gur fear-aidmheil thu, agus gu bheil thu air dol a steach do 'n fhion-lios, tha thu 'd 'sheasamb fa chomhair Tighearn an fhion-lios mar aon do chraobhaibh a ghàraidh. Uime sin tha e sealltuinn air son toraidh uaitse, mar o na chuid eile do chraobhaibh an fhion-lios. Na toraidhean sin, Salm li. 8, agus xxxviii. 4, agus xi. 12; agus a leithid do thoradh 's a nochdas ann do chrìdhe, 's do bheatha, gur neach thu rinn aideachadh faillein air fìor aithreachas. Thuirt thu le t' aideachadh, Tha mi mothachail air olc a pheacaidh: Uime sin, thugadh do chaithe-beatha fianuis gu 'n deach olc a pheacaidh a dhearbhadh ort. Thuirt thu le t' aideachadh, Tha mi duilich air son mo pheacaidh: Uime sin, thugadh do chaithe-beatha fianuis air an doilghios so. Thuirt thu le t' aideachadh, Tha nàir orm air son mo pheacaidh: Seadh, ach faiceadh daoine an combnuidh ann do

agus a dh' ainmich sinn fein air Israel? " Their am fear so, Is leis an Tighearn mis; agus ainmichear fear eile air ainm Jacob; agus scribeadh fear eile le a laimh do 'n Tighearn, agus sloinnidh se e fein air ainm Israel," Isa. xlv. 5. A chroinn fhìge neo-thorach, an do scribeadh thusa le d' laimh do 'n Tighearn, an d' ainmich thu thu fein air Iacob, agus an do shloinn thu thu fein air Israel? So uile tha thusa 'g aideachadh, a tha air dol a steach do 'n fion fios, a tha air do shuidheachadh a' measg craobhan garaidh Dhe. Uime sin tha Dia a' sealltainn air son leithid a thoradh 'sa tha cubhaidh d'a ainm, 'sa tha iomchuidh air a shon, mar a deir an t-Abstol, " Gu 'n gluaiseadh sinn gu cubhaidh do Dhia": is e sin gu 'n gluaiseamaid air dhoigh 's gu feuch sinn 's gach àite gu bheil làthaireachd Dhe maille ruinn, gu bheil eagal annainn, agus a mhòrachd agus 'ùghdaras air ar n-uile gnìomhara. Toradh iomchuidh air a shon, leithid do mhuin-ghinn ann, leithid do dhochas 'na fhocal, leithid do carbsa ris le m' uile chùramaibh, leithid do lan-thoil-eachadh ann a làthaireachd, agus a leithid do shòlas ann a bhi ga mbealtuinn; agus a làn dhearbhas gu bheil 'eagaisan ann mo chridhe, gu bheil m'anam air fhilleadh suas annsan, agus gu bheil mo chorp, agus m'anam, 's mo mhàoin gu h-uile, ann am fìrinn, tre a ghràs air am fagail d'a thoil, gu dheanamh riù mar is àill leis fein. A beannachadh Dhe le buidheachas o m' chridhe air son Iosa Crìosd, air son fhocal math air son a shaor ghràs, air son e fein fhoillseachadh ann an Iosa Crìosd do anamaibh; ciocras uaigneach an geall air saoghal eile, toradh iomchuidh air a shon. A bhi daonnach-dach fial ri bochdaibh Dhe, agus bochdaibh an t-saoghail; deadh eisempleir ann am focal 's ann an gnìomh, a' giùlan na h-uile nithe gu

foighidneach ciùin, gus an dean agus am fuiling mi uile thoil De a rinn se òrduchadh dnomb, Luc. viii. 15, “ An ni a thuit san talamh mhath, is iad sin iadsan, air dhoibh am focal eisdeachd, a ta 'ga choimhead ann an cridhe treibhdhireach agus math, agus a' toirt toraidh uatha le foighidin.” Is e so a bhi toirt a mach toradh do Dhia. “ Ar toradh againn chum naomhachd agus a' chrìoch a' bheatha mhaireannach,” Rom. vi. 22.

'S a chuigeadh àite, Tha dùil aig an Tighearna ri toradh freagarach do fhion lios De. Tha 'm fion lios, deir esan, na chnoc ro tharbhach, Isa. v. 1 : faic an toradh a thug e mach anns gach uile linn. Na craobhan bu neo-tharbhache a dh'fhàs riamh ann an coille an t-saoghail so, 'n uair a shuidhicheadh iad le Dia san fhion lios so, ciod an toradh a thaobh Dhe 'thug iad a mach? Thug Abel suas iobairt ni bu ro fhearr, Eabh. xi. 4, 37. Ghluais Enoch maille ri Dia trì cheud bliadhna. Le 'bheatha 's le 'chreidimh dhìt Noah an saoghal, agus rinneadh e na oighre air an fhìreantachd a ta thaobh creidimh. Dh'fhàg Abraham a dhùthaich agus dh'imich e mach gun fhios aige c'ait' an robh e dol. Dh'fhag Maois 'rioghachd agus ghabh e a chunuart do fhearg an Rìgh, leis a ghràdh a bh' aige do Dhia agus do Chrìosd. Ciod a their mi mu na mhuinntir sin a dh'fhuiling deuchannaibh gun iad a ghabhail ri saorsa, chum gu faigheadh iad ais-eirigh ni b'fhearr? “ Chlachadh iad, shàbhadh as a cheile iad, bhuaireadh iad, chuireadh gu bàs leis a' chlaidheamh iad; chaidh iad 'nam fògaraich mu 'n cuairt ann an croicnibh clàorach agus ghabhar, ann an uireasbhuidh, ann an trioblaidibh. ann an cràdh.” Dh'fhag Peadair 'Athair, an lòn, agus na lionta. Dh'fhag Pol casan Ghamalie!. Thug daoine leo

luach an maoin agus an seilbhean, agus thilg iad sìos aig casaibh nan Abstol e; agus thug dream eile an leabhraiche leo, agus loisg siad iad, ge d' bu leabhraiche ionghantach iad, a b'fhiach leth-cheud mìle bonn airgid, Gnìomh. xix. 19. A thuilleadh air sin, cia lionmhor iadsan anns gach linn a thairg iad fein le 'n làn thoil, maille ris gach ni a bh' aca, air son ainm luachmhor an Tighearn Iosa; chum an cràdh-phianadh an cur gu bàs le gort, an crochadh, an losgadh, an bàthadh, an spronadh as a cheile, agus mìltean do thruaighibh. A chroinn fhìge neo-thorach, bha fion lios Dhe na ionad ro tharbhadh, ciod a tha thus a deanamh an sin? Ciod a tha thus' a giùlan? Tha dùil aig Dia ri toradh freagarach do 'n fhion lios.

'S an *t-sheathadh àite*, Tha dùil aig Dia ri toradh freagarach do thuathanas agus saothair Dhe, 's e 'm fion lios tuathanas no treabhachas Dhe. "Is mise an fhìonan (arsa Crìosd), agus is e m' Athair an an tuathanach," Eoin, xv. 1. Agus a rìs, "Is sibhse tuathanas Dhe, is sibh aitreabh Dhe," 1 Cor. iii. 9. Tha Dia a' cur callaid mu thimchioll an fhion lios, tha e glanadh a mach nan clachan as, tha e togail tùr agus amar-fiona 'na mheadhon, Isa. v. An so tha saothair, an so tha diou, an so tha toirt air falbh nan amaladh, an so tha glanadh, agus sin uile chum 's gu 'u giùlanadh e toradh. A chroinn fhìge neo-thorach, ciod an toradh a th' agad? An bheil toradh agad freagarach do chùran Dhe, do dhion De, do ghliocas De, do fhoighidin agus tuathanas Dhe? 'S e toradh an fhion lios aon chuid nàire no cliù an tuathanaich.— "Chaidh mi seachad air achadh an leisgean (arsa Solamh), agus air fion lios an duine gun tuigse; agus feuch, bha e uile air fàs suas le cluaranaibh, chomhdaich an eanntagach 'aghaidh," Gnath-fhoc. xxiv. 31.

A chroinn fhège neo-thorach, nam b' ann leis an toradh tha thusa giùlan a bhreathnaicheadh daoine cùram agus saothair Dhe mu 'n Eaglais, nach fheudadh iad a ràdh, Nach e 'tha leisg, nach e 'tha neo-chùramach, nach e 'tha gun tuigse. O tha do dhroighionn 's do chluarain, do chridhe 's do bheatha neo-thorach, 'nam brosnuchadh daonndan do shùilibh a ghlòire, agus mar an ceudna 'nan easonoir do ghlòr a ghràis.

Agus thainig e 'g iarraidh toraidh air.—Cha 'n e 'cheist a nis ciod a bharail a th'agad dhiot fein, no ciod a tha uile phobull De a' saoil sinn diot? ach ciod mar gheibhear thu 'san la sin, 'san rannsuich Dia do gheuga air son toraidh. An uair bha Sodom gu bhì air a rannsachadh air son fireana, cha 'n earbadh Dia a chùis sin ri 'sheirbhiseach dileas Abraham; ach mar bha esan ag eadar-ghuidhe, bha Dia ga fhregairt, Ma gheibh mi leth-cheud, no dà fhichead, no deichnear an sin, cha sgrios mi an baile, Gen. xviii. 20, 21, 26, 27. Ciod 'tha thu 'g ràdh, a chroinn fhège? Thig Dia a nuas a dh'fhaicinn, rannsuichidh Dia air son toraidh dha fein.

Agus thainig e 'g iarraidh toraidh, agus cha d'fhuair e.—“*An sin thubhairt e ris a' ghàradair, Feuch, a ta mi ré thri bliadhna a' teachd a' dh'iarraidh toraidh air a chrann-fhège so, agus cha 'n 'eil mi faotainn a bheag; gearr sios e, c'ur son a ta e fàsachadh an talmhainn?*”

'S iad so briathran Dhe, an lorg geuga 'chrann fige neo-thorach a rannsachadh. Dh'iarr e toradh agus cha d'fhuair e 'bheag, a bheag do thoradh math agus taitneach. Uime sin, air tùs, tha e gearan air a bhì dh'easbhuidh an toraidh ris a ghàradair, tha e gairm air a thighinn, agus beachd a ghabhail air a chraoibh :

an sin rim e aithnichte a thoil, 's àill leis a toirt air fàlhbh, a gearradh sìos o bhì fàsachadh an talmhainn.

Thugaibh an aire, 'S e 'n crann fige neo-thorach cuspair feirge Dhe cha 'n urrainn Dia giùlan le fear aidmheil gun toradh.

An sin thubhairt e, &c.—*An sin*, an deigh a bhrosnachaidh so; *an sin*, an deigh dha bhì 'g iarraidh, toraidh 's gun fhaotainn: a ta na focaill so, *an sin*, a feuchainn dunn gnè do mhi-shuaimhneas san leth-stigh; mar a deir e ann an àite eile, an lorg a leithid sin do bhrosnachadh. An sin “ cuiridh fearg an Tighearn agus 'eud smùid diubh an aghaidh an duine sin, agus luidhidh gach mallachadh air a tha sgrìobhta san leabhar so, agus dubhaidh an Tighearn mach 'ainm o bhì fo neamh,” Deut. xxix. 20. *An sin*—Tha e ciallachadh gu 'n do rùnich e nis ciod a dheanadh e ris a chrann fhège so. An sin thubhairt e ris a ghàradair, eadhon ri Iosa Crìosd, Feuch, mar gu 'n abradh e, Thig an so, tha crann fige 'n so ann a m' fhion lios, tha fear aidmheil an so ann a m' Eaglais, a tha neo-thorach, nach 'eil a' giùlan meas.

Thugaibh an aire, Ciod air bith a ta 'm fear aidmheil gun toradh a' smuanachadh uime fein air an talamh, tha 'n Tighearna ag eigheachd na aghaidh o neamh, “ Agus a nis thigibh, innseam dhuibh ciod a ni mi ri m' fhion lios; baeir mi air fàlhbh a challaid, agus ithear suas e; brisidh mi a bhalladh, agus bitheadh e air a shaltairt sìos,” Isa. v. 5.

Feuch na tri bliadhna so.—Thugaibh an aire, *Na tri bliadhna so.*—Tha Dia ag eigheachd a mach gu bheil 'fhoighdin air a mhi-bhuileachadh, gu bheil a ghùlan air a mhi-bhuileachadh. Feuch, na tri bliadhna so bha mi a feithimh 's a giùlan; na tri bliadhna so chuir mi dàil ann mo chorruich: “ Air an aobhar sin

sìnidh mise mo làmh a mach a' t'aghaidh, agus sgriosaidh mi thu, tha mi sgèth do ghabhail aithreachas," Ier. xv. 6. *Na tri bliadhna so.* Tha Dia a cumail cuimhne air an ùine uile, air gach bliadhna tha 'm fear aidmheil neo-thorach a mi-bhuileachadh 'san t-saoghal so. Mar a deir se mu Israel o shean, "Ré dha fhichead bliadhna chuireadh campar orm leis a ghinealach ud," Salm xcv.

Na tri bliadhna so.—Thugaibh an aire, Na tri amanna so. Tha cuimhne aig Dia cia lion cothrom a mhi-bhuilich thu. Oir tha na tri bliadhna a' ciallachadh na h-uiread a chothroma. "Agus an trà dhruid riu àm an toraidh," Mat. xxi. 34, eadhon an t-àm 'sam feudadh an toradh, a reir na h-aimsir, a bhì abuich. A chroinn fhìge neo-thorach, fhuair thus ùine cothroma, searmoine, ministeire, amhghara, breitheanasa, trocaire, agus ciod nach d'fhuair thu? agus gidheadh tha thu fathasd gun toradh: fhuair thu dusgaidhean, achmhasana, bagraidhean, agus sòlasan, agus gidheadh tha thu fathasd gun toradh: fhuair thu eisempleirean, curaidhean, agus rabhaidhean, agus gidheadh tha thu fathasd gun toradh. Uime sin thaisg Dia do thri bliadhna-sa maille ris fein. Is cuimhne leis gach bliadhna, gach cothrom, gach searmoin, gach ministear, gach trioblaid, gach breitheanas, gach trocair, gach dusgadh, gach eisempleir, gach cuireadh, agus gach rabhadh a fhuair thu. Is cuimhne leis na h-uile, mar a thubhairt e ri Israel o shean, "Bhuair iad mi nis na deich uairean so, agus cha d'eisd iad ri m' ghuth," Aireamh. xiv. 22. Agus a rìs, "Is cuimhne leamsa 'n uile aingidheachd," Hos. vii. 2.

Na tri bliadhna so.—Tha e'giarraidh air son toraidh gach àm. Cha 'n àill leis gu 'm bi aon air bith d' a

shearmoinibh, d'a mhinisteiribh, d'a thrioblaidibh, d'a bhreitheanasaibh, no d'a throcairibh air an call, no gu 'm biodh iad mar nithibh gun bhrìgh. Is math leis faotainn a reir an t-sochair a bhuilicheadh, 2 Eachd. xxxii. 24, 25, Esec. xiv. 23. Cha 'n ann gun aobhar a rinn e gach ni a rinn e, agus air an aobhar sin tha e sealltuin air 'son toraidh.

Thainig mi a' dh'iarraidh toraidh.--Thugaibh fainear, Tha 'm focal so (iarraidh) a' ciallachadh mean rann-suchadh: Oir 'n uair a tha duine ag iarraidh air son toraidh air craobh. theid e mu 'n cuairt oire a rìs agus a rìs; a nis a sealltuin air a gheug so, agus a rìs air a gheug ud; bheir e suil air na geugaibh is faide stigh, agus air na geugaibh is ìsle dh'fheuchainn am bheil toradh orra.

A chroinn fhìge neo-thorach, seallaidh Dia air t-uile gheugaibh, rannsuichidh e toradh do leapa, toradh do mheadhon-oidhche, toradh t'uaigneas, toradh do theaghlach, toradh do chaith-beatha, a dh'fheuchainn am bheil a bheag 'nam measgsan uile iomchuidh, no fiùthail air 'ainm Dhe neamh. Is leir dha ciod a tha clann Israel a deanamh san dorcha, Esec. viii. 12. Tha na h-uile nithe lomnochd agus fosgailte do shùilibh an ti d' am feum sinn cumntas a thabhairt, Eabh. iv. 12.

A dh'iarraidh toraidh air a chrann fhige so.—Dh'innis mi roimhe gur cuimhne leis na h-aimsirean 's na cothroman a rinn am fear aidmheil neo-thorach gu h-aingidh a mhi-bhuileachadh. A nis, do bhrìgh agus gun chomharaich e mach an crann fige mar an ceudna, *in crann fige so*; tha sin a feuchainn gu bheil am fear aidmheil neo-thorach, os ceann na h-uile luchd aidmheil, 'na ghrainalachd 'an sùilibh Dhe. *An crann fige so.* “An duine so Coniah,” Ier. xxii. 28. “Tha

'm pobull so a dluthachadh riumsa le 'm beul, ach a ta an cridhe fada uam," Mata, xv. 8. Is aithne do Dhia co iadsan ann am measg uile mhilltean Israel a ta 'nan luchd aidmheil gun toradh; tuitidh a chrann-chur air ceann Achan, ged robh e follaichte ann am measg sè ceud mile fear. "Agus thug e leis a thigh a lion fear agus fear; agus ghabhadh Achan mac Charmi, mhic Shabdi, mhic Sherah, do threibh Iudah," Iosua, vii. 18. Is e so an t-Achan, is e so an crann fige, is e so am fear aidmheil neo-thorach.

Samhladh. Abair gu bheil aig duine ceud craobh 'na fhion lios, agus aig àm an toraidh theid e do 'u fhion lios, a dh'fhaicinn cionnas a ta na craobhan a fàs, agus mar tha e 'g imeachd, tha e 'g amharc agus a beachdachadh air an toradh a ta 'n crochadh orra. Feuch, tha e tighinn gu aon chraobh air nach eil e 'faotainn a bheag ach duilleach. A nis tha e stad agus a' sealltuinn oirre a rìs agus a rìs, tha e gabhail beachd oirre thall 'sa bhos, gu 'ard agus gu 'iosal; agus ma se agus an deigh an ramnuichidh so uile nach eil e faotuin ach duilleach oirre, an sin tòisichidh e ri smuanachadh cionnas a dh'aithnicheas e 'chraobh so an ath bhliadhn', ciod an ni is faisge dh'i, no co fada sa ta i o'n challaid; ach mar eil ni air bi an sin gu comharadh leis an aithnichear i, an sin gabhaidh e leabhar agus cuiridh e comharadh uaigneach oirre. "Agus chuir an Tighearn comharadh air Cain," Gen. iv. ag ràdh, Imich romhad a chroinn fhìge neo-thorach; chaith thu bhliadhna so gu diomhain. Gidheadh cha'n 'eil e 'ga ghearradh sìos. Dearbhaidh mi bliadhna eil e; theagamh nach do fhreagair nadur na bliadhna dha. Uime sin, tha e tighinn an ath bhliadhna a dh'fhaicinn am bheil toradh air, ach tha e ga fhaotuin a nis mar fhuair se roimhe e, neo-thorach, neo-thorach, gach

bliadhna neo-thorach. A nis a ta se toiseachadh ri smuaineachadh, Ciod' an t-aobhar air son nach d'thug e toradh a mach am bliadhna no 'n uruidh? Is cinnteach nach e 'n aimsir ach a chraobh is coireach,—Gidheadh caomhnaidh mi e air a bhliadhna so mar an ceudna, ach cuiridh mi an ath chomharadh air. Agus do bhrìgh gu bheil e fàs feargach, theagamh gum bean e ris le 'iarunn, 1 Tim. iv. 2.

An treas bliadhna tha e tighinn a rìs a dh'iarraidh toraidh, ach a ta 'n treas, cosmhuil ris a cheud 's ris an dara bliadhna, fathasd neo-thorach; cha 'n 'eil e ach a fàsachadh an talmhainn. Ciod a nis a dh'fheumar a dheanamh ris a chrann fhìge so? Feuch sgathaidh an Tighearn a gheuga le luasgadh mor, Isa. x. 33; seadh tugh gheugan an fhir aidmheil sin le iarunn. Dh'fheith mi, arsa Dia, na tri bliadhna so; 's cha d'fhuair mi toradh air, na tri bliadhna so; bha e fàsachadh an talmhainn na tri bliadhna so: Gearr sios e. Bha àithne air àithne, agus rann air roinn, bliadhna an deigh bliadhna, rè nan tri bliadhna so, ach cha 'n 'eil toradh air bith ri fhaicinn, cha 'n 'eil mi faotuin a bheag, thoir a mach an tuagh. Tha mi cinnteach gur e so 'n crann fige, 's aithne dhomh e o n' cheud bhliadhna; be aimrideas a chomharadh an trath sin, agus is e aimrideas a chomharadh fathasd, gearr sios e do 'n teine. “A ta 'n tuadh air a cur ri freumh nan crann; air an aobhar sin gach crann nach toir a mach toradh math, gearrar e agus tilgear san teine e,” Mat. iii. 10.

Thugaibh an aire, 'bhraithre, gu durachdach, Cha 'n urradh cridhe Dhe bhi thaobh fear aidmheil gun toradh. Tha fios agaibh fein air so. Ma tha craobh agad ann a' d' lios-meas nach 'eil ach a' fàsachadh an talmhainn, cha 'n urrainn thu sealltuinn oirre le

taitneas, le tlachd no toilinntinn; ma se 's gu 'n d'theid thu seachad oirre, no gu 'n toir thu suil oirre, seadh, ged nach deanadh tu ach smuaineachadh air a chraobh sin, tha thu bagairt oirre ann do chridhe, ag ràdh, Gearraidh mi sìos thusa gu h-aithghearr, theid thusa do 'n teine gu h-aithghearr, agus is diomhan do neach sam bith bhì 'n dùil impidh a chuir ort gu deaghghean a nochdadh do 'n chrann fhìge neo-thorach, oir freagraidh tu, Cha 'n 'eil buannachd air bith ann, feudaidh aon ni 's fearr fàs san àit a ta esan a togail gun mhath.

Gearr sìos e.—Mar so, 'n uair a bha iadsan air an robh eagal De 'am measg nan Iudhach ag ùrnuigh nach biodh Israel cheannairceach air an tilgeadh a mach as an fhion lios, ciod a deir freagradh Dhe? “Ged sheasadh Maois agus Samuel am lathair, cha bhiodh m'inntinn leis an t-sluagh so: Uime sin tilg a mach iad as m'fhnianuis, agus siubhladh iad air falbh,” Ier. xv. i. Ciod an rùn a tha 'n so? 'S beag nach fhaigheadh Maois agus Samuel ni air bith o Dhia le urnuigh. Cia tric a phill Maois le urnuigh breitheanas Dhe eadhon o Pharaoh fein? Seadh, cia tric le urnuigh a thiorc se Israel san fhàsach o fhearg agus o chorruidh Dhe? Salm cvi. 23, agus Salm xcix. 6. Mheasadh Samuel barraichte aig an t-seol so, seadh co barraichte, 'sa 'n uair a rinn Israel an ni eagallach sin, an Tighearna 'dhiultadh agus Rìgh eile roghnachadh, rinn esan urnuigh, agus chaomhainn an Tighearn iad agus mbath e dhoibh, 1 Sam. xii. Ach cha 'n urrainn Maois no Samuel crann fige neo-thorach a shaoradh. Cha 'n urrainn, ged 'sheasadh Maois agus Samuel fa m' chomhair, is e sin, a tagradh 's ag eadar-ghuidh, ag urnuigh 's ag athchuinge, cha bhiodh mo chridhe leis a phobull so.

Gearr sìos e.—Ach is crann fige 'th' ann, a Thigh-earna, is crann fige 'th' ann! Nam bu droighean, no dris, no cluaran a bhiodh ann, bu shuarrach an càll; ach 's crann fige no fiona 'th' ann. Ro mhath, ach faic freagradh Dhe, “A mhic an duine, ciod e an crann fiona thar crann air bith eile, ma bhios e mar gheug a ta measg chraobha na frìdhe? An gabhar fiodh dheth gu obair air bith a dheanamh? No an gabhar cnag dheth a chrochadh soithich air bith air?” Esec. xv. 2, 3. Mar toir craobhan a shuidhichear air son toraidh, an toradh sin a mach, cha 'n 'eil barrachd sam bith aca air craobhaibh na coille, ach 's ann a ta barrachd aig craobhaibh na coille orrasan; oir tha iadsan iomchuidh gu bhithogail aitribh leo, ach an crann fige no fiona, mar toir e toradh a mach, seadh deadh thoradh, cha 'n 'eil e iomchuidh gu feum air bith, àch a ghearradh sìos mar chonnadh do 'n teine; agus mar sin a ta 'm Faidh dol air adhart, “Feuch tilgear e san teine mar chonnadh, mur toir e toradh ni e teine, agus mar sin caithidh an teine a dhà cheann agus loisgear a mheadhon,” Esec. xv. 4.

Ach a ta na croinn fhìge agus fhiona so 'nam buill do 'n Eaglais, 'nan luchd aiteachaidh Ierusalem. Bha 'n crann fige 'th' air iomradh sa bhonn teagaisg mar sin mar an ceudna. Ach ciod am freagradh a dh'ullaich Dia air son nan lethsgèulan sin? “Mar so deir an Tighearna Dia, Mar am fion-chrann am measg chranna na fridhe a thug mise do 'n teine mar chonnadh, is amhluidh a bheir mi luchd aiteachaidh Ierusalem. Agus cuiridh mi mo ghnùis nan aghaidh: theid iad a mach o theine, 's ni tein' eil' an caitheamb,” Esec. xv. 6, 7.

Gearr sìos e.—A bhean a ta gabhail tlachd 'na gàradh, ma tha craobh òg aice an sin a ta giùlan

deadh thoradh, theagamh nach gabhadh i cuig puind shasgunnach oirre. Gidheadh ma sheargas i, ma chrionas i, mar giulan i toradh, agus nach dean i ach an talamh fhàsachadh, cha 'n fheud i bhi ni 's faide na gàradhsan. Is ionada air son toraidh gàraidhean agus fion liosan, a reir naduir na nithe a shuidhichear annta. Na 'm biodh leithid na craoibhe a roimh ainmich mi a' seargadh ann do ghàradhsa, an leigeadh tu le fanntuinn ann? Cha leigeadh tù; air falbh le, air falbh le. Tha a bhean a teachd d'a gàradh mu thoisich an earraich, agus tionailidh i mach na luibhean fiadhaich, na cluarain, 's na clachan, agus gabhaidh i sguabach agus sguabaidh i na sràid cheuman. An sin toisichidh i ri beachdachadh air a cuid luibhean agus òg-chraobha, 'dh'fheuchainn am bheil iad beo, agus am bheil coslas fàs orra. A nis, ma thig i gu aon a ta marbh, mu 'bheil i cinnteach nach fàs e, spionaidh i as an talamh e, agus tilgidh i do 'n dùn shalchar e, ceart co suarrach 's ged bu chluaran e, 's cha 'n 'eil ni 's mò mheas aic air na th'aic air an dus a sguab i dheth na sràid-cheumaibh. Seadh, na 'n àbradh neach air bith a chitheadh i, C'ar son a tha thu deanamh sin? cha bhiodh a freagradh air chàll, Tha e marbh, tha e marbh 'san fhreumh: ged dh'fhagainn e, chia bhiodh e ach a fàsachadh an talmbhainn. "Bidh na failleana coimheach (agus na failleana marbh cuideachd) 'nan dùn ann an là an doilghios, agus a bhron gun dochas," Isa. xvii. 10, 11.

Gearr sios e.—Tha dà dhoigh gearradh sios ann.

An tùs, 'N uair a thilgear duine 'mach as an fhion lios. 'S an dara àite, 'N uair a thilgear duine 'mach as an t-saoghal.

Air tùs, 'N uair a thilgear duine 'mach as an fhion lios. Agus nithear sin ann an dà rathad.

1. Le làimh neo-mheadhonach Dhe.

2. Le bhi gu dligheach a' cuir an gnìomh na laghan a dh'fhag Crìosd a chum na criche sin aig an Eaglais.

Air tùs, Tha Dia a gearradh sìos a chroinn fhèige gun toradh le laimh neo-mheadhonach, a 'bualadh a fhreumhan 's a seargadh a gheugan, agus mar sin ga thoirt air falbh o mheasg a phobuill. "Gach geug annamsa (arsa Crìosd) nach 'eil a' giùlan toradh bheir e air falbh," Eoin, xv. 2. Bheir se air falbh as an Eaglais e, agus o mheasg sluagh Dhe.

Tha dà ni leis am bheil Dia a toir an fhir aidmheil gun toradh o mheasg chloinn De. 1. Le treun mheallaidhean. 2. Le ain-diadhachd fhollaiseach.

1. Le treun mheallaidhean, Isa. lxvi. 3, 4, a leithid 'sa mheallas an t-anam le teagasgaibh millteach malaichte, a chuireas air seachran o chreidimh 's o dhiadhachd, Isa. vi. 9, 10. "Roghnuich iad an sligheachan fein (arsa Dia), agus nan grainealachdaibh fein tha an anam a' gabhail tlachd: roghnuichidh mise fos am meallaidhean, agus an cuis eagail bheir mi orra," 1 Rìgh, xxii. 21, 22. Buailidh mi iad le doille agus cruas cridhe, agus failneachadh shùl: mar an ceudna ceadaicheam do n' bhuaradair am buaradh agus buadhachadh orra le 'innleachdaibh ifrinneil. "Cuiridh Dia treun oibreachadh meallaidh d' an ionnsuidh, ionnas gu 'n creid iad a bhreug, chum gu 'm bi iad uile air an dìteadh nach do chreid an fhirinn, ach aig an robh tlachd anns an eucoir," 2 Tesal. ii. 11, 12.

2. Tha Dia air uairibh a toirt air falbh fear aidmheil neo-thorach le ain-diadhachd fhollaiseach.—Tha neach ann a rinn aidmheil 'sa chreid, mas a fìor, anns an ainm luachmhor, an Tighearn Iosa Crìosd; ach cha 'n 'eil san aidmheil so ach sgàil; tha e gu h-

uaigneach a 'gniomhachadh aingidhcachd; tha e 'na gheocair, 'na mhisgear, no samtach, no neo-ghlan. Uime sin, arsa Dia, fuasglaidh mi sréin an fhir aidmheil so, bheir mi thairis e do anamhiannaibh grain-eil: fuasglaidh mi sréin an amhiann fa chomhair, riobair e le 'anamhiannaibh brùideil, bheirear buaidh air le cuideachd ain-diadhaidh. Mar so, "iadsan a theid a thaobh d' an slighibh claon, iomainidh an Tighearn a mach le luchd deanamh an uile," Salm cxxv. 5.—'S e so lamh Dhe gu neo-mheadhonach: tha Dia fein a nis a' buntuinn ris an duine so. Eisd, fhir aidmheil gun toradh! dhomhlaich thu steach do 'n aideachadh, fhuair thu steach am measg pobuill De, agus tha thu a' d' mhasladh do 'n t-soisgeul naomha ghlormhor; ach a ta thu co cuilbheartach 's gu bheil thu mar bha mic Seruah, ro chruaidh air an Eaglais. Cha 'n 'eil fhios aice cionnas a bhios gnothuch aice riut. Uime sin, arsa Dia, gabhaidh mi fein gnothuch ris an duine sin: "bheir mise freagradh dha leam fein," Esec. xiv. 7; esan a chuireas suas 'iodhola na chridhe, agus a ta 'cur ceap-tuislidh aingidheachd fa chomhair, agus gidheadh a thig ga thaisbeanadh fein am latnair-sa, "cuiridh mis mo glmuis an aghaidh an duine sin, agus ni mi e na chomhara agus na ghnath-fhocal, agus gearraidh mi as e o mheadhon mo shluaigh: agus aithnichidh sibh gur mise an Tighearn."

Ach a rìs, air uairibh le *Gearr sios e*, tha Dia a' ciallachadh, gearr a mach as an t saoghal e. Mar so ghearr e sios Nadab agus Abihu, 'n uair a loisg e suas iad le teine o neamh, Lev. x. 1. Mar so ghearr e sios Corah, Dathan, agus Abiram, 'n uair thug e air an talamh an slugadh suas, Aireamh, xvi. 32. Mar so ghearr e sios Saul, 'n uair dh'fhàg se e gu tuiteam

air a chlàidheamh feia, 1 Sam. xxxi. 4. Mar so ghearr e sios Ananias agus Saphira a bhean 'n uair a bhuail e sios marbh iad am meadhon a chomhthional, Gniomh. v. 5. 10. Dh'fhlaidh an so mar an ceudna labhairt mu Absalom, Ahithophel, 2 Sam. xvii. agus Iudas, a bha na 'n triùr air an crochadh : a cheud aon le laimh dìoghaltais Dhe. agus thugadh càch thairis le Dia gu iad fein a chrochadh, Salm lviii. 9. Bha iad sin 'nan craobhaibh fige neo-thorach agus neo-bhuannachdail, anns nach robh tlachd aig Dia, air an aobhar sin dh'àithn' e 'n gearradh sios. Tha 'n Salmaidear ag ràdh, “ Bheir e air falbh iad mar le h-ioma-ghaoith, araon beò, agus na chorruidh,” Salm lviii. 9.

Eisd fhir aidmheil gun toradh, Tha Dia a' gairm air an tuadh, air a chlàidheamh, Esec. xxi. 9, 10; thoir an so e, tha fear aidmheil neo-thorach an so, gearr sios e, c'ar son a ta e fàsachadh an talmhainn?

C'ar son a ta e fàsachadh an talmhainn?—Leis na briathraibh so tha 'n Tighearn 'leigeadh ris aobhair a dhiomaidh an aghaidh a chroinn fhìge gun toradh, “ a ta e fàsachadh an talmhainn.” Cha 'n e mhaiu air son e bhì neo-thorach, ach a chionn gu bheil e fàsachadh an talmhainn, uime sin gearr sios e. Air an aobhar sin feumaidh e bhì gu bheil e na bhros-nuchadh.

1. A chionn co fad 'sa ta e 'na chomas, gu bheil e 'cur an aghaidh na crìch air son na shuidhich Dia 'fhion lios.

2. Mar an ceudna mhi-ghnàthaich e 'fhoighidin, 'fhad-fhoighidin rè thri bliadhna.

3. Mar an ceudna mhi-ghnàthaich e 'shaothair, a churam, a dhion, agus a ghleidheadh : oir chur e gàradh agus callaid mu thimchioll an fhion lios, Isa. v.

2, 3. Tha thus' fhir fàsaichidh an talmhainn a mi-ghnàthachadh na nithe sin uile. Tha e'g uisgeachadh fhion-lios gach tiota, agus ga choinhead a la agus a dh'oidhche, Isa. xxvii. 3; ach mhi-ghnàthaich thusa na nithe sin uile.

Os barr, Tha aobhair eile air son diomaidh Dhe. Mar,

'S a cheud àite, Tha fear fàsaichidh an talmhainn 'na nàire 's 'na dhearbh mhasladh do 'n diadhachd, na nàire 's 'na mhasladh do shlighibh Dhe, do phobull De, do fhocal De, agus do ainm na diadhachd. Tha dùil aig na h-uile gu 'n giùlan gach craobh a th'ann an gàradh Dhe toradh. Tha dùil aig Dia ri toradh, tha dùil aig an Eaglais ri toradh, tha dùil aig an t-saoghal, eadhon tha 'n saoghal a creidsinn gur còir do luchd aidmheil a bhì tarbhach ann an deagh oibre. Tha mi 'g ràdh, tha dùil ag an t-saoghal fein, gu 'm bi luchd aidmheil ni 's fearr na iad fein. Ach tha thus' a mealladh orr' uile. Ni h-eadh, nach d'fhòghlum thu do na h-aingidh do shlighean, Ier. ii. 33. Nach d'fhòghlum thu dhoibh le t' eisempleir a bhì ni 's ro aingidh? Mheall thu muinntir eile 'na 'n dùil, agus is eigin thu fein a mhealladh. Gearr sios e, c'ar son a ta e fàsachadh an talmhainn?

'S an dara àite, Tha 'n crann fige neo-thorach a togail an àite 'sam feudadh aon ni b'fhearr fàs. Tha mi 'g ràdh, cho fad sa theid fhagail far am bheil e, tha e cumail craobh tharbhach as an àite sin, agus air an aobhar sin feumar a ghearradh sios. Fhir aidmheil gun toradh, am bheil thu cluintinn? Do bhrìgh gu'n robh na h-Iudhaich neo-thorach 'san fhion lios, tha Dia ag ràdh riu, "Bheirear rioghachd Dhe uaibhse, agus bheirear do chinneach eil i, a bheir a toraidh dha 'nan aimsiribh fein," Mata, xxi. 43. Bha na h-

Iudhaich, a chionn a bhi neo-thorach, air an gearradh sios, agus sluagh ni bu toraich air an suidheachadh 'nan àite. Mar thuirt Samuel ri Saul neo-thorach, 1 Sam. xv. 28, " Reub an Tighearn an rioghachd uaitse, agus thug e i do d' choimhearsnach a's fearr na thusa." Feumar an seirbhiseach mi-tharbhach a thilgeadh a mach, feumar a ghearradh sios, Mata, xxv. 27.

Fhir fàsaichidh an talmhainn ! Cia lion neach deagh-ghealltanach, deagh-rùnach, agus deagh-iarrtanach a rinn thus le d' bheatha neo-tharbhach agus neo-thorach a chumail a mach o fhionain Dhe ? Thug thus' orra tuisleachadh air an diadhachd. Chumadh air ais iad le d' bheathsa o bhi cleachdadh meadhona iomchuidh chum an slainte fein. Bha thu cuideachd a' d' mheadhon cruadhachaidh do mhuinntir eile, agus a' d' mheadhon mùchaidh agus marbhaidh air gluasadaibh anfhann. Uime sin, a chroinn fhìge neo-thorach, seall riut fein, cha d'theid thu fein do fhathaineas, agus an dream le 'm b'àill dol ann tha thu 'gam bacadh. Cha 'n fhead thu bhi 'n còmhnuidh a fàsachadh an talmhainn, no 'n còmhnuidh a bacadh slainte muinntir eile. Gearrar sios thu, agus suidhichear aon eile 'na t'àit.

'S an treas àite, Tha 'n crann fige neo-thorach a toir an t-suigh agus a bhrìgh o na crannaibh eile ; na 'n gearrta sios e bhiodh càch ni bu toraiche : ach tha esan a' tarraing reamhrachd an talmhainn d'a ionnsuidh fein. " Millidh aon pheacach mòran math," Ecles. ix. 18.

Tha fear fàsaichidh an talmhainn 'na sheillean diomhan anns an sgiop, a tha 'g itheadh na mealla air na sealleanaibh ta 'saotrachadh ; is gaduich e anns a choinneal, a chaitheas a gheir, gidheadh nach

toir solas air bith ; is esan an salunn gun bhlas, nach eil iomchuidh air son ni air bith ach an t-òtrach.

Lucas, xiii. 8, 9—*Agus fhreagar esan agus thuir e ris, A Thighearna, leig leis air a' bhliadhna so mar an ceudna, gus an cladhaich mi m'a thimchioll, agus gu'n cuir mi aolach m'a bhun ; Agus ma ghiùlaineas e toradh, is math sin ; ach mar giulain, 'na dheigh sin gearraidh tu sìos e.*

Is iad so briathran a ghàradair, neach is e Iosa Crìosd, oir rinn e eadar-ghuidhe air son nan cionntach, Isa. liii. 12. Agus tha iad a' gabhail a stigh iartus a chuir e 'n làthair ceartas a bh'air oilbheumachadh, a' guidhe gum biodh beagan ùine agus foighidim air an cleachdadh a thaobh a chroinn fhìge neo-thoraich.

Ann an iartus so tha sea nithe ri thoirt fainear,

1. Gum biodh dàil air a chur ann an ceartus. Oh gum biodh dàil air a chur ann an ceartas, “ A thighearna, leig leis, &c. beagan ni 's faide.”

2. Tha 'n so àm air a chomharrachadh, gu bhi feuchaim an dean tuilleadh meadhona crann fige neo-thorach a leigheas. *A Thighearna, leig leis air a bhliadhna so mar an ceudna.*

3. Tha na meadhona chum a leigheas air an son-ruchadh. *Gus an cladhaich mi m'a thimchioll agus gu'n cuir mi aolach m'a bhun.*

4. Gum feudadh e bhi leis na meadhonaibh so chleachdadh gum biodh dùil Dhe air a freagairt. *Agus ma ghiùlanas e toradh is math sin.*

5. Gum feudadh e bhi, an deigh do Chrìosd gach ni dhiubh so 'dheanamh, gum fàn an crann fige fathas neo-thorach. *Agus ma ghiùlanas e toradh, &c.*

6. Tha e air a rùnachadh fadheoidh mu bhuanach-eas tu neo-thorach, gu 'n d'thig laithean gearraidh

ort. Agus ma ghiùlanas e toradh is math sin, *ach mur giulan, na dheigh sin gearraidh tu sios e.*

Ach gu dol air m' aghaidh ann an rathad min-eachaidh.

A Thighearna leig leis air a bhliadhna so mar an ceudna.—An so tha gràs miorbhuileach gu cinnteach, a deiream gràs miorbhuileach! gu 'n gabhadh an Tighearn Iosa curam air bith do chrann fige neo-thorach; gu 'n d'fhigeadh e san eadairgin a chumail a bhuille o chrann fige neo-thorach. C'ar son nach d'fhug e mach an tuadh? C'ar son nach do ghearr e sios e? Is math dhuit, a chroinn fhìge neo-thorach, gu bheil Iosa aig deas làimh Dhe: Iosa, tha do mhaitheas co farsuinn, 's gu bheil truas aige ri crann fige neo-thorach, air neo cha leigeadh ceartas leat an talmh fhàsachadh mar a rinn thu. 'N uair pheacaich Israel an aghaidh Dhe, ghearrta sios iad gu grad, mur bhith gun sheas Maois anns a bhearn. “Leig leam (arsa Dia ris) agus lasaidh mo chorruch 'nan aghaidh, agus claidhidh mi iad; agus nì mi dhìotsa cinneach mòr,” Ecsò. xxxii. 10. Is beag a tha dh' fhios agad, a chroinn fhìge neo-thorach, co tric sa bha lamh ceartais De an togail gu do bhualadh, agus cia lion bliadhna o n' ghearrta sios thu, mar glacadh Iosa tuadh 'Athair. Leig leam, leig leam a bhualadh, leig leam a ghearradh sios, c'ar son a ta e fàsachadh an talmhainn? Nach giulan thu toradh fathasd, a chroinn fhìge? Am bi thu an comhnuidh a' brosnuchadh? Sgithich thu daoine, agus bhrosnuich thu ceartas! “Agus an sgithich thu mo Chrìosd mar an ceudna,” Isa. vii. 13.

A Thighearna leig leis air a bhliadhna so.—A Thighearna leig leis beagan nì 's faide, na biodh anam air a chàll a dh'easbhuidh meadhona: feuchaidh mi an

urradh mi dheanamh torach, cha 'n iarr mi beatha fhada dha, no gum biodh e 'n còmhnuidh neo-thorach, agus mar sin ga d' shior bliosnachadh: Ach, a Thighearna, guidheam air sgà 'anam neo-bhàsmhor, gu 'n caomhnadh tu e aòn bhliadhna 'mhain, aon bhliadhna fathasd, a bhliadhna so mar an ceudna.— Ma ni mi math air bith dha, bidh e 'n ùine aithghearr. Cha tur sgithichear thu le feitheamh aon bhliadhna: agus an sin.

A chroinn fhìge gun toradh, an cluinn thu ciod an t'strì a ta eadar an Gàradair agus an Tuathanach air son do bheatha. Gearr sios e, ars an dara h-aon: A Thighearna caomhainn e ars an aon eile. Tha e fàsachadh an talmhainn ars an t' Athair: Guidheam a chaomhnadh aon bhliadhna fathasd ars am Mac; leig leis air a bhliadhna so mar an ceudna.

Gus an cladhaich mi m'a thimchioll agus gu 'n cuir mi aolach m'a bhun.—Tha 'n Tighearn Iosa leis na briathraibh so a nochdadh gu bheil dà ni tha cumail a chroinn fhìge as eugmhais toraidh.

1. Tha e teann cheanghailt san talamh. A Thighearna, tha 'n crann fige teann cheanghailt san talamh,

2. Easbhuidh meadhona ni 's blaithe agus ni 's reamhra.

Uime sin tha e sònruachadh dà ni gu a leigheas.

An toisich, An talamh a lasachadh, cladhachadh m'a thimchioll. Agus a ris, aolach a chur m'a bhun. A Thighearna leig leis air a bhliadhna so mar an ceudna, gus an cladhaich mi m'a thimchioll. Tha 'n talamh ro theann m'a fhreumhaibh. “A ta ro-churam an t-saoghailse, agus mealltaireachd beartais,” tur dlùth {do fhreumhaibh cridhe an fhir aidmheil so, Luc. xiv. Is e gràdh do shaibhreas, gràdh do onoir,

gràdh do thoilinntinn, an droighinn a ta mùchadh an fhocail. “Oir na h-uile a ta anns an t-saoghal, anamhiann na feòla, anamhiann nan sùl, agus uabhar na beatha, cha ’n ann o’n Athair a tha iad, ach tha iad na ’n naimhdeas an aghaidh Dhe,” 1 Eoin, ii 15, 16. Cionnus ma ta is urrainn toradh a bhì air a thoirt a mach do Dhia, far am bheil na nithe sin a’ ceangail suas a chridhe? Fhir aidmheil gun toradh, faic mar tha ’n Tighearn Iosa ag innse cìod a tha fagail t’anam neo-thorach, leis na dearbh bhriathraibh sin. Tha nithe an t-saoghail so ro dhlùth do d’ chridhe; tha ’n talamh le churamaibh air ceangail suas do fhreumha. Is anam thu tha teann cheangailte san talamh, air t’fhilleadh suas an criadh thiugh. “Ma ghradhachas neach air bìth an saoghal, cha ’n ’eil gràdh an Athar ann.” Cionnus ma ta is urrainn e bhì tarbhach ’san fhion lios? Chum so Iudas o thoradh suim a bhì aige do na bochdaibh, Eoin, xii. 6. Chum so Demas o thoradh na fein-aicheadh, 2 Tim. iv. 10. Agus chum so Ananias agus Saphira a bhean o dheadh thoradh na treibhdhreas agus na firinn, Gniomh. v. 5. Cìod a their mi? Tha iad sin ’nan “anamiannaibh amaid-each agus ciurrail, a bhàthas daoine ann am milleadh agus ann an sgrios; oir is e gaol an airgid freumh gach uile.” Cionnus ma ta dh’fheudas deadh thoradh fàs o leithid sin do fhreumh? “Ni am feadh a mhiannaich dream àraidh, chaidh iad air seachran o n’ chreidimh, agus throimh-lot siad iad fein le iomadh cràdh.” Thugaibh an aire, a deiream, is olc an fhreumh e: ni h-eadh, ni ’s mo na sin, “is freumh gach uile e,” 1 Tim. v. 10. Cionnus ma ta, a dh’fheudas am fear aidmheil aig am bheil a leithid sin do fhreumh, no freumh a ta air fhilleadh suas ann an leithid sin do nithibh talmhaidh, mar tha anamianna, agus toilinn-

tinne, agus diomhanasa 'n t-saoghail so, toradh a thoirt a mach do Dhia?

Gus an cladhaich mi m'a thimchioll.—A Thighearna, fuasgalaidh mi a fhreumha, cladhaichidh mi an talamh so, leigidh mi ris a fhreumha: bidh mo làmh air le tinneas, le mi-shealbh, agus le freasdalaibh tarsuing, cladhaichidh mi m'a thimchioll gus am bi e air chrith, ullamh gu tuiteam. Ma dh'iarras e gu bràth greim ni's daighne a ghlacadh, iarraidh e 'n sin e. Is ann mar so a ta 'n Tighearn Iosa gu tric a 'buntainn ris an fhear aidmheil neo-thorach: cladhaichidh e m'a thimchioll, bualaidh e aon bhuille air sa chridhe, buill' eile air anamhiannaibh, buill' eile air a thoilinntinnibh, buill' eile air a shòllasaibh, buill' eile air 'fheinbharailibh. Is ann le cladhachadh mar so a bheirear droch thalamh o 'fhreumhaibh, agus a lasaichear iad o'n talamh.

Fhir aidmheil gun toradh, faic an so an cùram, an gaol, an t-saòthair, agus an rathad is àill leis an Tighearn Iosa, an Gàradair, a ghabhail riutsa, ma se 's gu feudar do dheanamh torach.

Gus an cladhaich mi mu thimchioll, agus gu 'n cuir mi aolach m'a bhun.—Mar a dh'fheudas an talamh, le bhi ceaugail nam freumh ro theann, na craobhan a chumail o bhi torach, mar sin feudaidh easbhuidh meadhona ni's fearr sin a dheanamh mar an ceudna. Agus a ta so air a chiallachadh leis a Ghàradair, “Gus an cladhaich mi m'a thimchioll, agus gu 'n cuir mi aolach m'a bhun; ulluichidh mi air a shon ministreil-eachd ni's tarbhaiche, agus focal ni's blaithe; bheir mi aodhairean a reir mo chridhe fein; cuiridh mi aolach m'a bhun.” Tha fios agaibh gu bheil aolach ni's blaithe, ni's reamhra, agus ni's sùghal na 'n t-ionad 'san trice le craobhaibh a bhi air an suidheach-

adh. “Cladhaichidh mi m’a thimchioll, agus cuiridh mi aolach m’a bhun; bheir mi e to theagasg minis- treileachd dhruighteach: bidh meadhona nan gràs reamhar agus sùghal. Mar an ceudna fiosraichidh mi e le aobhair dùsgaidh cridhe, blathachaidh cridhe, agus misneachaidh cridhe: cuiridh mi aolach bhath r’a fhreumhaibh, ni mi strì ris le m’ spiorad, Gen. vi. agus bheir mi dha caileiginu do bhlas air an tiodhlaic neamhaidh, agus air cumhachd an t-saoghail ri teachd, Eabh. vi. 3. Cha mhath leam gu ’n caillear e le cion saothair. A Thighearna leig leis air a bhliadhna so mar an cendna, gus an cladhaich mi m’a thimchioll, agus gu ’n cuir mi aolach m’a bhun.”

Agus ma ghiulaineas e toradh is math sin.—Agus ma ni m’uile shaothair an crann fige so torach, measaidh mi m’uine, mo shaothair, agus mo mheadhona air an deagh bhuileachadh: Agus bidh e dhuitse mar an ceudna, O mo Dhia, na mhòr thoilinntinn, “Oir tha thu gràsmhor agus trocaireach, mall a chum feirge agus pailte ann an iochd, agus a’ gabhail aithreachas mu olc,” Ionah, iv. 2.

Uime sin, tha na briathra so ag innse dhuinn, na bheir am fear aidmheil neo-thorach toradh a mach do Dhia a nise fa dheireadh, gu ’m bi e gu math maille ris an fhear aidmheil sin, bidh e gu math maille ris an anam bhoichd sin. Bidh aimrideas san àm a chaidh seachad, a bhuaireadh air Dia san àm a chaidh seachad, am mi-fheum a rinn e do fhad-fhoighidin agus fad-fhulangais Dhe, a mhi-bhuileachadh air bliadhna an deigh bliadhna, a nis uile air a mhaithheadh dha. Seadh, amhaircidh Dia an t-Athair, agus ar Tighearn Iosa Crìosd, thairis air na h-uile ni, agus dichuimhnichidh iad na h-uile ni, agus their iad, “Is math a fhuaradh tu mu dheireadh.”

A chroinn fhìge neo-thorach, tha 'n tuadh air a cuir ri d' fhreumhaibh ; tha 'n Tighearn Iosa guidhe air Dia do chaomhnadh. An do chladhaich e mu d' thimchioll ? An do chuir e aolach mu d' bhun ? O chroinn fhìge neo-thorach, bith tu 'nise air no dheth. Ma thig thu 'nise gu bhì math, ma thig thu 'nis air doigh ghràs-mhor gu bhì deoghail a steach sùgh an t-soisgeul, agus ma bheir thu toradh a mach do Dhia, is math sin : ach mur toir 'se 'n teine do dhioll. Toradh no 'n teine, toradh no 'n teine. Ma ghiùlaineas e toradh is math sin.

Ach mur giùlan na dheigh sin gearradh tu sìos e.— Ach mur giùlan.—Tha 'n Tighearn Iosa anns na briathraibh so 'toirt dhuinne r'a thuigsinn, gu bheil ginealach do luchd aidich san t-saoghal, a tha do-leigheasda, leis nach àill, 's do nach comasach aithreachas a ghabhail, Róm. ii. no tairbhe fhaotainn o mheadhonaibh nan gràs. Ginealach, a deiream, a chumas suas aideachadh, ach nach toir toradh a mach —ginealach a chaitheas a mach foighidin Dhe, àm agus ainsir, bagraidh agus eadar-ghuidhe, breitheanasas agus trocaire : agus an deigh na h-uile bhios neo-thorach.

O an aingidheachd uamhasach a th'ann do chridhe, fhir aidmheil gun toradh ; gu bheil an Tighearn Iosa fathasd ga d' chuir an teagamh. Tha 'm focal *mur giùlan*, fathasd san rathad. Tha mi 'g ràdh, tha 'n Tighearn Iosa fathasd ga d' chuir an teagamh, am bi toradh ort na dheireadh no nach bi. Am bi a shaothair ann an dìomhan, am bi 'na chladhachadh 's na aolachadh ach saothair chailt. “Thug mi dh'ì uine gu aithreachas a ghabhail, agus cha do ghabh i rithreachas,” Tais. ii. 21. Chladhaich, agus chur mi aolach m'a thimchioll, agus ghabh mi gach cothrom

air le m' mheadhonaibh; ach chaith mi mo neart gu diomhan agus chaill mi mo shaothair. Am bheil thu 'cluinntinn, fhir aidmheil neo-thorach? Tha e fathasd na cheist, Am bi e gu math maille ri t'anam mu dheireadh?

Ach mur giùlan, 'na dheigh sin gearraidh tu sios e. — Cha 'n 'eil ni sam bith is farranaich do inntinn duine na bhi faotuinn a chaoimhneas agus a dheagh-ghean uile air a chur suarrach. Cha mho tha 'n Tighearn Iosa air a bhrosnuchadh le ni air bith, co mòr sa tha e le peacachaibh a bhi deanamh mi-fheum do mheadhonaibh nan gràs. “Ma bhios e neo-thorach fo mo shoisgeul, ma thionndaidheas e mo ghràs gu macnus; na se agus an deigh mo chladhachadh, agus m'aolachadh, agus m'fheitheamh air, nach toir e toradh a mach; leigidh mi leat a ghearradh sios.”

Is e meadhona an t-soisgeul a chungaidh-leighis deireannach a chleachdar ri fear aidmheil neo-thorach; mur dean gràs an t-soisgeul an gnothuch, cha 'n fheudar dùil a bhi ri ni air bith, ach gearr sios e.— 'Na dheigh sin gearraidh tu sios e.

O 'Irusalem, 'Irusalem, “a mharbhas na faidhean agus a chlachas an droing a chuirear a t'ionnsuidh, cia minic a b'àill leam do chlann a chruinneachadh r'a cheile mar a chruimicheas cearc a h-eoin fuidh a sgiathaibh, agus cha b'àill leibh! Feuch, fagar 'ur tigh agaibh 'na fhàsach,” Mat. xxiii. 37. Gidheadh cha 'n urrainn e bhith nach biodh an Tighearn Iosa so 'chuir air tùs stad air cur an gnìomh ceartas 'Athair, do bhrìgh gu 'n robh e iarrtanach tuilleadh meadhona a chleachdadh ris a chrann-fhìge; a deiream, cha 'n urrainn e bhith nach biodh a chridhe tha cho làn truais gu mòr air a ghluasad, le bhi faicinn gur eigin am fear aidmheil so bhi nis air a ghearradh sios. “Agus

an uair a thainig e 'm fagus, chunnaic e 'm baile, agus ghuil e air a shon, ag ràdh, O gu 'm b'aithne dhuit eadhon dhuitse air bheag sam bith ann ad latha so fein, na nithe a bhuineas do d' shìth ! ach a nis a ta iad folaichte o d' shùilibh," Luc. xix. 41.

'Na dheigh sin gearraidh tu sios e.—An uair bheir Criosd thairis thu, cha 'n 'eil eadar-ghuidheir, no eadar-mheadhonair, no tuilleadh iobairt air fhagail air son peacaidh. Cha 'n 'eil ni sam bith air fhagail ach breitheanas, ach an tuadh, “ Ach dùil eagalach ri breitheanas, agus fearg theinnteach, a sgriosas na heascairdean,” Eabh. x. 27.

Thoir an aire, a chroinn-fhìge neo-thorach, nach d'thig thu chum nam briathra deireannach sin, oir 'se th'annta toirt thairis, cuir air cùl, agus tilgeadh air falbh. 'Na dheigh sin gearraidh tu sios e. Mar gu'n abradh Criosd, Athair, ghuidh mi air son tuilleadh ùine do 'n fhear aidmheil neo-thorach so, gus an cladhaichinn m'a thimchioll agus gu 'n cuirinn aolach m'a bhun : ach a nis, Athair, tha 'n t-àm air ruith, theirig a bhliadhna, tha 'n samhradh air a chrìoch-nachadh, agus cha 'n 'eil math air a dheanamh ; dh' fheuch mi ris le m' mheadhonaibh, agus le m' shoisgeul ; ach chaill mi mo shaothair. Athair, bheiream thairis dhuit am fear aidmheil so a rìs ; cha bhuilich mi tuilleadh saothair no dichìoll air, cha dean mi urnuigh tuilleadh air a shon ; cha chuir mi stad air do thuadh ni 's faide. Gabh e ann an lambaibh ceartais, cuir lagh agus ceartas an gnìomh air. Cha ghuidh mi gu bràth tuilleadh air a shon. *'Na dheigh sin gearradh tu sios e.* A nis tha 'm fear aidmheil so air fhagail lomnochd da rìreadh ; lomnochd do Dhia, lomnochd do Shatan, lomnochd do n' pheacadh, lomnochd do 'n lagh, lomnochd do n' bhàs, lomnochd do Ifrinn,

lomnochd do n' Bhreitheanas, agus lomnochd do theumaidhibh coguis chionntach, agus do phiantaibh na cnuimh nach bàsaich, agus do 'n tcine nach bi gu bràth air a mhùchadh, Marc, ix. 43, 48. "Thugaibh an aire nach diult sibh esan a ta labhairt: oir mur deachaidh iadsan as a dhiult an ti a labhair air talamh, is mòr is lugha na sin a theid sinn as, ma thionndaidheas sinn air falbh uaithe-san a ta labhairt o neamh," Eabh. xii. 25.

O n' mhineachadh aithghearr so air a chosamhlachd, tha dà ni choitcheinn agaibh r'an toirt fainear.

1. Teagasg. An uair a ta ceartas De ag eigheachd a mach, "Cha 'n urrainn mi giùlan le bhli feithcamh air an fhear aidmheil neo-thorach so ni 's faide," eadhon an sin tha Iosa Crìosd ag eadar-ghuidhe air son beagan ùine fathasd, beagan foighidìn fathasd, agus beagan strì fathasd ris an fhear aidmheil so, dh'fheuchainn am bheil e so-dheanta fear aidmheil tarbhach a dheanamh dheth. "A Thighearna, leig leis eir a bhliadhna so mar an ceudna, gus an cladhaich mi m'a thimchioll agus gu 'n cuir mi aolach m'a bhun, agus ma ghiùlanas e toradh is math sin," &c.

2. Teagasg. Tha cuid do luchd aidmheil aig an crìochnaich là nan gràs le *Gearr sios e*, le breitheanas; an deigh do Chrìosd gach uile mheadhon chum an slainte 'ghnàthachadh.

Theid mi thairis air a cheud teagasg, gun bheantuinn idir ris air an àm so; ach labhran gu aithghearr ris an dara, eadhon,

Gu bheil cuid do luchd aidmheil aig an crìochnaich là nan gràs le *Gearr sios e* le breitheanas; an deigh do Chrìosd gach uile mheadhon chum an slainte 'ghnàthachadh.

Tha 'n t-Abstol a nochdadh so, anns an treas caib-

deil d'a litir chum nan Eabhruidheach, far am bheil e 'g innse dhuinn gu 'n robh pobull nan Iudhach, an deigh dà fhichead bliadhna dh'fhoighidin agus do shaothair, chum math a dheanamh orra leis na meadhonaibh ordaichte chum na crìche sin, air an gearradh sios mu dheireadh, no air an dùnadh a mach o thìr a gheallaidh air son am mi-chreidimh. "Mar so chì sinn nach b'urrainn iad dol a steach air son mi-chreidimh." "Uime sin (ars esan) bha diom orm ris a ghinealach sin, agus thuirt mi, Tha iad a ghnàth air seacharan 'nan cridhe, agus cha do ghabh iad eolas air mo shlighibhse: Ionnas gu 'n d'thug mi mo mhionnan a 'm fheirg, nach d'theid iad a steach do m' shuaimhneas," Eabh. iii. 10. Mar gu 'n abradh e, "B'àill leam iad a dhol a steach, agus chum na crìche sin thug mi mach as an Eiphit iad, threòraich mi iad tre 'n fhairge, agus theagaisg mi iad 'san fhàsach: ach cha do fhreagar iad do m' obair no do m' rùin 'sa chùis sin. Uime sin cha d'theid iad, thug mi mo mhionnan nach d'theid iad, thug mi mo mhionnan a 'm fheirg nach rachadh iad a steach do m' shuaimhneas." Ann an so tha gearradh sios le breitheanas. Mar sin, a rìs, anns a cheathramh caibdeil a deir e, "Mar a thug mi mo mhionnan a' m' fheirg nach d'theid iad a steach do m' shuaimhneas, ge do bha na h-oibre crìochnaichte o thoiseach an t-saoghail," Eabh. iv. 3. Ni a tha toirt dhuinne r'a thuigsinn, ge b'e air bith ullachadh a th'air a dheanamh chum slànuchadh pheacach, agus ge b'e co fada agus o tha e air ullachadh, gidheadh a ta 'm fear aidmheil neo-thorach, a tha 'na bhuaireadh 's na bhrosnuchadh do Dhia, cosmhuil ri bhi gun chòir sam bith 'san ullachadh sin: *ge do bha na h-oibre crìochnaichte o thoiseach an t-saoghail.*

“ Uime sin is àill leam bhur cur an cuimhne, ge do bha fhios agaibh aon uair air so, cionnus an deigh do 'n Tighearn am pobull a shaoradh a tìr na h-Eiphit, a sgrios e 'n deigh sin an droing nach do chreid. Agus na h-aingil nach do ghleidh an ceud inbhe, ach a dh'fhàg an àite combuidh fein. choimhid e ann an geimhlibh siorruidh fuidh dhorchadas, fa chomhair breitheanas an là mhòir,” Iude, 5, 6. Tha 'n so eisempleir do dhaoinibh agus do ainglibh mar dhearbhadh air an ni a deiream. Daoine air an saoradh a tìr na h-Eiphit, agus air an turas do Chanaain a bha mar shamhla air Flaitheanas (air an gearradh sios), Aingil air an cruthachadh, agus air an cur ann an inbhe ro àrd air Neamh : gidheadh, a chionn gu 'n robh iad sin mi-tharbhach do Dhia, bha iad araon air an gearradh sios; na daoine air an sgrios le Dia (mar a deir am bonn teagaisg), agus na h-aingil air an coimhid ann an geimhlibh siorruidh fo dhorchadas, fa chomhair breitheanas an là mhòir.

Ann a bhi laimhseachadh na poinge so, labhram mu thimchioll breitheanas a ghearraidh sios mar a ta e gu neo-mheadhonach air a dheanamh le laimh Dhe, agus sin cuideachd a thaobh iad a bhi leis-san air an gearradh a mach as an t-saoghal, agus cha 'n ann air an tilgeadh a mach leis an Eaglais, &c. Agus mu thimchioll a ghearraidh sios so, feumar a cho'dhùnadh nach urrainn e teachd air a chrann fhìge gus am bi là nan gràs air dol thairis air. Ach, a reir 's mar thug mi fainear a cheana, tha cuid do luchd aidmheil aig an criochnaich an là gràis le *Gearr sios e*, a reir briathra an stéigh theagaisg, '*Nadheigh sin gearraidh tu sios e. 'Na dheigh sin, 's e sin, An deigh m' uile shaothair, agus m' uile dhìchioll gu dheanamh tarbhach, an deigh dhomh fhàgail, a thoirt thairis, agus a rùnachadh*

nach builich mi là gràis, cothrom gràis, no meadhon gràis tuillidh air : an sin, 'na dheigh sin gearraidh tu sios e.

Os barr, tha 'n crann fige air a thoirt thairis, mas 'eil e air a ghearradh sios. Cha 'n 'eil ceartas an comhuidh air a chur an gnìomh co luath 'sa tha bhinn air a toirt a mach : oir an deigh sin, tha àm iomchuidh air a shonruchadh, agus an sin tha ceartas air a chur an gnìomh. Agus is ann mar sin a tha e sa bhonn teagaisg. Tha 'n t-òrdugh gu 'n sgriosar e air a thoirt o e bhì neo-thorach rè na bliadhna mu dheireadh, e dh'fhantuinn neo-thorach an deigh na h-uile saothair. Ach cha 'n 'eil gearradh sios ann fathasd, oir tha sin a' teachd na dheigh. Uime sin, *'na dheigh sin gearraidh tu sios e.*

Chum dol air m'aghaidh gu riaghailteach, bheiream an dà nì so fainear.

Air tùs, Gu 'n crìochnaich là nan gràs aig cuid do dhaoinibh mas 'eil Dia ga 'n toirt a mach as an t-saoghal. Agus,

'S an dara àite, Bidh bàs, no gearradh sios a leithid sin do dhaoinibh uamhasach. Oir an gearradh sios so, 'n uair a thuigear e san t-seadh is farsuinge (mar bu chòir gu cinnteach a dheanamh 's an àite so), tha e nochdadh gu bheil feirg Dhe, nì e mhan an aghaidh beatha dhuine 'san t-saoghailse, ach gu bheil i 'na aghaidh eadar anam agus chorp ; uiread agus a ràdh, Gearr sios e o gach uile bhuanachd agus sochair tha teachd o ghràs, araon anns an t-saoghailse, agus anns an ath-shaoghail.

Ach gu dol air m'aghaidh, “Tha là nan gràs a crìochnachadh aig cuid, mas 'eil Dia ga 'n toirt as an t-saoghailse.” Bheir mi cuid a dh' eisempleire air so.

Air tùs, Ainmichidh mi Cain. Bha Cain 'na fhear
 aidmheil, 'na fhear toirt suas jobairtean, agus 'na fhear
 aoraidh do Dhia, seadh, a cheud fhear aoraidh mu
 bheil sinn a leughadh an deigh an tuiteam, Gen. iv.
 3. Ach bha 'thoradh fiadhaich, bha oibre olc, I Eoin,
 iii. 12. Cha d' rinn e na rinn e o chrioch cheart.—
 Uime sin dhiult Dia oibre : air son so bha fearg air,
 ghabh e farmad r'a bhrathair, throd e ris, ghabh e àm
 air agus mharbh se e. A nis, anns an là 'san d'rinn
 e 'n gnìomh so, dhùmadh flaitheanas air, agus mhoth-
 aich e fein sin gu searbh 's gu eagallach 'n uair a rinn
 Dia rannsachadh air son fola Abel. “Agus a nis
 (arsa Dia) tha thu malluichte o'n talamh, a dh'fhos-
 gail a bheul a ghabhail fola do bhrathar o d' laimh,”
 &c. Agus thuirt Cain, “Is mò mo pheanas na gur
 urrainn mi ghiulan,” Gen. iv. 8—14. Is mò mo
 pheacadh na gum feudar a mhaitheadh. “Feuch dh'
 fhogair thu mi mach an diugh bhàrr aghaidh na tal-
 mhainn, agus o d' ghnùis-sa folaichear mi.” A nis
 tha thu malluichte, arsa Dia. Dh'fhogair thu mi
 mach an diugh, arsa Cain, agus o d' ghnùis-sa folaich-
 ear mi; cha bhi dochas agam annad, cha bhi sealladh
 caomhail agam uat, cha bhi dùil agam ri trocair o d'
 laimh a choidhch tuilleadh. Mar so, air an aobhar
 sin, chriochnaich là gràis Chain, agus dhùmadh flaithe-
 anas maille ri cridhe Dhe fein 'na aghaidh : gidheadh
 bha e beò fada 'n deigh so. Cha do ghearradh sios
 e fathasù. Bha e beò an deigh so gu bean a phòs-
 adh, gu sliochd malluichte 'ghineamhuinn, gu baile
 'thogail (agus ciod tuilleadh ni 'm fios ùmh), nithe
 nach b'urrainn a bhi air an deanamh an ùin' aithghearr.
 Uime sin dh'fheudadh Cain a bhi beò ceudan bhliadh-
 nachan an deigh do là nan gràs dol thairis air,
 Gen. iv.

'S an dara àite, Bheiream Ishmael mar eisempleir, Gen. xvii. 25, 26, agus xvi. 12. B'fhear aidmheil Ishmael, air a thogail an teaghlach Abraham, agus air a thimchioll-ghearradh aig trì bliadhna deug a dh'aois, ach bu mhac do 'n bhann-traill e, cha d'thug e deagh thoradh a mach, bha e 'na fhear aidmheil fiadhaich. Oir co diadhaidh 's d'an robh e, dheanadh e fanoid orrasan a b'fhearr na e fein. An là 's na chuireadh Isaac a bhàrr na cìch, rinn Abraham cuirm mhòr, agus rinn e gairdeachas an lathair an Tighearna, 'chionn gu 'n d'thug e dha mac a gheallaidh. Ach rinn Ishmael fanoid orra fein, 's air am mac, agus air an gairdeachas diadhaidh. An sin thainig spiorad an Tighearn air Sarah, agus thuirt i, "Tilg a mach a 'bhann-traille so, agus a mac, oir cha bhi mac na bantaille so 'na oighre maille re m' mhac-sa, eadhon re h-Isaac," Gen. xxi. 9. Oir b'e Ishmael mac Hagar a bhan-traill Eiphiteach, air dhoigh 's an uair fhuair e bàs gun do chruinnicheadh e do 'n àite gus na chruinnicheadh Pharaoh agus a shluagh a chaidh bhàthadh 'sa mhuir ruadh. Ach c'uin a theirig là nan gràs aig an duine so? Thugaibh fainear, agus nochdadh mi dhuibh: 'N uair thimchi oll-ghearradh Ishmael, bha e trì bliadhna deug a dh'aois, agus bha Abraham ceithir fichead 'sa naoi deug, Gen. xvii. 24—26. An ath bhliadhna rugadh Isaac, air chionn do Ishmael bhi ceithir bliadhna deug. Nise, ged shaolmaid gu 'n robh Isaac ceithir bliadhna air a chìch, dh'fheumadh e bhith gu 'n chriochnaich là nan gràs aig Ishmael air chionn da bhi ochd bliadhna deug a dh'aois, Gen. xxv. 12—17. Oir an la 's an d' rinn e fanoid, chaidh a ràdh, *Tilg a mach e*; agus 's ann dheth 'n tilgeadh a mach sin, tha 'n t-Abstol a deanamh an ni a thuirt mi. Bithibh air 'ur faicill, a luchd aidmheil òga

neo thorach. Bha Ishmael beò ceud agus naoi bliadhna deug an deigh so, ann am mòr urram 'am measg dhaoine; agus ghin e dà cheannard deug, eadhon an deigh do là nan gràs dol seachad air.

'S an treas àite, Bheiream Esau mar eisimpleir. B'fhear aidmheil Esau mar an ceudna, a rugadh do Isaac, agus a thimchioll-ghearradh a reir a ghnàth, Gen. xxv. 27—34. Ach bha e na fhear aidmheil a bh'air a thoirt do eatromachd 's do chluich; bha e na shealgair 's na fhear machrach; bh'fhearr leis mar an ceudna dealachadh r'a chòir-bhreith, no r'a mhiann ris an robh e cho ceangailte. Uime sin, air la àraid, air dha teachd dhachaidh o 'n t-sealg, agus e fann, reic e 'chòir-bhreith ri Jacob a bhrathair. Nise, anns na laithibh sin bha a bheannachd agus an gealladh ceangailte ris a chòir-bhreith. Seadh, cho ceangailte 's nach cailte 'n dara li-aon gun an aon eile chàll: Uime sin tha 'n t-Abstol a toirt rabhadh cuidthromach, "Thugaibh an aire (ars esan), eagal gum bi fear striopachais 'n ur measg, no neach mi-naomh, mar Esau, a reic air son aon ghreim bìdh còir a cheud-bhreith; oir a ta frìos agaibh, 'n uair a b'àill leis an deigh sin am beannachadh a shealbhachadh, gu 'n do dhiultadh e; oir cha d'fhuir e àit aithreachais ge do dh'iarr se e gu dùrachdach le deuraibh," Eabh. xii. 16, 17. Uime sin, chrìochnaich là gràis Esau, 'n uair a reic se a chòir-bhreith: Oir 's ann o'n àm sin tha 'n t-Abstol ga chomharrachadh, eagal 's gum bi 'n ur measg neach air bith cosmhuil ri Esau a reiceas a chòir-bhreith; oir theid a bheannachd 'na cois mar an ceudna.

Ach reic Esau a chòir-bhreith fada roimh 'bhàs. Fichhead bliadhna an deigh so, bha Jacob maille ri Làban, agus 'n uair phill e dhachaidh choinnich Esau

a bhrathair e, Gen. xxxi 41, agus xxxii. 6. Fathasd, an deigh so, 'n uair ghabh Iacob comhnuidh maille r'a athair rè seal, chaochail athair, agus dh'adblaic a mhic Esau agus Iacob e, Gen. xxxv. 28, 29. Tha mi saoil sinn gum faodadh Esau bhi beò os ceann dà fhichead bliadhna, seadh, theagamh os ceann ceithir fichead bliadhna an deigh dha a chòir-bhreith a reic; agus mar sin e fein a dhùnadh a mach o ghràs De.

Tri nithe bheiream fathasd fainear mu thimchioll an triur fhear aidmheil sin.

Air tùs, Bha Cain 'na fhear aidmheil feargach, Ishmael 'na fhear aidmheil fanoideach, agus Esau 'na fhear aidmheil eatrom anamianach. Thi chomharan air fear aidmheil neo-thorach. Oir esan is urrainn a bhi feargach, agus is urrainn a bhi fanoideach, agus is urrainn fasgadh agus toileachadh a thoirt d'a anamhiannaibh, cha 'n urrainn e toradh thoirt a mach do Dhia.

'S an dara àite, Chrìochnaich là nan gràs aig an luchd aidmheil sin, aig àm 's na chuir iad an gnìomh peacadh mor eigin. Chrìochnaich là gràis Chain, 'n uair mharbh e bhrathair—là gràis Ishmael, 'n uair rinn e fànoid air Isaac, &c.—agus là gràis Esau, 'n uair chur e suarrach a chòir-bhreith, agus a reic e i tre ghaol d'a anamhiannaibh. Bi air t-faicill, fhir aidmheil neo-thorach, feudaidh tu olc a ghniomhachadh ann an leth chairteal na h-uaire, o nach fheud-air do shaoradh gu saoghal nan saoghal.

'S an treas àite, Gidheadh shoirbhich an triùir sin o'n leth muigh an deigh do là nan gràs dol thairis, ni b'fhearr na rinn iad riamh roimhe sin. Bha Cain an deigh so 'na uachdaran air baile, Gen. iv. 17. Bha Ishmael an deigh so 'na athair do dhà cheannard-deug, Gen. xxv. 16. Agus dh'innis Esau an deigh so d'a

bhrathair, “Tha agamsa pailteas a bhrathair; gleidh dhuit fein na bheil agad,” Gen. xxxiii. 9. Cha ’n ’eil sìth agus socair agus soirbheachadh saoghalta na chomhara air deagh-ghean Dhe d’ an fhear aidmheil neo-thorach, ach ni ’s dòcha air ’fhearg, chum agus le sin gu ’n càrn e suas tuilleadh feirge “chum là na feirge agus foilseachadh ceart bhreitheanas Dhe.”

Foghnadh so mar dhearbhadh air “Gu ’n crìochnaich là nan gràs aig cuid do dhaoinibh mas ’eil Dia ga ’n toirt as an t-saoghal so”

A nis gu bhi nochdadh dhuibh mar dh’aithneas sibh, am bheil là nan gràs air a chrìochnachadh, no fagus do chrìochnachadh aig an fhear aidmheil neo-thorach. *’Na dheigh sin gearraidh tu sios e.*

Esan a dh’fhan neo-tharbhach a dh’aindeoin gach meadhon a ghnàthaich Dia chum (na ’m feudadh e bhi) crann tarbhach a dheanamh dheth ann a ghàradh, tha e ’sa chunnart so; agus ’s e so gu cinnteach suim a chosamhlachd. Bha ’n crann fige th’air ainmeachadh an so air a bheannachadh le meadhonaibh, agus fìhuair e ùine gu bhi faotuinn beathachadh o’n aolach a chuireadh m’a bhun; ach dh’fhan e neo-tharbhach a dh’aindeoin na h-uile nithe rinn an tuathanach, agus na h-uile nithe rinn an gàradair.

Ach gu bhi ni ’s soilleire, bheiream ceithir no cuig do chomharaibh air neach aig an deach là nan gràs thairis.

Comhar I.

Air tùs, Tha là nan gràs cosmhuil ri bhi thairis, ’n uair a ta ’m fear aidmheil air deanamh mi-fheum, agus air caitheamh a mach foighidin Dhe. An sin tha e ’n cunnart; oir tha e brosnuchadh Dhe gu ràdh, *Gearr sios e.* Tha cuid do dhaoinibh ’ghoideas a steach do ’n aideachadh, ’s cha ’n ’eil fhios aig naach sam

bith cionnus; eadhon mar bha 'n crann fige so 's an fhion lios, ged nach robh e deth suidheachadh Dhe: agus fanaidh iad an sin gun bheatha, gun ghràs, gun clùram, agus gun deagh choguis sam bith a thaobh Dhe. Ciod a th' agam an so, arsa Dia, ciod an crann fige th' ann an so, bha rè na bliadhna-sa 'na m' fhion lios, agus nach do ghiulan toradh dhomh? Eigheam rìs, Fhir aidmheil! A chroinn fhige neo-thorach, giulan toradh! oir tha mi sealltainn air son toraidh, tha dùil agam ri toradh, feumaidh mi toradh fhaotainn, air an aobhar sin smuanaich ort fein. Air cluinntinn nam briathra sin, tha 'm fear aidmheil a stad, agus a smuainteachadh; ach do bhrìgh gur briathran iad, agus nach buillean, cha 'n fhada gus an d'theid iad as aire. 'N uair tha Dia a' teachd an ath bhliadhna, gheibh se e neo-thorach mar bha e roimhe. An sin tha e gearain a rìs, A nis tha dà bhliadhna air dol thairis, 's cha 'n 'eil toradh ri fhaicinn, "Ach air sgàth m' ainme cuiridh mi dàil ann am chorruch, agus air son mo chliù cumaidh mi air a h-ais i uaitse, air chor 's nach gearr mi as thu" fathasd, Isa. xlviii. 9. Feithidh mi fathasd gu bhì gràsmbhor. Ach cha 'n 'eil a bhuaidh is lugha aige so air an fhear aidmheil. Bi d' thosd, ars esan r'a choguis. cha 'n 'eil bagradh an so, tha Dia trocair-each, tha e feitheamh gu bhì gràsmbhor, cha ruig mi leas eagal a bhì orm, Isa. xxx. 28. O cia mar thionndaidheas daoine mi-dhiadhaidh, a dh'èulaigh os iosal a steach do 'n fhion lios, gràs Dhe gu macnus, Iudas, rann 4. Uime sin tha e teachd an treas bliadhna a dh'iarraidh toraidh, ach cha 'n 'eil e faotainn ach crann fige neo-thorach mar fhuair e roimhe. A nis tha e gairm air a ghàradair, O thusa ghàradair m'fhion lios thig an so, tha crann fige an so bha a

chionn trì bliadhna ann am fhion lios gun toradh a ghiulan ; Gearr sìos e, tha m' fhoighidin air a sgith-eachadh, cha bhì bhì mi giulan leis nì 's faide.

2. Agus a nis toisichidh e ri crathadh a chroinn fhège le 'bhagraibh. Thoir a mach an tuadh ; nise se 'n tuadh am bàs, Rom. ii. 3, 4. Uime sin tha 'm bàs air a ghairm. Thig, a bhàis, agus buail dhomh an crann fige so : agus mar sin tha 'n Tighearn crathadh a pheacaich so, agus ga luasgadh air leabaidh thinn, ag ràdh, *Gabh e, 'bhàis*, mhi-ghnàthaich e m' fhoighidin agus mo ghiùlan, gun bhì cuimhneachadh gum bu chòir dhoibh threorachadh gu aithreachas.— A bhàis, thoir air falbh an crann fige so do 'n teime, thoir leat am fear aidmheil so dh'ifrinn. An sin tha 'm bàs, le sùilibh gruamach, teachd a steach do 'n t-seomar, seadh, agus ifrinn ga leantuinn gu taobh na leapa, agus geur-amhaircidh iad le cheil air an fhear aidmheil an clàr an eudainn : seadh, teannaidh iad ri laimh a chuir ann—aon 'ga bhualadh le piantaidh na chorp, le goirteas-cinn, goirteas-cridhe, goirteas-droma, giorr-anaileach, fainne, criothnachadh-allt, tachdadh-bràghad, agus uile chomharan duine ri uchd bàis. A nis, am feadh a ta 'm bàs a cradh a chuirp, tha ifrinn a gabhail do 'n inntinn agus do 'n choguis le piantaidh, a tilgeadh sradan teine stigh an sin, a lot le doilghiosaibh agus eagallaibh damnadh siorruidh, spiorad a chreutair bhochd so. Agus a nis toisichidh e ri smuaineachadh air fein, agus eigheachd ri Dia air son trocair : A Thighearna, caomhainn mi, A Thighearna, caomhainn mi ; O guidheam ort mo chaomhnadh au uair so, agus bithidh mi nì 's fearr. Air falbh, air falbh, cha bhì thu nì 's fearr ; dhearbh mi thu na trì bliadhnasa cheana ; ged leiginn as thu an trathsa, bhitheadh tu rìs cho measa sa bha thu

roimhe (agus tha chainnt so uile 'm feadh a ta 'm bàs na sheasamh làmh ris). Tha 'm peacach ag eigheachd a rìs, A Thighearna mhath, dearbh mi an aon uair so, leig leam eiridh an aon uair so, agus faic mur bi mi ni 's fearr. Acl: an geall thu ath-leasachadh? Geallaidh gu dearbh, a Thighearna, agus boidicheam e cuideachd; cha bhi mi gu bràth tuilleadh cho olc; bithidh mi ni 's fearr. Uime sin, arsa Dia, A bhàis, leig leis an fhear aidmheil so air an àm so: Dearbhaidh mi e beagan ni 's faide, gheall e, agus bhoidich e a shligheanna ath-leasachadh. Theaganh gu 'n oidhirpich e cumail r'a ghealladh. Tha boidean 'nan nithibh cudthromach; dh'fheudadh gum bi eagal air a bhoidean a bhriseadh. *Eirich o do leabaidh*; agus a nis tha Dia leagadh sios a thuadh. An sin tha 'n creutair bochd a toir mor bhuidheachas do Dhia. tha e ga mholadh 's ga chliùthachadh, agus sin mar gum b'ann gu treibhdhireach, agus a gairm air muinntir eile gu 'mholadh cuideachd. Tha e 'g eiridh, air an aobhar sin, mar shìoladh neach, gu bhi a rìreadh na chreutair nodha. Ach air chionn da aodach a chuir uime, teachd a nuas o 'leabaidh, agus oidhearp a thoirt air dol a mach do n' bhùth, no air feadh a bhaile, agus fhaicinn an sin mar tha na h-uile ni air dol troimhe cheile, toisichidh ath-smuaintean aige. Agus their e r'a luchd-muinntir, Ciod a bha sibh deanamh uile gu leir? Cia mar tha na h-uile ni air aimhridh? Cha 'n urrainn mi innse na tha mi 'n deigh-laimhe; as furasd fhaicinn ma bhios duin' ach beagan ùine as 'ur sealladh, nach 'eil a ghliocas no dh'eolas agaibh na chumas ni sam bith 'an riaghailt. Agus a nis an àite bhi 'g iarraidh chuid eile d'a aimsir a chaitheamh do Dhia, 's ann a dhùblaich e 'dhì-chioll an deigh an t-saoghailse. Mo thruaigh, ars

esan, cha 'n fheudar na h-uile ni chàll, is còir dhuinn bhì crionna glic. Agus mar so, di-chuimhnichidh e gu buileach doilghiosan a bhàis, piantain ifrinn, na geallaidhean agus na boidean a thug e do Dhia gum biodh c ni b'fhearr. "A chionn nach robh breitheanas air a cur an gnìomh (*a nise*) gu luath, uime sin tha cridhe chreutair bhoichd-sa làn-shuidhichte air olc a dheanamh," Eccles. viii. 11.

3. Air do na nithe sin dearbhadh a bhì neo-eifeachdach, tha Dia glachdadh a thuadh a rìs, ag cur a bhàis a dh'ionnsuidh a mhna, a dh'ionnsuidh a leinibh, no a dh'ionnsuidh a spréidhe, "Mharbh mi 'ur daoin' òga, agus thug mi air falbh 'ur n-eacha," Amos iv. 9, 10. Bheir mi seargadh agus neo-shoirbheachadh air, millidh mi aobhar a dhochais, tilgidh mi sìos e, agus suidhichidh mi mi fein 'na aghaidh anns gach ni ris an cur e a làimh. Rì so tha 'm fear aidmheil boichd ag eigheachd a rìs, A Thighearna, pheacuich mi, guidheam ort mo chaomhnadh aon uair fathasd. O na d'thoir air falbh miann mo shùilean, caomhainn mo chlann, beannaich mo shaothair, agus theid mi an feothas, agus bidh mi ni 's fearr. Cha chaomhainn, arsa Dia, rinn thu breug dhomh 'n uair a chaomhainn mi thu roimhe, cha chreid mi thu sa chuis so ni 's faide: agus leis a sin tilgidh e a bhean, an leanabh, no a mhaoin anns an uaigh: Agus an sin pillidh e gu 'aite, gus an aidich am fear aidmheil so ni 's neo-chealgaich a chionta, Hos. iv. 14, 15.

A nis tha 'm fear aidmheil boichd ann an teinn 's ann an amghair, a reubadh eudaich, 1 Rìgh, xxi. 27, agus ag ath-chuimhneachadh mar bhris e 'gheallaidhean 'sa bhoidean; tha e bròn 's ag urnuigh, agus cosmhuil ri Ahab, rè tamull a gluasad gu màll, 'n uair tha e cuimhneachadh co ceart 's a tha e do Dhia a

làmh a leagadh air. Agus a nis tha e 'g ath-nuahd-achadh a gheallaidh, A Thighearna, dearbh mi aon uair fathasd, tog dhiom do làmh agus faic: is fada theid am fear nach till tuilleadh. Uime sin, tha Dia ga chaomhnadh, agus a leigeal sios a thuadh a rìs. "Iomadh uair shaoir e iad; ach bhrosnuich iad e le 'n combhairlibh, agus thugadh sios iad air son an cionta." Salm cvi. 43. Tha e nise cosmhuil ri bhì taingeal a rìs, agus ri bhì rùnachadh gum bi e diadhaidh da rìreadh. Tha e nise leughadh, 's ag urnuigh, 's a tathaich choimimhean, agus tha e cosmhuil ri bhì stolda greis mhath, ach ma dheireadh leigidh e air di-chuimhn. Tha anamhianna ga bhioradh, agus buaraidhean freagarach d'a anamhiannaib h gan nochdadh fein. Uime sin pillidh e chum a shlighibh cama fein a rìs. "'N uair a mharbh e iad, an sin dh'iarr iad e, agus phill iad, agus bha iad gu moch ag iarraidh Dhe; ach rinn iad miodal ris le 'm beul, agus rinn iad breug dha le 'n teangaidh," Salm lxxviii. 34—36.

4. Gidheadh, cha 'n fhàg an Tighearna 'm fear aidmheil so fathasd, ach togaidh e 'thuadh a rìs, agus cuiridh se e fo mhinistreibh eadh ni 's ro dhruightiche, a rannsuicheas agus a thionndaidheas e o thaobh gu taobh, ministreibh eadh a choinnicheas e mar choinnich Eliah Ahab, 'na uile ghniomhra aingidh; agus "a nis a ta an tuadh air a cur ri freumh nan crann," Mat. iii. 10. Os barr, tha mhinistreibh eadh so cha 'n e mhair a rannsuchadh a chridhe, ach a' cur solus glòrmhor an t-soisgeul fa chomhair a pheacaich. A nis tha Iosa Criosd air a nochdadh gu soillear; a nis tha gràs air fhoillseachadh gu milis; a nis, a nis tha na geallana air am briseadh mar bhocsachan ola unghaidh, air dhoigh 's gu 'n lionar an tigh le 'm fàile cùbhraidh. Ach, mo thruaighe! cha 'n 'eil toradh fa-

thasd air a chrann fhèige so. Am feadh a tha chridhe ga rannsachadh, tha esan a connsachadh; am feadh a tha gràs glòrmhor an t-soisgeul air fhoillseachadh, tha 'm fear aidmheil so mear uabhrach, a' tionail leis cuid do bhloighdibh dheth. “A blasad deadb fhocal De, agus cumhachd an t-saoghail ri teachd. Ag òl a steach an uisge tha gu minic a teachd air,” Eabh. vi. 5, 6, 7, 8. Ach cha 'n 'eil e toirt a mach toradh do ughdar an t-soisgeul: cha 'n 'eil e toirt “an aire air imeachd ann an lagh an Tighearn De Israel le 'uile chridhe,” 2 Rìgh, x. 31, ach a meas gu bheil an soisgeul a co-sheasamh ann an cainnt 's ann an coslas, agus gu bheil ar n-umhlachd dha 'n t-soisgeul na chùis mheoraichidh nach ruig sinn a leas a chuir an cleachdadh: tha e 'meas gu bheil deagh oibre a co-sheasamh ann an deagh bhriathraibh, agus ma 's urrainn e cainnt bhreagh a labhairt gur gasda tha e toileachadh Dhe. Tha e saoil sinn gu bheil rioghachd Dhe ann am fòcaill a mhain, agus nach ann an cumhachd. Agus mar sin tha 'n ceathramh meadhon so neo-eifeachdach mar an ceudna.

5. Uime sin, tha 'n tuadh air a togail ni 's airde, oir a nis tha Dia gu cinnteach ullamh gu bhi gearradh sios a pheacuich gun dàil, gidheadh mas buail e bhuille, feuchaidh e ris le aon mheadhon eile, agus mur dean sin an gnothach, gearrar sios an crann fige. A nise 's e 'm meadhon deireannach so bhi ga thar-ruing, agus a bhi strì ris le 'Spiorad. Tha 'n Spiorad a co-reusonachadh a rìs, agus a sparradh argumaidean as ùr. Ach a ta 'm peacach a freagradh, “Ni h-eadh, ghradhaidh mi coigrich, agus theid mi as an deigh,” Amos, iv. 6—11, Ri so tha dian chorruidh Dhe ag eiridh; a nis tha e gu h-uamhasach a teachd a mach as ionad naomh. A nis “tha e mionnachadh ann a

fhearg nach d'theid iad a choidh a steach d'a shuaimhneas." Chleachd mi m'fhoighidin do d' thaobh, gidheadh cha do phill thu riumsa, deir an Tighearna. Bhuail mi thu ann do phearsa, ann do dhaimhean, ann do chranchur, gidheadh cha do phill thu riumsa, deir an Tighearn. "Ann ad shalchar tha neo-ghloine, do bhrìgh gu 'n do ghlan mi thu agus nach robh thu glan; cha bhi thu air do ghlanadh o d' thruaillidheachd ni's mo, gus an d' thoir mise air mo chorruidh gu'n gabh i tamh ort," Esec. xxiv. 13. Gearr sios e, c'ar son a chuireadh e dragh air an talamh?

Comhar II.

Comharadh eile leis an aithnichear gu bheil là nan gràs aig a leithid sin do fhear aidmheil, ach beag (mur eil gu tur) air dol thairis: 'u uair a thug Dia thairis e, no 'n uair a ta e leigeadh leis ciod air bith na tha e 'deanamh a dh'easbhuidh cronuchadh. cha 'n 'eil e ga chobhair 'na dhleasnasaidh, no 'na theanntachdaibh. "Tha Ephraim air a dhlu-cheangal ri iodholaibh, leig leis: Is anaobhinn dhoibh 'n uair dhimicheas mise uath," Hos. iv. 17. "Ni mise gàire ri 'r sgrios-sa; ni mi fanoid 'u uair thig 'ur n-eagal," Gnath-fhocail, i. 26.

A chroinn-fhìge neo-thorach, roimhe so chladhaicheadh mu d' thimchioll, agus chuireadh aolach mu d' bhun; roimhe so bha piocaid Dhe aig do fhreumhaibh; roimhe so chuireadh an soisgeul mu d' bhun; roimhe so rinneadh strì ruit, dh'fhagadh ris, agus dhuisgeadh thu. O an sonas ris na chomhluidh thu roimhe so fo 'n fhocal, leagh do chridhe, thuit do spiorad, chriothnaich t'anam, agus dh'fhairich thu ni eigin do chumhachd an t-soisgeul. Ach pheacuich thu, bhrosnuich thu suilean a ghloire, tha do chionta air fhaotainn fuathach, agus a nis theagamh gu 'n d'fhag Dia thu, gu 'n d' thug e thairis thu, agus gu bheil e 'leigeadh

leat. Roimhe so bha thu maoth, chlisg do choguis roimh bhuaradh chum aingidheachd, oir bha thu “air dol as o shalcharaibh an t-saoghail trid eolais an Tighearna agus an t-Slanuighear Iosa Crìosd,” 2 Phead. ii. 20, 21, 22; ach an dearbh sgeith sin o’n robh thu aon uair air do philleadh, tha thu nis ag imlich suas a rìs mar ammadadh ’san t-seanfhocal; agus an lathach o’n robh thu aon uair cosmhuil ri bhi air do ghlanadh, anns an dearbh lathaich sin tha thu nis air t’eabradh as ùr. Ach gu bhi ni ’s mean, tha tri chomharan air duine th’air a thoirt thairis le Dia.

1. ’N uair a leigear leis ann a bhi peacachadh, ’n uair a ta sreìn anamhianna air am fuasgladh, agus esan air a thoirt thairis dhoibh. “Agus amhuil mar nach bu taitneach leo eòlas De a chumail, thug Dia thairis iad do inntinn mhi-cheillidh, a dheanamh nithe nach robh iomchuidh; air dhoibh bhi air an lionadh do ’n uile eucoir.” Ma chi thusa duine aig an robh eòlas De roimhe so, agus air an robh caileigin do eagal roimh ’mhorachd; a deiream, ma chi thu a leithid so do neach a gabhail toileachas-inntinn ’na mhealltoir-eachd fein, Rom. i. 28, 29, 30, 31, a’ tionndadh gràis ar De-ne gu macnus, agus ag imeachd a reir anamhiann mi-dhiadhaidh fein; “cha ’n ’eil a bhreitheanas a nis o chian a’ deanamh moille, agus cha ’n ’eil a sgrios a’ turr-chodal,” 2 Phead. ii. 3. Am bheil thu cluinntinn, fhir aidmheil neo-thorach? Is uamhasach ionghantach a bhi faicinn, cia mar a ta cuid a bha roimhe so cosmhuil ri “macaibh na maidne,” 1 sa. xiv. 12, agus a bha ’g ullachadh air son beatha shiorruidh; a nise fa dheireadh, air son mi-fhallaineachd an cridheacha, air am fagail tre cheart bhreitheanais Dhe, gu ’m mothachadh a chall agus iad fein a thoirt thairis do mhacnus, “chum gach uile neo-ghlòine

chur an gnìomh le ciocras." Bha aireamh mhòr dhiubh so ann an laithibh mòr an t-soisgeul; dream 'an aghaidh na chuireadh breitheanas trom Dhe an ceill, le Peadar, Iudas, agus Eoin. Tha Peadar agus Iudas ga 'n co'-cheangeall ris na h-ainglibh a thuit, 2 Phead. ii. 3, 4, 5, agus tha Eoin a toirmeasg urnuigh dheanamh air an son, do bhrìgh gu 'n do thachair dhoibh leithid 'sa thachair do na h-ainglibh a thuit, "Dream, a chionn nach do ghleidh iad an ceud inbh, ach a dh'fhag an àite-comhnuidh fein, tha air an coimhead ann an geimhlibh siorruidh fuidh dhorchadas, fa chomhair breitheanas an la mhòr." Am bheil thu cluinntin, fhir aidmheil gun toradh?

'S a cheud àite, Tha iad sin an taobh thall do gach uile throcair.

'S an dara àite, Tha iad an taobh thall do gach uile ghealladh.

'S an treas àite, Tha iad an taobh thall do gach uile earbsa aithreachais.

'S a cheathramh àite, Cha 'n 'eil aca sin eadar-mheadhorair no còir air bith ann an iobairt air son peacaidh ni 's mò.

'S a chuigeadh àite, Cha 'n 'eil ni sam bith air fhagail aig an dream sin, ach dùil eagallach ri breitheanas.

'S an t-seathadh àite, Uime sin tha iadsan 'nam fìor fhògaraich agus nan luchd-fuadain, dream air dhoibh bhì air am fagail le Dia, agus le Criosd, le gràs, leis a ghealladh, agus an taobh thall do na h-uile earbsa, a theid air seachran aig imeachd mun cuairt, sìos agus suas air an talamh, eadhon mar an Diabhol am fear-comuinn, gus an d'thig am dhoibh bàsachadh, no gus an d'theid iad sìos do 'n chath agus an sgrìosar iad.

2. Uime sin leigear leo ann an eisdeachd. Ma

thig iad sin àm air bith fo 'n fhocal, cha 'n 'eil Dia ann dhoibh-san, cha 'n 'eil blas ac' air meadhonaibh nan gràs, cha 'n 'eil gluasad air an cridheachaibh, cha 'n 'eil truas aca riu fein, no gràdh do 'n slainte fein. Sealladh iad air an làimh so, no 'n làimh ud eile, chi iad a leithid do bhuaidh aig an fhocal air muinntir eile, agus a tha toirt a mach toradh an aithreachais agus a ghraidh do Dhia agus do Chrìosd. Is iad na daoine so 'mhain aig am bheil "spiorad na suainne, suile chum nach faiceadh iad, agus cluasa chum nach cluinneadh iad, gus an là an diugh," Rom. xi. 8.— Uime sin, mar thig iad do ionad an naoimh, imichidh iad o ionad an naoimh; agus di-chuimhnichear iad gu grad anns na h-aitibh 's an d' rinn iad mar sin, Ecles. viii. 10. Tha iad a mhàin a buan a chaldaich so, "A ta iad a carnadh suas feirge dhoibh fein fa chomhair la na feirge, agus foillseachaidh ceart bhreitheanais De," Rom. ii. 5. Amhaire air sin, fhir aidmheil neo-thorach.

3. Ma dh'fhiosraichear aon diubh so a reir doigh choitchiunn a chinne-dhaoine, an darna cuid le tinneas, cruaidh-chas, no truaighe sam bith eile, fathasd cha 'n 'eil Dia air fhaicinn, cha 'n 'eil lamh naomhaichidh Dhe, no tròcair àraidh air a measgadh anns an trioblaid. Ach fasaidd e tinn, agus thig e gu 'shlainte cosmhuil ri brùid; no tha e ann an teinn mar bha Saul, neach a threigeadh le Dia, 'n uair bha na Philistich dol a chogadh ris. "Agus chruinnicheadh na Philistich an ceann a cheile, agus thainig iad agus champuich iad ann an Sunem: agns chruinnich Saul Israel uile an ceann a cheile, agus champaich iad ann an Gilboa. Agus an uair chunnaic Saul feachd nam Philisteach, bha eagal air, agus chrìothnuich a chridhe gu mòr. Agus an uair a dh'fhiosraich Saul do 'n

Tighearna, cha do fhreagar an Tighearn e, aon chuid, le aislingibh, no le Urim, no le faidhibh," 1 Sam. xxviii. 4, 5, 6. Cha do fhreagar an Tighearn e ni 's mo. Ach tuilleadh dheth so 'sa cho-dhùnadh.

4. Feudaiddh na daoine-sa dol ge b'e taobh is àill leo, agus deanamh na 's àill leo, feudaiddh iad dol a null agus a nall, o bharail gu barail, o theagasg gu teagasg, o aon luchd co'-bharail gu luchd co'-bharail eile, agus o aon luchd teagaisg gu luchd teagaisg eile; ach cha 'n 'eil iad seasmhach an àit' air bith, dh'fhagadh iad d'an neo-chinntes fein. Cha 'n 'eil gràs aca chum an cridheacha dhaighneachadh; agus ged bha cuid diubh deanamh uaill as an t-saorsainn so, gidheadh tha Iudas a' gairm dhiubh, "reulta seachranach d'am bheil duibhre an dorchadais gu siorruidh air a thasgaidh," Iud. 13. Dh'fhagadh iad mar dh'innis mi roimhe, gu bhi nam fògaraich agus nan luchd fua-dain air an talamh, gu dhol air seachran anns gach àit, ach gun bhi fantuinn an àite sam bith, gus an d'theid iad sìos do 'n àite fein maille ri Cain agus Iudas, daoine a dh'aon diol riu fein, Gniomh. i. 25.

Comhar III.

Is e comharadh eile leis an aithnichear gu bheil là nan gràs aig a leithid sin do fhear aidmheil gu tur air dol thairis, eadhon, an uair a tha chridhe air fàs co cruaidhe agus co clochach, agus nach 'eil ni sam bith a dhruigheas air. A chroinn-flhìge neo-thorach, am bheil thu toirt fairear? Is e cridhe cruaidh neo-aithreach mallachd Dhe, Rom. ii. 5. Tha cridhe nach urrainn aithreachas a ghabhail, an àite na h-uile phlaighean comhladh. Agus 's ann uime sin a thuir Dia ri Pharaoh, an uair a labhair e m'a thoirt thairis ann a mhòr chorruch. "Air an àm so, ars esan, cuiridh mise mo phlaighean uile air do chridhe-sa,"

Ecsod. ix. 14. Do chuid a luchd aidmheil a pheacuich gu tròm fo aidmheil an t-soisgeul, tha Dia a toirt a chomharaidh so deth dhiomadh ; tha cumhachd aithreachais air aicheadh dhoibh, tha 'n cridhe ceangailte, cha 'n urrainn iad aithreachas a ghabhail. Seadh, tha e do-dheanta gu 'n gabhadh iad so aithreachas ged bhiodh iad beò mìle bliadhna. “Is eucomasach an droing sin a thuit air falbh ath-nuadhachadh chum aithreachais, do bhrìgh gu bheil iad a' ceusadh Mhic Dhe a rìs dhoibh fein, agus 'ga chur gu nàire fhollaiseach,” Eabh. vi. 4, 5, 6. A nis, 'n uair tha 'n cridhe mar so air a chruadhachadh, 's ann tha e ann an ceart bhreitheanas, air a chrannadh leis an Tigh-earna Dia an aghaidh slanuchadh anam' a pheacuich so. B'e so eallach a ghearan a bh' aig Spira, “Cha 'n urrainn mi 'dheanamh : O a nis cha 'n urrainn mi 'dheanamh.”

Tha 'n duine-sa faicinn ciod a rinn e, ciod a dheanadh feum dha, agus ciod a thig dheth, gidheadh cha 'n urrainn e aithreachas a ghabhail, Sechar. vii. 11, 12, 13. 'N uair bha 'n Spiorad a stri ris roimhe, tharruing e a ghualainn air falbh, dhruid e a chluasan, dhun e a shuilean, agus anns an dearbh shuidheachadh sin dh'fhag Dia e, agus tha e mar sin gus an la 'n diugh. Bha mi smuaineachadh 'n uair dh'fhàs bean Lot na carradh salaim, gu 'n robh i fathasd a sealltuinn thair a gualainn no le h-aghaidh air Sodom : mar ghlac a bhreitheanas i, mar sin cheangal e i anns an dearbh shuidheachadh sin, agus d'fhag e i na cus-bair-cuimhneachain air fearg Dhe do na linnibh ri teachd.

Tha sinn a leughadh mu chuid a ta air an losgadh le iarunn dearg, agus a ta air càll am mothachadh. “Air bli d'an coguisibh air an losgadh le iarunn

dearg," 1 Tim. iv. 2. Is i choguis ris am feumar beantuinn le mothachadh, eagal, agus agartas, ma nithear math sam bith do 'n pheacach. Cionnus ma ta a dh'fheudar math sam bith a dheanamh dhoibh-san aig am bheil an coguise ni 's measa na bhi an codal trom a pheacaidh, Ephes. iv. 19. Oir feudaidh a choguis sin a tha gu trom na codal bhi air a dusgadh agus air a sabhaladh; ach a choguis so a tha mar gum b'ann air a losgadh, 'na guailein cha 'n urrainn i mothachadh, faireachadh, no 'n t-agartas is lugha bhi aice. Eisd, a chroinn-fhige neo-thorach, tha breitheanas na cruas uamhasach. Tha eadar-dhealachadh eadar a chruas a tha buailteach do na h-uile dhaoine, agus a chruas sin tha teachd orra mar bhreitheanas shonraichte Dhe; agus ged dh'fheudar breitheanas a ghairm do na h-uile seorsa cruas cridhe, gidheadh is breitheanas an dara seorsa cruas so a bhuineas dhoibh-san a mhain a theid a sgrios. Cruas a th'air a cuir mar pheanas, air son mi-gnathachadh an t-soluis a fhuaradh, mar dhuais air son tuiteam air falbh.

Tha breitheanas na cruas so eadar-dhealuicht o na chruas tha buailteach do na h-uile dhaoine anns na nithibh a leanas.

1. Is cruas i thig an deigh solus mòr fhaotuinn, air son peacachadh gu tròm an aghaidh an t-soluis sin, agus an gràs a thug e. A leithid a chruas 'sa bh'aig Pharaoh, an deigh do 'n Tighearn oibreachadh gu h-iongantach fa chomhair. A leithid a chruas 'sa bh'aig na Cinneachaibh, cruas a dhorchaich an cridhe, agus a dh'fhag an inntinne mi-chèillidh. 'S ann roimh na chruas so tha na h-Eabhruidhich air an cur 'nam faicill, Eabh. iii. 7 gus 13—cruas a tha mi-chreidimh agus imeachd o'n Dia bheò a' toirt leo—cruas a tha tre mhealltoireachd a pheacaidh: a leithid 'sa bhros-

nuich Dia gu mionnachadh nach rachadh iad a steach d' a shuaimhneas. 'S ann leis a gl:ne chruas so mar an ceudna a chruadhaidheadh araon Cain, Ishmael, agus Esau, an deigh dhoibh peacachadh gu tròm.

2. Is e so a ghne chruas is mò, agus uaith sin a deirear gu bheil iad ni 's cruaidhe na creag, Ier. v. 3 : no ni 's cruaidhe na ailbhinn, eadhon, ni 's cruaidhe na clach theine. Cho cruaidh 's nach urrainn ni sam bith dol a steach.

3. Is cruas i th'air a toirt ann a' mòr chorruih, Rom. ii. 5 ; agus sin gu bhi ceangal suas an anama air dhoibh 's gu bheil e eucomasach dha aithreachas a ghabhail, Eabh. vi. 6.

4. Is cruas i air an aobhar sin a tha do-leigheas, dheth 'm feum duine bàsachadh agus a bhi air a dhamnadh.—Fhir aidmheil gun toradh, eisd ri so.

Comhar IV.

Is e comharadh eile air fear aidmheil aig an deach là nan gràs thairis gu tur, eadhon, an uair a tha e daighneachadh a chridhe cruaidh an aghaidh focal De. Theirear ri so, bhi 'ga 'n cruadhachadh fein an aghaidh Dhe, agus a' tionndadh a spioraid 'na aghaidh, Iob, ix. 4—13, agus xv. 13. Mar so, 'n uair a tha duine, an deigh bhi 'g aideachadh a chreidimh anns an Tighearn Iosa, agus an teagasg a tha reir na diadhachd, a' gabhail a dhanadas dol air adhart anns a pheacadh, le bhi gealltuinn dha fein gum bi beatha agus slainte aige gidheadh. Oir tha 'n duine-sa 'g ràdh, “ Bithidh sìth agam ged ghluais mi ann an an-miann mo chridhe fein, a chur misg ri pathadh ;” barrail a ta calg-dhireach an aghaidh focal De gu h-ìomlan, seadh, an aghaidh dearbh nadur Dhe fein. Uime sin tha e 'g ràdh a rìs, “ An sin cuiridh fearg an Tighearn, agus 'eud, smùid duibh an aghaidh an

duine sin, agus luidhidh gach mallachadh air a tha sgrìobhta san leabhar so, agus dubhaidh an Tighearn mach 'ainm o bhi fo neamh," Deut. xxix. 19, 20.— Seadh, bidh an duine sin gun seachnadh gu cumhachdach air a sgrios, deir an stéigh theagaisg, " Agus sgaraidh an Tighearn e chum uilc, a mach a treubhaibh Israel uile, a reir uile mhallachdan a' chomhcheangal," rann 21.

Sgaraidh se e chum uilc, bheir se thairis e, fagaidh se e d'a chridhe fein, sgaraidh se e chum aon ni no ni eile bhios gu cinnteach ro chruaidh air.

A nis tha bhreitheanas so ann an tomhas mòr air a cho'-lionadh, an uair a thug Dia duine thairis do Shatan, agus a thug e cead do Shatan gu tur a leir-sgrios. Deiream, an uair a cheadaich Dia do Shatan gu tur a leir-sgrios : Oir cha d'thainig agus cha d'thig na h-uile th'air an toirt thairis do Shatan chum na criche so. Ach is e sin an duine 'sgaras Dia chum uilc, agus a dh'fhagas e ann an lamhaibh Shatan gu bhi gu h-ìomlan a co'-lionadh a leir-sgrios. Is ann mar so a rinn e ri Ahab, " a reic e fein a dheanamh uilc ann an sùilibh an Tighearn. Agus thubhairt an Tighearna, Co a chuireas impidh air Ahab a chum as gu 'n d'theid e suas, agus gu 'n tuit e ann an Ramot-gilead? Agus thubhairt aon mar so, agus aon eile mar sud : Agus thainig spiorad a mach, agus sheas e an fianuis an Tighearna agus thubhairt e, Cuiridh mise impidh air. Agus thubhairt an Tighearna ris, Co leis? Agus thubhairt esan, Theid mi mach, agus bithidh mi a' m' spiorad breige ann am beul 'fhaidhean uile. Agus thubhairt e, Cuiridh tu impidh air, agus mar an ceudna buadhaichidh tu : falbh a mach, agus dean mar sin," 1 Rìgh, xxii. 20, 21, 22. Cuiridh tu impidh air, agus buadhaichidh tu : dean do thoil

ris, tha mi 'ga fhagail ann do laimh, falbh a mach agus dean mar sin.

Uime sin tha 'n Tighearn e fein a gabhail curam do 'n bhreitheanas fhaicinn air a thoir mun cuairt, do bhrìgh a bhrosnuich leis na bhrosnuich iad e. Is iad so an droing mu bheil Dia a' dealbh an sgrios, agus a bheir e gu crìch le 'n innleachdaibh fein. “Roghnaichidh mise fòs am faoin-smuainte-san, agus an cuis eagail bheir mi orra,” Isa. lxvi. 4. Fagaidh mi iad d'an innleachdaibh fein, no do 'n aingidheachd a tha 'n cridheacha a' dealbh. Bheir mise, eadhon mise, fainear, gum bi iad taitneach dhoibh, agus gum buadhaich iad orra. Ach co iadsan is eigin bhi air an losgadh mar le iarunn dearg? Iadsan am measg luchd aidmheil a roghnaich an sligheachan fein, iadsan aig am bheil an anam a' gabhail tlachd 'nan grainealachdaibh fein. “A chionn nach do ghabh iad gràdh na firinn, chum gu slanuichteadh iad. Air a shon so cuiridh Dia treun oibreachadh meallaidh d' an ionnsuidh, ionnus gu 'n creid iad a bhreug; chum gu 'm bi iad uile air an dìteadh nach do chreid an fhirinn, ach aig an robh tlachd anns an eucoir.”

Cuiridh Dia: Is mòr am focal e: Eadhon, Cuiridh Dia treun oibreachadh meallaidh d' an ionnsuidh; meallaidhean an ni an gnothuch, a bheir orra gu 'n creid iad a bhreug. C'ar son? “Chum gu 'm bi iad uile air an dìteadh, gach aon diubhsan nach do chreid an fhirinn, ach aig an robh tlachd anns an eucoir,” 2 Tesal. ii. 5—10, 11, 12.

Cha 'n 'eil ni sam bith is mo bhrosnuicheas an Tighearna, na duine bhi gealltuinn 'n uair tha Dia a' bagairt; duine bhi 'm barail gu 'm bi e tearuinte; agus gidheadh a bhi ni 's aingidh na bha e roimhe.— Is grain le anam an duine-sa firinn Dhe. Dhealbh e

rathad a tha calg-dhireach an aghaidh Dhia gu bhith toirt mun cuairt a shlainte. Uime sin, cha 'n iongantach ged dhealbhadh Dia rathad gu bhith toirt mun cuairt damnadh an duine-sa. Agus air faicinn gu bheil an luchd-ceannairc sin ag ràdh, Bithidh sìth againn; chi Dia co am focal a sheasas, 'fhocal-sa, no ain focal-san, Ier. xlv. 26, 27, 28.

Comhar V.

Is e comharadh eile air duine aig an deach là nan gràs thairis, eadhon, 'n uair a nì e fanoid air so, agus a bhios e gu frionasach 'san taobh stigh a gearan an aghaidh an Tighearna, gu h-uaigneach a rùnachadh buanachadh ann a chùrsa, agus na h-uile chur an cunnart, a deanamb tàir air teachdairibh an Tighearn. “An ti a rinn tàir air lagh Mhaois, bhàsaich e gun trocair; cia mòr is measa na sin am peanas a shaoileas sibh air am measar esan toillteanach, a shal-tàir fuidh chosaibh Mac Dhe,” &c. Eabh. x. 28.

Uime sin, shuidhich Dia e fein an aghaidh an luchd-tarcuis sin, agus dh'innis e roimh-làimh nach creid iad, ach gu 'n d'fheid iad a dh'ith. “Feuchaibh, a luchd-tarcuis, agus gabhaibh iongantas agus rachadh as duibh: oir oibricheamsa obair ann bhur laithibhse, obair nach creid sibh idir ged chuireadh duine an céill duibh e,” Gniomh. xiii. 41.

An deigh sin, gearraidh tu sios e.

Gu ruig so labhair sinn mu n' chrann fhìge neo-thorach, no 'm fear aidmheil gun toradh, le cuid do chomharaibh leis an aithnichear e; mar an ceudna chuireadh ris sin beagan chomhairean air neach nach urrainn air chor sam bith bhith tarbhach; ach do 'n eigin gu truagh a bhith cailte. A nise, air dhomh tighinn a dh'ionnsuidh àm a ghearraidh sios, labhraidh mi focal uime sin mar an ceudna. Bheir Crìosd fa-

dheoidh an crann fige neo-thorach thairis do cheartas De, crathaidh e a lamhan as, agus bheir e thairis e do 'n teine air son a neo-thairbhe.

Gearraidh tu sìos e.—Tha dà ni an so ri 'n toirt fainear,

1. An neach a tha gu ghearradh sìos. Thusa, an Dia mòr, uabhasach, sìorruidh. Uime sin, tha na briathra so 'ciallachadh mar thuirt mi cheana, gu 'n d'thug Criosd, an t-eadar-mheadhonair, neach na aonar tre 'm bheil slainte, agus na aonar leis na chuireadh dàil ann an gearradh sìos a chroinn fhìge, gu 'n d'thug e nise thairis an t-anam, air dhoigh 's nach labhair e aon fhocal air a shon ni 's mo, agus nach dean e an gnìomh gràis is lugha chum feuchainn r'a thoirt air ais ni 's mò; ach ga thoirt thairis do 'n ni eagallach sin, tuiteam ann an lamhaibh an De bheò, Eabh. x. 31.

2. Is e 'n dara ni r'a thoirt fainear, an t-inueal leis am bheil e air a ghearradh sìos, agus is e sin am bàs, air a choimeas an so ri tuadh. '*Na dheigh sin gearraidh tu sìos e.* 'S e 'm bàs an tuadh tha Dia gu minic a' cleachdadh chum an crann fige neo-thorach a ghearradh a mach as an fhion lios, a mach as an aideachadh, agus a mach as an t-saoghal comhladh. Ach a nis tha 'n tuadh so air a h-ùr bhleith, a' tighinn gu geur-fhaobharach chum freumbaihh a chroinn fhìge neo-thorach so. Gheuraicheadh i leis a pheacadh, leis an lagh, agus le aideachadh foirmeil, Rom. v.; air an aobhar sin, is eigin di gearraidhean domhainn a dheanamh, cha 'n e mhàin ann am beatha nadurrach an fhir aidmheil so, ach mar an ceudna ann a chridhe 's ann a choguis. "Is e tuarasdal a pheacaidh am bàs; is e 'm peacadh gath a bhàis," I Corint. xv.—Uime sin tha 'm bàs a' teachd chum an duine so, cha

'n ann mar thig e chum nan naomh, le beul ceangailte, no dh'easbhuidh a ghat, ach le beul fosgailte, le uile neart; seadh, cuiridh e a cheud-ghin, ni is e cionta, a dh'ith suas a neirt, agus g'a thoirt gu righ nan uamhann, Iob. xviii. 14.

Ach gu bhi labhairt gu aith-ghearr mu 'n doigh air am bàsaich an duine so.

1. A nis tha chuid toraidh neo thorach ga chuartachadh timchioll a leapa, maille ri uile legionairbh chuid aingidheachd eile. "Glacaidh eucearta fein an t-aingidh, agus le cùird a pheacaidh ceanglar e," Gnath-fhoc. v 22.

2. A nis tha foillseachadh eagallach do Dhia air a thoirt da chum imcheist agus uamhas a choguis chiontach. "Tilgidh Dia air, agus cha chaomhainn e; agus bidh eagal air as sin a ta ard," Iob xxvii. 22.

3. Tha 'm bealach dorch troimh am bheil e gu dhol, 'na uamhas goirt dha; oir "bidh uamhasan anns an t-slighe," Eccles. xii. 5; 'n uair chi e peirceallau fosgailte 'bhàis a meananaich air a shon, agus dorsa sgàile a 'bhàis air am fosgladh gu leigeadh a mach as an t-saoghal, Iob. xxxviii. 17. A nis co a choinnicheas mi anns a ghleann dorcha, cia mar theid mise troimh na ghleann fhada so chum saoghal eile?

4. Do bhrìgh cionta agus coguis chriothnaichte, "bidh a bheatha crochta ann an amharus fa chomhair, agus bidh eagal air a là agus a dh'oidhche, agus cha bhi cinnte air bith aige do bheatha," Deut. xxviii. 66, 67,

5. A nis mar an ceudna thig *easbhuidh* suas 'na aghaidh mar dhuine fo arm, Gnath-fhoc. xxiv. Tha so na armailt eagallach do 'n duine tha gun ghràs ann a chridhe, agus gun toradh ann a bheatha. Bidh an easbhuidh so gun sgur ag eigheachd 'na chluasaibh.

—Tha easbhuidh ath-bhreith an so; tha easbhuidh cridhe nodha agus spiorad nodha an so; tha easbhuidh gaol agus aithreachas an so; tha easbhuidh eagal De agus deagh chaithe-beatha an so. “Tha thu air do thomhas air a mheigh, agus fhuaireadh easbhuidh-each thu,” Dan. v. 27.

6. Maille riu sin tha companaich a bhàis nan seasamh làmh ris; am bàs agus ifrinn, am bàs agus diabhlan, am bàs agus pianta neo-chriochnach ann an lasraichibh siorruidh do theine diothaichidh. “An uair theid Dia suas an aghaidh an t-sluaigh, claoidhidh e iad le ’bhuidhnichibh,” Hab. iii. 16.

Ach cionnus a bhàsaicheas an duine so? “An urrainn a nis a chridhe fulang, no ’n urrainn a lamhan a bhi laidir,” Esec. xxii. 14.

1. Threig Dia, agus Criosd, agus truas e; tha peacadh an aghaidh solus, an aghaidh tròcair, agus an aghaidh fad fhulangais De air teachd suas ’na aghaidh; tha ’earbsa agus a mhuinghinn a’ bàsachadh ri thaobh, agus a choguis a sior chriothnachadh an taobh stigh dha.

2. Tha ’m bàs ag obair, ’ga ghearradh sios chum sgaradh a chuirp agus ’anam o cheile. Tha ’n duine ’g osnaich, ach cha ’n ’eil am bàs ’ga chluinntinn? tha e sealltuinn aogaidh, iomaguineach, nuladach; tha e ’g acain gu trom, tha e ’n spairn fhallais; tha e criothnachadh gu mòr, ach cha ’n ’eil umhail aig a bhàs do ni sam bith.

3. Tha e làn imcheist agus amharusa, tha smuainte uabhasach mu Dhia a’ cur eagal air. A nis tha e smuaineachadh air ciod a bhios ann an càll flaitheanas, agus ciod a bhios ann am pianntaibh ifrinn; a nis cha ’n ’eil taobh a sheallas e nach ’eil e ’gabhail eagal.

4. A nis b'àill leis a bhi beò, ach cha 'u urrainn e ; b'àill leis a bhi beò, ge do b'ann air an leabaidh, ach cha 'n fheud e. Tha 'n ti tha 'ga ghearradh sìos, 'ga luasgadh, mar ni fear-gearraidh na coille air a chraobh th'air crith, an taobh-sa 'n drasd agus an taobh u da rìsd, agus mu dheireadh an bris freumh, an bris fèith cridhe, no fèith sulla o cheile.

5. Agus a nis nam b'urraim an t-anam bhi air a sgrios no air a thoirt gu neo-ni ; cia sonadh 'sa mheasadh se e fein, ach tha e faicinn nach fheud sin a bhi. Air an aobhar sin tha e air a chur gu eigin uamhasach ; fuireach anns a chorp cha 'n fheud e, dol a mach as a chorp cha dana leis. Tha 'bheatha 'g imeachd, tha 'n fhuil a' stad anns an fheòil, agus air do n' sgamhan a bhi nise neo-chomasach air anail a tharruing tre na cuinneibh ni 's mo, mu dheireadh tha 'n t-anam sgìth a dol a mach air chrith, agus air ball tha e air a ghlacadh le diabholaibh, a bha fàth-fheith-eamh anns gach cùil do 'n t-seomar chum na criche sin. Gabhaidh a chàirde curam do n' chorp, paisgidh iad e ann an aodach-mairbh 's ann an cisteachairbh, tha 'n t-anam an taobh thàll do 'n smuain agus do 'n sealladh, a' dol sìos gu seomraichibh a' bhàis.

Shaoil leam leudachadh, ach cha d'theid mi ni 's faide aig an àm. Gu 'n deanadh Dia, a theagaisgeas duine chum buannachd, an t-searmoin aithghear agus shoilleir so a bheannachadh do t' anam-sa, tha fathasd a' d' fhear aidmheil ann an tir nam beò, a' d' sheasamh an measg craobha a ghàraidh. AMEN.

CRIOCH.

7/20

BEATHA AGUS BAS

MR. IAIN BUINIAN;

UGHDAR "CUAIRT AN OILTHIRICH," &c. &c. &c.

AGUS

SEARMONAICH AN T-SOISGEIL,

A BH' ANN AN

BEDFORD.

Salm cxli. 6—"Air chuimhne gu brath bithidh am fìrean."

RUGADH Mr. Buinian ann an Elston, an Siorra-
machd Bhedford, ma 'n cuairt do mhìle o'n bhaile sin,
anns a bhliadhna 1628, do pharantaibh onarach ach
gle bhoichd. Bha Athair 'na fhear caramh phoitean
a's choireachan, no mar theirear gu cumanta, 'na
cheard. Bha shinnsearachd co suarrach neo-inbheach,
's nach 'eil fhios agam c'ait an robh eisempleir ni bu
mho do bhriathraibh Abstol mor nan Cinneach, ann
na cheud chabdeil do 'n cheud litir chum nan Corin-
tianach, na bha ann am Mr. Buinian. Is iad na
briathra, "Oir chi sibh fein bhur gairm, a bhraithre,
nach iomadh iad dhibh a ta glie a thaobh na feòla,

nach iomadh cumhachdach, nach iomadh uasal ; ach roghnaich Dia nithe amaideach an t-saoghail so, chum gu 'n cuireadh e nàire air na daoibh glic. Agus nithe an-ualasal an t-saoghail, agus nithe tarcuiseach roghnaich Dia ; ionnas nach deanadh feòil sam bidh uail 'na fhianuis." Agus bha e fein ullamh anns gach àm air a bhi 'g aideachadh so, chum 's gum biodh glòir a ghràis fein aig Dia. Oir ged bha a bhreith bochd agus tarcuiseach, gidheadh thoilich Dia a roghnachadh roimhe mhòran eile, gu bhi 'na mheadhon ann am moran anma thoirt a dh'ionnsuidh Dhe ; agus chum gum bi 'n gràs a thugadh dha gu ro mhor air ardachadh, bheir sinn cunntas aithghear mu thimchioll na bha e, mu 'n d'fhoilsicheadh an gràs so dha.

Bha a pharanta curamach gu bhi toirt dha an fhoghlum sin a bha freagarach do 'n inbhe 's do 'n cor, gus an d'ionnsaich e leughadh agus scriobhadh ; ach bha 'truailleachd a naduir agus a thogradh chum gach uile co mòr, 's gu 'n dhi-chuimhnich e 'n dà chuid an ùine aithghear, air dha bhi glic a mbàin chum uile ; ach cha robh toil no eòlas aige gu bhi deanamh no foghlum ni math air bith. 'Na dhearbh leanabachd bha e co mor air a thoirt suas do mhallachadh, do mhionnaibh, do bhreugaibh, agus do thoibheum, 's gum bu tearc coimeas da ann an ain-diadbachd ; ionnus gur cuimhne leam a chluinntinn ag ràdh le cradh cridhe gu 'n robh esan na pheacach-baile, 's e sin ri ràdh, neach a thug barrachd ann an aingidheachd thar na h-uile bh'annsa bhaile san robh e chomhnuidh. Gidheadh cha robh a choguis air a cruaidh-losgadh.

Ach a dh'aindeon an aingidheachd so uile cha d'fhag Dia e gu tur, ach lean se e air uairibh le agar-tasaibh, agus air uairibh le breitheanasaidh, ach annta

so bha measgachadh do throcair. Aig aon àm thuit e ann an luib do n' mhuir, agus is caol a thearuinn e o bhi bàithte ; aig àm eile thuit e mach a bata ann an amhuinn Bhedford, ach ghleitheadh e 'n so gu h-ionghantach mar an ceudna, ged a bann air eigin. Ach mo thruaigh cha deanadh trocair no breitheanas a dhusgadh fathasd ; oir thug se e fein thairis do ghradh a pheacaidh, air dhoibh 's gu 'n do runaich e dol air aghaidh 'na chursa ge b'e air bith dris a thacharadh ris anns an rathad.

Gidheadh cha d'fhag Dia e fein gun fhianuis 'na anam, a bha gu tric 'ga chronuchadh aon rathad no rathad eile. Mar air aon là, air dha bhi 'm baile àraidh maille r'a chompanachaibh peacach a' gabhail an toilinntinn, ghrad chlisg guth o fhlaitheanas gu h-obann na anam, ag ràdh, "Co dhiubh is annsa leat am peacadh a threigsinn agus dol a fhlaitheanas, no buanachadh sa pheacadh agus dol a dh'iffrinn?" Chuir so leithid do eagal air 's gu 'n ùh'fhag e 'n fhearas-chuideachd air ball, agus air dha amharc suas gu neamh, shaoil leis gu 'm fac e 'n Tighearn Iosa sealltuinn a nuas air, agus a' bagairt peanas cràiteach a dheanamh air, air son a chleachdaidhean mi-dhiadhaidh.

Ach faic innleachdan Shatan : cha luaithe rinn so meud-eigin drughadh air inntinn na thug an deamhan an sanus so dha, Gu 'n robh e na pheacach mòr uamhasach, agus gu 'n robh e nis ro anmoch dha a shul a thogail ri flaitheanas, nach gabhadh Criosd ris, agus nach maitheadh e a pheacaidhean. 'S e so abhaist Shatan : tàrnaidh e 'n toiseach peacaich chun gach uile aingidheachd a ghniomhachadh le ciocras, agus bheir e 'n sin a chreidsin orra nach eil trocair air an son ; chum leis a so gu 'm buadhaich e air a pheac-

each gu dol air aghaidh anns a pheacadh. Agus 's ann mar so a rinn e air Mr. Buinian ; neach air dha sealltuinn air fein mar aon a bha 'n taobh thall do throcair, smuanaich e ann fein, gu 'n gabhadh e a shàth do 'n pheacadh, a chionn 's nach robh e coslach gu 'm mealladh e gu brath sonas air bith eile. Gidheadh bha 'n sonas a bha e faotuinn sa pheacadh, tre obair ionghantach an Spioraid Naomh, cho tric air a dheanamh searbh dha, ionnus gur beag toilinntinn a bha e faotuinn ann.

Uime sin chaidh e air aghaidh 'sa pheacadh le cail ro chiochrach, ach a sior ghearan nach robh e faighinn an t-sonais sin bu mhiann leis ann. Dh'fhan e sa chor so ma 'n cuairt do mhios no ni 's mo ; ach air dha bhi aon la na sheasamh aig dorus bùth coimhearsnaich, agus e mionnachadh 'sa mallachadh mar b'abhaist da, bha bean an tighe na suidhe san taobh stigh, agus ged nach robh innte fein ach creutair truagh ain-diadhaidh, gidheadh dh'innis i dha gu 'm b'e truaghan bu mhallaichte gu mionnaibh a chual i riamh ann na beatha, gun robh geilt chrith oirre le bhi 'ga chluinntinn ; agus gum bu leor e gu bhi milleadh na bha dh'ògradh sa bhaile mar seachnadh iad a chuideachd.

Chuir an t-achmhasan so tosd agus nàir uaigneach air, agus sin cuideachd fa chomhair Dhe, mar bha e fein am barail ; air an aobhar sin, fhad sa bha e na sheasamh an sin, agus e cromadh a cheann le nàire, dhùraigeadh e le uile chridhe gum biodh e ris na leanabh beag, gus an ionnsaicheadh Athair dha bhi labhairt saor o'n chainnt pheacach ain-diadhaidh so ; agus thug e air eadhon a bhi fuathachadh a pheacaidh so, agus o sin a mach a bhi ann an tomhas mòr a cur cu' ris.

Beagan an deigh so fhuair e colas air duine bochd

a bha 'g aideachadh na diadhachd, aig an d'thug a cho'-labhairt mu 'n diadhachd agus mu na scriobtar-aibh leithid do bhuidh air Mr. Buinian, 's gu 'n thoisich e fein ri leughadh a Bhiobail, gu h-àraidh na h-earrainnean eachdruidheil dheth; ach bha e fathasd aineolach air truaillidheachd a naduir, agus air an aobhar sin, dh'fheumadh e bhi aineolach air luach-mhorachd Iosa Crìosd, agus fheum air mar Shlan-uisgear.

Gidheadh, thug so mu 'n cuairt meud eigin do ath-leasachadh air an taobh muigh, araon 'na chainnt agus na chaith-beatha, agus bha nise seorsa do dhiadhachd laghail aige; ag obair air son a bheatha, agus a deanamh suas fireantachd air a shon fein. Mar sin, fhad sa bha e 'm barail gu 'n robh e coimhead nan àithnte bha co'-fhurtachd aige; ach ge b'e uair a bhriseadh e aon diubh, bha 'choguis làn cionta agus buarais; ach an sin le bron agus aithreachas leighiseadh se e fein a rithisd, a's bha na h-uile ni gu math, agus bha e 'n dùil gu 'n robh so a toirt co'-leasachadh do Dhia.

Dh'fhan e sa chor so dlu air bliadhna, a choimhearsnaich fad an àma 'ga mheas na fhior dhuine math, agus a gabhail ionghantas ris an ath-leasachadh a thainig air, ach bha e rè na h-uine sin uile ceart co fada o rathad na beatha, 'sa 'n uair bu mhi-naomh e; ged bha 'n t-atharrachadh a thainig air (mar a dubhairt e fein) co ionghantach ri fear caothaich fàs 'na dhuine ciallach.

Agus a nis bha 'n droing a bha labhairt gu h-olc uime roimhe, 'ga mholadh agus 'ga chliùthachadh, ni a sheid suas e le ardan a dh'aindeon 'ath-leasachadh, agus lion se e le cealgaireachd.

Ach mo thruaigh! cha robh 'n so ach a bhi

sgathadh nan geug d' an pheacadh, am feadh a bha 'n fhreumh thruaillidh gun charachadh.

Goirid an deigh so dh'orduich freasdal Dhe gun deach Mr. Buinian do Bhedford, a dh'obair air a ghairm, air dha bhi dh'aon cheird r'a Athair, eadhon na cheard. Agus thachair da an 'sin, gu 'n cual e triur no ceathrar mhnathan bochd a bha 'nan suidhe cuideachd a co'-labhairt ri cheile mu thimchioll nithe Dhe. Thug so air taruinn faisg orra, oir bha e fein aig an àm so, air fas 'na chainntear mòr m' an diadhachd; ach 'n uair dh'eisd e riu tachdan, mar dh'aidich e fein, bha e 'gan cluinntinn gun amharas, ach cha robh e 'gan tuigsinn, oir bha iad a labhairt mu thimchioll nithe air nach ruigeadh e, bha ro ard air a shon. Bha iad a labhairt mu 'n ath-bhreith, agus mu obair Dhe 'nan cridheachaibh, agus cionnus a chaidh an cor truagh a thaobh naduir a dhearbhadh orra; bha iad a labhairt mu 'n doigh air an d'fhiosraich Dia an anamanna le a ghràdh anns an Tighearn Iosa, agus na briathra 's na geallanna leis an robh iad air an urachadh, air an co'-fhurtachadh, agus air an neartachadh, 'an aghaidh buairaidhean an aon aingidh; agus dh'innis iad do chach a cheile, ciod na buairaidhean àraidh leis an robh iad air an trioblaideachadh, agus mar chumadh suas iad fodhpa. Chual e iad mar an ceudna a labhairt mu thimchioll nan cridheacha truagh a bh'aca fein, agus mu thimchioll am mi-chreidimh; agus mar bha iad a gabhail gràin d' am fireantachd fein, mar ni salach neo-fhiùthal nach deanadh feum dhoibh.— Agus thoir leis gu 'n robh so uile air a labhairt ann an leithid a thaitneachd mhilis do chainnt scription, agus leithid do choslas gràis air gach focal, 's gun robh iad 'na bheachdsa cosmhuil ri muinntir a chunnaic saoghal eile; no mar mhuinntir a bha gabhail comh-

nuidh air leth, 's nach robh gu bhí air a meas am measg an coimhearsnaich.

'S ann ri cluinntinn a cho'-labhairt so a thoisich e ri-mi-shuaimhneas inntinn neo-chumanta fhaireachadh, agus ri bhí tuigsinn nach robh a chor co math sa shaoil leis; do bhrìgh agus 'na uile smuainte mu thimchioll na diadhachd agus na slainte, nach d'thainig an ath-bhreith riamh a steach air, ach gum bu ni e air nach robh eolas air bith aige, agus do 'n robh esan gu h-ìomlan na choigreach; ni mo b'aithne dha sòlas an fhocail no co'fhurtachd a gheallaidh, no cealgaireachd agus mealltaireachd a dhroch cridh fein; agus air son smuaintean uaigneach. cha d'thug e riamh fainear iad, agus cha robh e idir a' tuigsinn ciod e bu chiall do bhuaradhìbh Shatain, no cionnus a chuirte 'nan aghaidh.

Thug a cho'-labhairt so bh'aig na mnathan còir ud mòr bhuaidh air, air chor 's gum bu mhiann leis tuilleadh a chluinntinn mu thimchioll nan nithe ud; agus air an aobhar sin rinn e gnothuch dheth bhí dol tric 'nan cuideachd: oir bhean Dia ri chridhe le 'n comhradh, ionnus nach b'urrainn e fuireach uatha. Agus bha inntinn co dian-shuidhichte air eolas nan nithe sin mu 'n robh iad a labhairt, 's gu 'n robh a chridhe cosmhuil ris an deal-each a sior eigheachd, Tabhair, tabhair, Gnath-fhoc. xxx. 15. Agus a nis cha deanadh ni 's lugha a thoileachadh na diamharachd a chreidimh bhí air fhoillseachadh 'na chridhe fein, oir bha uile anam cho suidhichte air siorruidheachd, agus air nithe rioghachd Dhe, fhad sa b'aithne dha, 's nach d'thugadh toilinntinne no buannachda, impidh no bagradh, air a ghreim a lasachadh. Chuala mi fein e ag ràdh, Gu 'm biodh e 'n trath sin co duilich inntinn a thoirt o neamh gu talamh, sa dh'fhairich e iomadh uair uaith sin a togail o'n talamh gu neamh.

Ach an deigh do ghràs De bhli mar so air a bheothachadh 'na anam, bha 'n diabhol a dian shtri le iomadh gaoth buaraidh ris an t-srad neamhuidh sheideadh as a rìs, agus a toirt air iomadh teagamh truagh a bhli aige na aghaidh fein—mar, Gu 'n robh e na neach a bh' air a chuir air cùl, agus na neach aig nach robh creidimh, 's nach b'urrainn creidimh bhli aige gu bràth, a chiann 's nach robh e do n' mhuinntir thaghta.

Bha e ré ùine fhada air a thrioblaideachadh le buairibh ro uamhasach, mar a thuir mi cheana, agus ghnàthaich am buaradair trì nithe chum a dhearbhadh : B'e aon ni mòr dhiubh a bhli cur an teagamh a chreidimh ; gu minic bha leithid so a smuaintean ag eiridh suas na inntinn, Ciod ma tha thu dh'easbhuidh creidimh ? agus cionnus is urrainn thu innse gu 'm bheil creidimh agad ? Chuir so e ann an incheist mhòr : Cha b'aithne dha gu 'n robh e aige, agus gidheadh as eugais chunnaic e gu 'n rachadh e dhith gu siorruidh. Mar sin ged bha e 'n toiseach toileach amhairc thairis air a chùis, gidheadh air dha thoirt fainear co ro fheumail 'sa bhiodh e air a shon riarachadh fhaotuinn anns a chùis, bha e dcònach dearbhadh a chur air fein an robh creidimh aige no nach robh. Am feadh a bha e smuaineachadh cionnus a chuireadh e deuchainn air a chùis so, dh'iarr am buaradair làmh-an-uachdar fhaotuinn air, le bhli cur an céill le 'mhealltoireachd, nach robh rathad gu dearbhadh a' chur air an robh creidimh aige, ach le feuchainn ri miorbhuill éiginn oibreachadh ; 's cha robh e dh'easbhuidh scriobtuir gu cuir leis, oir mar dh'fhiar e na scriobtuirean, 'n uair bbuair e 'ur Tighearna beannuichte, mar sin rinn e air briathraibh 'ur Slanuihear beannuichte mar an ceudna ann a bhli buaradh a sheirbhiseach, a' cumail ri aghaidh, Mata xvii. 20, " Nam biodh aguibh creid-

imh mar ghràinne mustaird, theireadh sibh ris a' bheinn so, atharruich as so an sud, agus dh'atharruicheadh i; agus cha bhiodh ni air bith eucomasach dhuibh." Bhuadhaich am buaradh so co fada, 's gu 'n robh Mr. Buinian, air dha bhi eadar Elstou agus Bedford (aig àm an robh e air a bhuaradh gu dian gu dearbhadh a chur air a chreidimh le miorbhuill eigin a' dheanamh), ullamh gu ràdh ri làthaich a bh'ann an cos-cheum nan each, *Bi tioram*; agus air ball mar bha e dol a labhairt, thainig an smuain so gu inntinn, Guidh air tus gun deanadh Dia comasach thu: agus 'n uair bha e dol a dh'urnuigh air a mhodh sin, bhuadhaich beachd uaigneach air-chor-eiginn a bha na inntinn air, gun an deuchainn sin a chur air a chreidimh. Mar sin bhuaich e ré tamul ann an teagamh gun fhios aige 'n robh creidimh aige no nach robh.

Ach an deigh dha bhi mòran laithean anns a chor mhi-shòlasach sin, thoilich e Athair nan tròcairean dealradh a steach air anam leis an fhocal bheanichte sin, Lucas xiv. 22, 23, "Coimheignich iad gu teachd a steach, chum 's gu 'm bi mo thigh air a lionadh: GIDHEADH THA AITE FALAMH ANN FATHASD!"—Thug na briathran deireannach so sòlas am pailteas da, agus bha iad nan làn fhreagradh do bhuaibh Shatàin, nach deach là nan gràs seachad.

Bu lionmhor a bhuraidhean a thuilleadh orra so aig iomadh àm, agus air caochladh aobhair, ach shaor Dia asda uile e, agus mu dheireadh shocraich e chosan ann an àite farsuing, a' lionadh anam le aoibhneas agus subhachas.

Mu 'n cuairt do 'n bhliadhna 1653, ghabhadh a steach e na bhàll do 'n Eaglais ann am Bedford, dream air dhoibh dearbhachd fhaotuinn air gràs Dhe a bh'

ann, agus cia comharaichte a rinn Dia uidheamachadh air son obair na ministrealachd, ghuidh an co' thional air gu durachdach gu 'n co' pairticheadh e riusan na gibhtean spioradail sin leis na bheannaich Dia e: an toiseach ghabh e leithsgeul fein gu ciallach, o mhothachadh do 'laigsinn agus do 'neo-chomas: ach air dhoibh a chuir thuige ni b'fhaide, dh'aontaich e; ach a thaobh a shaidealtas dhiult e an toiseach labhairt ann an co' thional follaiseach, agus cha b' àill leis a ghibht fhoillseachadh ach a mhàin a' measg a chairdean; gidheadh bha 'theagasg le leithid a bheatha agus a chumhachd, agus co comharaichte chum am foghlum, 's nach b'urrainn iad gun bhuidheachas a thoirt do Dhia nan tròcairean air son a mhor ghràis a bhuilich e air.

An deigh so, 'n uair a chuireadh cuid do 'n cho' thional a mach a theagasg air feadh na dùcha, dh'iarr iad air Mr. Buinian a dhol maille riu, ni a rinn e, agus le 'n comhairleachadh-san chuir e ghibht ann an cleachdadh (ach fathasd ann an uaigneas) a' measg an t-sluaigh far an d' thainig e, ni mar an ceudna ris 'n do ghabh iad a' deanamh gairdeachas ri tròcair Dhe a nochdadh do thaobhs', ag aideachadh gu 'n robh 'n anama gu mor air am foghlum leis-san.

Chasaideadh e aig na Comhairlibh mar f hear-cumail suas co' thionail agus coinneamhan mi-laghail, agus air son nach strìochdadh e do riaghailtibh Eaglais Shasguinn. Bu duine Mr. Buinian a bha do Spiorad saor agus neo-chealgach, leis nach b' àill claonadh chum e fein a thiorcadh, gu h-àraidh ann an aobhar a Mhaighstir, agus uime sin dh'aidich e gu saor gu 'n robh e aig a choinneamh, agus a' searmoineachadh do 'n t-sluagh, agus gu 'n dhealaich e o'n doigh aoraidh a bh'air a shuidheachadh le lagh na rioghachd,

“aig aideachadh (mar rinn an t-Abstol Pol roimhe) gur ann a reir na slighe sin ris an abair iadsan saobh-chreidimh, a tha mise a deanamh aoradh do Dhia m'aithriche.” Ghabh na Breitheamhna a chomhradh saor neo-chealgach mar aideachadh air a chùis-dhitidh, agus bi am breith gu 'n rachadh fhogradh as an Rìoghachd gu bràth, do bhrìgh gu 'n dhiult e aontachadh, a reir an reachd a rinn an Ard-chomhairle bh'ann an tràth sin. Mar sin chaidh a chuir am prìosan a rìs; agus ged nach deach binn fhograidh riamh a chuir an gnìomh, gidheadh chaidh chumail dà bhliadhna dheug ann am prìosan: ghiùlain e leis a phrìosanachadh fhadalach sin ann am prìosan dùinte neo-cho'fhurtach, agus air uairuibh fo làimh Mhaoir cruaidh-chridheach agus an-ìochdmhor, leis an fhoighidìn agus an lathaireachd inntinn Chrìosduidh sin, bu chubhaidh do Mhinistear Iosa Crìosd, agus an t-aobhar anns an robh e air a chleachdadh agus air son an d'fhuiling e.

Ach ged bha 'naimhdeau a bh'air am brosnuchadh chum so dheanamh lionmhor, gidheadh chumadh air ais iad le cumhachd Dhe o binn fhograidh a' chuir an gnìomh: Oir bha obair eile aig Dia ri dheanamh leis ann an Sasgum: Agus bha 'chuibhrichean agus a phrìosanachadh, troimh riaghladh freasdail an Dia sin a tha maraon glic 'na chomhairle, agus oirdheirc 'na oibreachadh, nam meadhonaibh mòr chum an Soisgeul a' chur air aghaidh, agus le fhuilangas anns a a chùis so, dhaighnich agus sheulaich e an fhìrinn a bha e roimhe sin a' searmoineachadh.

B'ann le dol ga amharc do 'n phrìosan a chunnaic mise an toiseach e, agus a fhuair mi eolas air; agus feumaidh mi aideachadh, nach b'urra mi gun amharc air mar dhuine do spiorad oirdheirc, cudmhor air son

onoir a mhaighstir, agus gu suilbhear ag earbsa a churaman uile ri toil De. 'N uair a bha mise an sin, bha corr agus tri fichead eile ann a thuilleadh air fein, a ghlacadh beagan roimhe sin aig coinneamh chrabhach ann an Caistoe, ann an Siorramachd Bhedford, air chul da Mhinisteir urramach eile, Mr. Wheeler agus Mr Dun, air chor 's gun robh am prìosan anabarrach air a dhomhlachadh : gidheadh ann am meadhon gach troimhe cheile dh'aobharaich co lion neach a bha teachd as ùr, chuala mi Mr. Buinian araon ag urnuigh agus a' searmonachadh leis a Spiorad chumbachdach sin do chreidimh, agus do lànachd comhnuidh o Dhia, 'sa thug orm seasamh agus iongantas a' ghabhail.

Cha do chaith e ùine am feadh 'sa bha e 'sa phrìosan ann an doigh dhearmadach agus neo-churamach, ni mo dh'ith e aran na diomhanas ; oir an sin bha mise fianuiseach air, gu 'n fhritheal a lannan do uireasbhuidh fein agus do uireasbhuidh a theaghlaich, le bhì deanamh lion-obair, ni a dh'fhoghlum e chum na crìche sin anns a phrìosan. An sin mar an ceudna ghabh mi beachd air a chuid leabhraichean, 's iad bu tèirc agus a b'fhearr a chunnaic mi riamh, oir cha robh aige ach da leabhar, am Biobal agus Eachdraidh na Mairtirean. Mar an ceudna, ré na h-ùine bha e 'm prìosan, scriobh e iomadh leabhar òirdheirc agus fheumail—gu h-àraidh, *Am Baile Naomh ; Giulan Criosduidh ; Ais-eirigh na marbh ;* agus *Gràs air a mheudachadh do Cheann-feadhna nam peacach*—maile ri moran eile.

Cha 'n urrainn mi eachdruidh na h-ùine bha e 'm prìosan fhagail, gus an toir mi do 'n leughadair ni-eiginn do bheachd air cuid do 'fhaireachduinn ann an sin. Dh'aidich e nach d'fhuair e riamh ré uile laithean a bh'catha, dorus co mòr chum fosal De, 'sa fhuair e

'n uair sin. Na scriobtuirean sin anns nach fhac e ni air bith roimhe sin, thugadh orra dealradh air anns a phrìosan. Mar an ceudna, cha robh Iosa Criosd riamh ni bu dearbhta agus ni bu shoilleire dha na aig an àm sin. Oir an tràth sin (ars' esan) chunnaic mi E, agus mhothaich mi E do rìreadh. Agus bha 'm focal sin, 2 Pead. i. 16, "Cha do shearmonich sinne dhuibh faoin-sgeulachda a dhealbhadh gu h-inleachdach," na fhocal beannuichte dha an sin. Bha e air uairibh air a thogal suas os ceann gach uile eagal agus buaraidh, air chor 's gun robh e comasach air gàire dheanamh ri sgrios, agus gun eagal a bhi air aon chuid roimh an each na roimh a mharcaich. B'ann an sin a thug Dia dha seallaidhean milis agus luachmhor do mhaitheanas a pheacaidh, agus do bhi maille ri Criosd ann an saoghal eile. Seadh, b'ann an sin a fhuair e mach gu 'n sheas Dia làimh ris aig gach àm an robh e air a bhuaradh, agus gu 'n chonaich e 'm buaradair.

Gidheadh air son so uile, fhuair e mach nach robh ann ach duine air a chuirteachadh le anmhuinneachdaibh, oir bha e fo churam gu minic cìod a tharladh d'a mhaoi agus d'a chlann bhochd, agus mhothaich e gu 'm biodh dealachadh riu mar spionadh 'fheola o chnamhaibh (oir bha e araon na chéile dleasnach gràdhach, agus na athair teo-chridheach caomhneil; theagamh air uairibh os ceann na bu chòir). Agus thigeadh e gu inntinn gu tric a liuthad truaigh, cruaidh-chas, agus uireasbhuidh ris an robh a theaghlach bhochd cosmhuil ri còmhachadh, nam biodh esan air a thoirt air falbh uatha, gu h-àraidh a nighean a bha dàll, a bha ni bu dlùithe do chridhe na each uile: air uairibh, cha mhor nach biodh a bhi smuaineachadh air gum fuilingeadh ise treachladh ullamh gu chridhe bhris-teadh. Ach bha Dia gràmhor dha, eadhon anns a

chùis so mar an ceudna, 'ga chuideachadh gu mòr leis an dà sriobtuir so, Ier. xlix. 11, agus caib. xv. 11, "Fag do dhilleachdain, gleidhidh mise beò iad; agus cuireadh do bhantraichean an dòchas annamsa.—Thubhairt an Tighearna, Gu cinnteach eirigh gu math do t'iarmaid, gu cinnteach bheir mi air an namhaid bhi bàigheil riut ann an àn na h-airce."

An deigh do 'r duine bheannuichte so dà bhliadhna dheug agus leth-bhliadhna do phrìosan fhullang air son fianuis deagli-choguis, air dha beoil a naimhdean bu mho dhùnadh le chaithe-beatha naomh, neo-lochdach, agus neo-choirrach; thoilich Dia cridhe 'n Olladh Bharlow, Easbuig Lincoln, a ghluasad gu bhi na mheadhon chum a' chur fo sgaoil, ni a ta mi 'g ainmeachadh chum cliù an Easbuig so.

An deigh dha bhi air a chur fa sgaoil, dh'amhraic-eadh e air ais gu minic air gach saorsa f'huair e roimhe sin, a' beannachadh Dhe air an son. Bha cuid dhuibh auabarrach comharaichte, gu h-àraidh an aon sin a tha mi dol a dh'ainmeachadh. Air dha bhi na shaighdear ann an àrmait na Parlamaid aig seisd Leicester, ann am bliadhna 1654, dh'orduicheadh e mach gu bhi na fhear-faire, ach thairg saighdear eile do shaor thoil fein a dhol na àite; ni ris an d' aontaich Mr. Buinian, agus 'n uair bha e a' co' lionadh oifig, thilgeadh e troimh n' cheann le peileir o ghunna-caol, agus dh'eug e. Bu ghnàth le Mr. Buinian an libhrigeadh so ainmeachadh gu tric, ach an còmhnuidh le buidheachas do Dhia.

Bu shaothair carthantas agus gràidh gnìomh deir-eannach a bheatha. Chuir duine uasal òg a bha na choimhearsnach aig Mr. Buinian, corruich mhòr air athair, agus ghuidh e air Mr. Buinian a bhi na mheadhon anns a bhearn a' dheanamh suas, ni araon

a ghabh e os làimh, agus a thug e mu 'n cuairt gu buadhar; ach ann am pilltinn air as do Lunnann, rugadh air le uisge anabarrach, agus air dha teachd gu 'chairtealaibh gle fhliuch (gu tigh Mr. S——, an ceannuiche, aig an Reult air Cnochd-an-t-sneachd), dh'fhàs e gu tinn, agus thuit e ann am fiabhras mòr, a ghiulain e le mòr sheasmhachd agus foighidin, 'ga thabh-airt fein suas do thoil De, a' miannachadh am pailliun talmhaidh so chur dheth, chum gu 'm biodh e maille ri Criosd. Agus anns an fhonn naomh agus thogar-ach spioraid so, an deigh dha bhi gu tinn deich laithean, thug e suas anam do lamhaibh Fhear-Saoraidh bean- nuichte, a' leantuinn Oilthirich shonadh o Bhaile 'n Leir-sgrios do 'n Ierusalem neamhaidh.

Scriobh Mr. Buinnian tri fichead leabhar, agus dh'eug e ann an Lunnann, air an 31 la do 'n ochdamh mios ann am bliadhna 1688, 'n uair bha e tri fichead bliadhna dh'aois.



X

